ROSG GAIDHLIG

WATSON

Digitized by the Internet Archive
in 2026

https://archive.org/details/rosggaildhligspe0000will

Jean Mactaggart

ROSG GAIDHLIG

SPECIMENS OF GAELIC PROSE

ROSG GAIDHLIG

SPECIMENS OF GAELIC PROSE

EDITED BY

WILLIAM J. WATSON

M.A., LL.D., D.Litt., Celt.,

PROFESSOR OF CELTIC LANGUAGES, &c.,

IN THE UNIVERSITY OF EDINBURGH

PUBLISHED BY

AN COMUNN GAIDHEALACH

FOR USE IN SCHOOLS AND GAELIC CLASSES

GLASGOW:

PRINTED FOR AN COMUNN GAIDHEALACH BY

ALEX. MACLAREN & SONS, 360-362 ARGYLE STREET, C.2

First Edition, 1915.
Second Edition, 1929.
All Rights Reserved.

Printed and Bound in Scotland

INTRODUCTION

THE extracts contained in this little book fall into three divisions—

(1) Modern Scottish Gaelic, from 1700 to the present day (pp. 1-141).

(2) Early Modern Gaelic : *circ.* 1500 to 1700 (pp. 141-181).

(3) Middle Gaelic : *circ.* 1000-1500 (pp. 181-192).

The examples from the first of these three periods are distinctively Scottish, being uninfluenced by Irish tradition. To this period belongs the great bulk of our Gaelic prose, and much of it is of high literary quality. Of one of the Rev. Dr. Norman Macleod's writings, Professor Blackie says that "for graceful simplicity and profound pathos, it is second to nothing that I know in any language, unless, indeed, it be the account of the death of Socrates in Plato's *Phaedo*, and some well-known chapters in the Gospel of St. John." The piece referred to, *Long Mhór nan Eilthireach*, is indeed a fine example of restrained and dignified pathos, and in Dr. Macleod's hands, Gaelic proved itself a not less effective vehicle of gaiety, of humour, and of orderly exposition. Yet Dr. Macleod was not the only great Gaelic writer of his day, and since his time there have been, and are still, many writers whose work will bear comparison with the best. The quality of graceful simplicity seems to be inherent

in Gaelic prose, as it is in Gaelic poetry. In addition there are the freshness and sincerity that come from close touch with the people and their country. The language itself is copious and idiomatic, rich too in suggestion through reference to proverb or tradition. The excellencies of Gaelic prose are in essence those of Plato's Greek, and of modern French. This body of sound and excellent literature is known and appreciated by a few only, for it is the unhappy fate of Gaelic, in this great and free country, to be practically excluded from the elementary schools of the Highlands.

The second series of extracts (Early Modern) is written in the traditional literary style which was common to Ireland and Scotland up till the end of the seventeenth century. To illustrate this unity, and at the same time to give an introduction to a great prose writer, extracts have been included from Dr. Geoffrey Keating's *Forus Feasa ar Eirinn*. It is interesting to note that Bishop Carswell, who wrote about a hundred years before the Clanranald historian MacVurich, and quite sixty years before Keating, is more modern in form than either of them. His translation of John Knox's *Liturgy* is a remarkable piece of work, which, besides its value for the history of the language, furnishes in its conception and in its original passages a fine testimony to the piety and patriotism of the translator.

The third section contains all there is of Middle Gaelic that may be termed Scottish, namely the Gaelic text of the *Book of Deer*, and the Macdonald Charter, the sole surviving specimen of the Gaelic charters granted by the Lords of the Isles. Here again the literary form is that common to Ireland and Scotland.

Further, the formulae of the legend of Deer (p. 184) can be readily paralleled from purely Irish sources. I regret that considerations of space have prevented me from attempting to illustrate the *Book of Deer* as it deserves. The facsimiles (slightly reduced) of two pages will form a useful introduction to manuscript reading.

As to the text, in the first section (pp. 1-141) an attempt has been made at consistency of spelling. Contracted forms of words—the bane of modern written Gaelic—have been freely extended, but if a second edition of the book were required, the process could be carried still further with benefit. At present there is a tendency to make the written language reproduce all possible contractions of common speech, and the result is unsightly and often obscure. The sound principle is to write each word in full, except in the case of recognised contractions of old standing. The text of MacVurich has been made on the whole consistent with itself, but I have not taken it upon me to make it consistent with Keating. In the extracts from Carswell, the chief changes have been in separating words.

Of the notes it may be said, after Kirk, " do ghabhas mar congnamh do'n obair-si dioghlom ughdairidh an uile cháil . . . achd gu ba reul iuil agus soluis dhamh m'eólas féin air uireasbhuidh nam mac-léighinn."

That the book as a whole will be found helpful to teachers and students, and that it will serve to advance the study of Gaelic, is the earnest hope of An Comun Gàidhealach and of the Editor.

PREFACE TO SECOND EDITION

In this edition the text has been revised and the orthography made to agree with that of the series of Gaelic school-books published under my general editorship by Messrs. Blackie & Son. Some additions have been made to the Notes.

The Education Act of 1918, which lays upon Education Authorities the duty of providing instruction in Gaelic in all schools throughout the Gaelic-speaking areas, has to a considerable extent improved the state of matters referred to at the end of the first paragraph of the preface to the first edition. On the other hand, it is to be deplored that the Census of 1921 showed a great decrease in the number of our Gaelic speakers.

I have pleasure in acknowledging useful help from Mr. Hector MacDougall in revising the text of the Scottish Gaelic part of the book, and from Mr. Lachlann Mackinnon in revising the references to pages.

AN CLAR-INNSIDH

PAGE

Introduction, ... v.

Seann Sgoil—An t-Ard-Ollamh Domhnall Mac Fhionghuin, 1

Air Cruinn - mheallaibh Soillseach nan Speur — An t-Urramach Alasdair Mac Griogair, ... 8

Duatharachd na Mara—Coinneach Mac Leoid, ... 14

Ainmean na h-Alba—Am Fear-deasachaidh, ... 33

Am Fiadh—Domhnall Mac Eacharna, ... 42

An Duine Caomhail—An t-Urramach Domhnall Mac Laomuinn, ... 58

An Duine Saoghalta—An t-Urramach Domhnall Mac Laomuinn, ... 65

Anns a' Choille Bheithe—An t-Urramach Domhnall Mac Laomuinn, ... 71

Gaisgeach na Sgéithe Deirge, ... 77

Iarla Mharr agus Fear na Briagaich—Cuairtear nan Gleann, ... 99

Canada Uachdarach—Cuairtear nan Gleann, ... 102

New Zealand—Cuairtear nan Gleann, ... 107

I Chalum Chille—Cuairtear nan Gleann, ... 110

Ailean nan Sop—Cuairtear nan Gleann, ... 115

Na Sean-Fhocail — An t-Ard-Ollamh Domhnall Mac Fhionghuin, ... 120

Fianuis Huisdein Mhic Dhomhnaill, ... 132

Còmhdach Lachlainn Mhic Mhuirich, ... 139

Do'n Leaghthora, Sìth agus Slàinte—An t-Urramach Raibeart Kirk, ... 141

Clann Domhnaill nan Eilean—Niall Mac Mhuirich, ... 143

Gille-Brìde agus Somhuirle, ... 143

Clann Shomhuirle, ... 145

Cògadh a' Choimcheangail, ... 151

Latha Inbhir Lòchaidh, ... 155

PAGE

Eachdraidhean Eireannach — An t-Ollamh Urramach Seathrun Ceitinn, ... 158
Buicead Brughaidh agus Eithne a Dhalta, ... 158
Cormac Ard-rìgh Eireann, ... 160
Fionn agus an Fhian, ... 164
Aonaichean na h-Eireann, ... 169
Na Druidhean, ... 171
Na Lochlannaich an Eirinn, ... 172
Gnìomharan Bhriain Mhic Cinnéididh, ... 174

Foirm nan Urnuigh—An t-Urramach Maighistir Seon Carsuel, ... 176

Còir-Fhearainn Bhriain Mhic Aoidh, ... 182

Leabhair Abaid Déir, ... 184

Notes, ... 193

Appendix A: on the particle *a* 252

Appendix B: on eclipsis 257

Appendix C: on the Irish Verb 259

Ainmean Dhaoine is Fhineachan, ... 265

Ainmean Aitean, ... 270

Facail Iasaid, ... 282

Faclair, ... 286

Works referred to 294

ILLUSTRATIONS

Facsimiles of Book of Deer, ... To face 192

SEANN SGOIL.

[Sgrìobhadh an earrann a leanas le Domhnall MacFhionghuin, Ard Ollamh na Gàidhlig an Oilthigh Dhùn-éideann. Chaidh a chur a mach an toiseaeh anns a' *Ghàidheal*, anns a' bhliadhna 1874. Tha e an so a' dèanamh iomraidh thaitnich air an sgoil anns an d' fhuair e fhéin a cheud ionnsachadh, ann an eilean Cholbhasa. Gheibhear cuid eile d'a shaothair air taobh-duilleig 120, far a bheil e a' beachdachadh gu geur-thuigseach air seanfhocail no gnàthfhocail nan Gàidheal. Thaghadh an earrann so as na pàipeirean a sgrìobh e air an stéidh so agus a chaidh chur an clò anns *a' Ghaidheal* air an athbhliadhna, 1875.

Chaidh Cathair na Gàidhlig a chur air bonn an Oilthigh Dhùn-éideann le saothair John Stuart Blackie, agus b'e Domhnall MacFhionghuin an ceud Ard-ollamh chaidh a shuidheachadh innte, anns a' bhliadhna 1882, àite a lìon e le mór urram gu mìos meadhonach an t-samhraidh, 1914. Chaochail e air latha Nollaig anns a' bhliadhna cheudna an eilean Cholbhasa, far an do rugadh agus far an do thogadh e. Bha an t-Ard-ollamh trì fichead bliadhna agus cóig deug a dh'aois an uair a chaochail e.]

Bho linn an Ath-leasachaidh b' e, gun teagamh, lagh na rìoghachd gum biodh Sgoil is Eaglais anns gach Sgìreachd; ach bha Sgìreachdan na Gàidhealtachd farsuing, agus cha robh Sgoilean ach tearc. Chomhdaich dorchadas taobh an Iar na Gàidhealtachd. Is ann a chum an dorchadas so fhuadach a chuireadh air bonn, ochd fichead bliadhna roimh so, "a' Chuidheachd Urramach atà chum Eòlas Criosdaidh a sgaoileadh air feadh Gàidhealtachd is Eileana na h-Alba"—Cuideachd a bhreac an taobh an Iar le tighean-sgoil, is a chuir Gàidhealtachd na h-Alba fo chomain nach faodar innseadh. A réir riaghailtean na Cuideachd bha e mar fhiachaibh air Uachdarain an fhearainn tighean freagarrach a thogail, agus croiteag fhearainn a chur air leth do'n Mhaighistir-sgoil. B' ann leis a' Chuideachd so a bha an t-Seann Sgoil air a cumail suas.

Chan abradh fear-turuis, maith dh' fhaoidte, gu robh an tigh air a thogail an àite ro thaitneach. Cha robh beanntan àrda, no glinn fhàsail, no coilltean dosrach 's an t-sealladh, no iomadh nì eile a bheireadh aoibhneas do 'n t-sùil. Ach bha an tigh goireasach air na sgoilearan ; agus bha réidhlean gorm air gach taobh dheth air am faigheadh a' chlann comas cluiche gu an toil ; bha lochan uisge f'a chomhair a bhiodh miadhail ris an reothadh ; is bha geodhachan uaigneach mara dlùth air làimh mar gum biodh iad air an cruthachadh air son balaich a mhealladh air snàmh. Agus cha robh " an sealladh mun cuairt," lom, cianail, mar a chìtheadh am fear-turuis e, gun a luach féin an sùilean a' bhalachain a chaidh àrach anns an àite. B' e a dhachaidh e ; agus do bhrìgh so bha gach cnoc, is allt, is lèanag na bu mhaisiche leis-san na an aon àite a b' àillidhe air an do dheàrrs grian riamh ; air chor 's gum faodadh e ràdh, gun toibheum, mu dhachaidh mar thuirt an Salmadair mu Shion :

> Oir t' òglaich tha ag gabhail tlachd
> 'N a clachaibh brèagh gach uair ;
> Tha deagh thoil aig do sheirbhisich
> D' a luaithre is d' a h-ùir.

A thuilleadh air so, chìte air gach làimh seallaidhean a thogadh inntinn an sgoileir o dhleasanas an là. An sud tràigh, nach tadhail an t-iasgair fathast ach fo gheilt, air an do chuir a shinnsearan blàr fuilteach a' dìon an dachaidh o choigrich a' chuain ; an so Dùn, le a fhròganan dorcha còmhdaichte thairis " le foghnan, fraoch, is fòlach," a' toirt dearbhadh follaiseach air na naidheachdan a dh' innseas seann daoine mu na linntibh an-iochdmhor a thréig ; anns an tolman uaine ud mun cuairt do làrach an teampuill tha aithrichean air an

tulgadh 'n an cadal sìorruidh le monmhor an t-sruthain air a mhùchadh le buille throm na tuinne air an tràigh. F' a chomhair tha Cuan mór na h-Airde an Iar, an còmhnuidh a' dùsgadh suas uamhuinn, iongnaidh, is ard thoil-inntinn, co-dhiùbh a chithear e air a luasgadh le doininn a' gheamhraidh, no ag cadal gu sèimh fo ghréin an t-samhraidh.

Chan fhaicear, taing do 'n Fhreasdal, ach annamh a nis coimeas do 'n fhàrdaich ris an abairte an Tigh-sgoil. Tigh fada, farsuing, dorcha, le ballachan ìosal de chloich ghlais nach do ghearain air buillean an ùird, air an salachadh air an taobh muigh le crè, air an taobh stigh air an dubhadh le toit. Dorus air gach taobh de 'n tigh, ach gun chòmhla mar bu trice ri aon diùbh. Chìte anns a' gheamhradh sgathach fhraoich ri taobh an fhuaraidh de dhorus an t-soirbheis air a cumail 'n a seasamh le cas camain. Rachadh an sgathach a chaitheamh a lìon beagan is beagan a' lasadh na teine ; agus bhiodh an sin boitein connlaich ag gleidheadh fasgaidh gus an tigeadh mart no each mìomhail an rathad a dh' itheadh e. Anns an t-samhradh bha an tigh fosgailte gu farsuing, fialaidh, do sgoilearan de gach seòrsa. Urlar de thalamh fuar, fliuch, ach làrach na teine a mhàin. Uinneagan leth-lìonte le pluic, 's an còrr comhdaichte le lic is clach r' a cùl. Dà tholl air druim an tighe a leigeil a mach na toite nach iarradh a rathad troimh dhorus no uinneig. Dà theine air an urlar dlùth air meadhon an tighe, agus clach eatorra. B' i a' chlach so "Stòl (no furm) an aithreachais." Is tric a rinn mi cron latha fuar geamhraidh a dh' aon ghnothuch air son faotainn air an stòl. Bha déileachan a gheibhte air a' chladach sìnte air clachan a' dèanamh àitean-suidhe ; agus bha dà sheann bhord le casan briste air an urlar aig

am faighte sgrìobhadh le beagan cunnairt. Agus ma bha àirneis an tighe-sgoil gann, cha robh àsuig an sgoileir duilich a ghiùlan. Leac-sglèat ghlas le ruith oibreachaidh oirre, paipeir-sgrìobhaidh cho saor 's a gheibheadh cailleach nan uibhean an Grianaig, dubh de shùghadh an daraich, peann de ite an t-sùlanaich, *Gray*, Leabhar Aithghearr nan Ceist, Biobull Gàidhlig air a chòmhdach le craiceann caorach, agus deagh chaman.

Bhiodh e eu-comasach do 'n fhear-theagaisg a bu chomasaiche sgoilearan maith a dhèanamh air a leithid so de chothrom ; ach tha mi creidsinn ged bhiodh gach tigh is gach goireas a b' fhearr aig mo sheana mhaighistir (chan ann r' a chur 'na dhéidh e), nach faigheadh an sgoil an cliù a b' àirde o fhir-cheasnachaidh ar latha-ne. Cha robh eòlas a' mhaighistir ro fharsuing ; agus cha d' fhuair e cothrom air na dòighean a b' fhearr air sgoil a riaghladh, no air a eòlas féin a theagasg d' a sgoilearan, fhaicinn no ionnsachadh. Bha e, gun teagamh, an Glaschu 'g a cheasnachadh, agus dh' innis an Dr. MacLeoid dha nach b' urrainn dàsan leasan Gàidhlig a thoirt da. Air dìomhaireachd an lagha " Leathan ri leathan, is caol ri caol," bha e mion-eòlach ; ach nam biodh an sgoil air a pàigheadh a réir mar a fhreagradh na sgoilearan na ceistean a chuirear air cloinn an diugh, is mór m' eagal nach biodh tuarasdal a' mhaighistir a bheag na b' àirde na bha e.

" Na labhair ach maith mu na mairbh," theirte o shean ; agus gu fìrinneach is ann le urram agus le seirc a b' airidh seann mhaighistirean-sgoil na h-Alba a bhi air an cuimhneachadh. Agus ged nach rachadh mo sheana mhaighistir a thaghadh á measg dròbh an diugh a lìonadh àite falamh, b' airidh e air meas agus air tlachd, agus is ann le meas agus le tlachd a tha a chuimhne air a gleidh-

eadh aig gach sgoilear a bha fo theagasg. Cha bhithinn seachd bliadhna dh' aois an uair a chaochail e ; ach tha mo chuimhne an diugh air a dhreach is air a dhòigh cho maith 's a bha i an latha dh' adhlaiceadh e. Bha e anns an arm 'n a òige, agus thug an t-oileanachadh a fhuair e an sin seasamh dìreach is gluasad fearail dha nach do dhealaich ris ré a bheatha. Duine breac-liath, mu dheich is trì fichead ; deas 'n a phearsa ; aghaidh thuigseach ; cridhe blàth ; nàdur athghoirid ; a cheum air tromachadh is uilt air teannachadh ; ach a spiorad gun taiseachadh—a mhisneach cho àrd is aignidhean cho togarrach ri aois ochd bliadhna deug. Cha robh balach anns an sgoil a bu deise a bhreith air caman, na bu déine a chur gu tadhal.

Saoilidh mi gu faic mi an seann duine sunndach a' tighinn am fradharc air maduinn reòta gheamhraidh, le a aid ghibich a bha uaireigin dubh, le chòta clò, is le bhata glas-daraich 'n a làimh. Chì e a mhac féin a' leigeil seachad na cnaige. "A thuaisd, a thràill, a sgagaire bhochd ! " their an t-athair, is a nuas leis a' chòta mhór. As déidh na cnaige gu lùthmhor bheir e, ag greimeachadh ceann caol a' bhata ; agus an tiota tha i aig an tadhal as faide air falbh. Théid ar gairm a steach, is théid na camain fo 'n bhòrd. Tòisichear air obair an latha le ùrnuigh dhùrachdaich an Gàidhlig ; théid earrann de 'n Bhiobull a leughadh, is na Ceistean a chur. Tha an sin sgrìobhadh is cunntas, cunntas is sgrìobhadh, gu feasgar. Leughar am Biobull. Co-dhùnar le ùrnuigh. Bheirear na camain am follais, is bithear ag iomain gus an toir an oidhche as ar sùilean e.

" Sgoil thruagh ! teasgasg bochd ! " their an Leughadair. " Tigh-sgoil truagh," their mise, agus teagasg easbhuidheach ; ach teagasg, an tomhas, a dh' fhaodadh

a bhi air a leantainn le buannachd am móran de na Sgoilean Gàidhealach air an là an diugh. B' e tighean dona is droch phàigheadh cuibhrionn mhóran de mhaighistirean-sgoil na Gàidhealtachd anns an am a dh' fhalbh. Is mór an t-aobhar taingealachd gu bheil cinnt air atharrachadh chum na cuid as fearr anns an rathad so anns an am ri teachd. Tha foghlum is sgil 'n an dreuchd air iarraidh o mhaighistirean-sgoil a nis nach robh air iarraidh o'n aithrichean ; agus tha so freagarrach. Ach chan 'eil mi gun amharus nach b' fheairrde ar Maighistirean-sgoil ùra anns a' Ghàidhealtachd tuilleadh de chleachdainnean nan seann laoch a leantainn na tha cuid diùbh deas gu dhèanamh. Am measg nan seann mhaighistirean-sgoil Gàidhealach gheibhte air uairibh na daoine a b' fhòghluimte anns an tìr. An seirbhis a' Chomuinn a dh' ainmich mi, agus an tighean nach robh a bheag na b' fhearr na an tigh air an do rinn mi iomradh, shaothraich, ré móran d' am beatha, air deich no dusan punnd Sasunnach 's a' bhliadhna, an dà Ghàidheal—a mach o Oisein—a b' àirde buadhan a sgrìobh anns a' Ghàidhlig—Alasdair Mac Mhaighistir Alasdair agus Dùghall Bochanan.

Cha b' ionann beachd do na daoine so agus do mhóran de mhaighistirean-sgoil òga ar latha-ne mu theagasg cloinne. Tha eagal orm gu bheil an creidimh a' neartachadh 'n ar measg, gur e crìoch àraid Maighistir-sgoil uiread airgid 's as urrainn da a bhuannachd le a sgoil ; agus gu bheil clann air an deagh theagasg ma leughas iad gu blasda cànain nach tuig iad, no ma sgrìobhas iad gun mhearachd latha cheasnachaidh 103,070,010 ged nach 'eil fios ach féin no aig duine d' an daoine ciod e fo 'n ghréin a tha 103,070, 010 ag ciallachadh. Tha Leughadh is Sgrìobhadh is Cunntas ro

fheumail anns an sgoil—cha dèanar sgoilear as an eugmhais ; ach chan 'eil dleasnas a' mhaighistir-sgoil crìochnaichte le Leughadh is Sgrìobhadh is Cunntas, ged a thuigte ciod e mu bheilear a' leughadh 's a' sgrìobhadh 's ag cunntas. Tha Oileanachadh cho feumail ri—dh' fhaoidte ràdh na 's feumaile na—Fóghlum. Chan e Eòlas farsuing ach deagh Chleachdadh crìoch teagaisg.

" Am meangan nach snìomh thu,
Cha spìon thu 'n a chraoibh e ;
Mar shìneas e gheugan,
Bidh a fhreumhan a' sgaoileadh."

Bhiodh e duilich leam a chreidsinn gun do chleachd Dùghall Bochanan aon dòigh air spìonadh nan craobh anns an tigh aoraidh air an t-Sàbaid, agus dòigh eile air snìomh nam meangan anns an Sgoil ré na seachduin. Is anns a' chànain a thuigeadh an sluagh a shearmonaich is a sheinn e : an ann an cànain nach tuigeadh iad a theagaisg e na Sgoilearan ? An uair a bha Mac Mhaighistir Alasdair a' brosnachadh nan Gàidheal gu éirigh a sheasamh còir nan Stiùbhartach, sheinn e a Orain iomraiteach an Gàidhlig : an saoil thu an ann am Beurla bheireadh e earail air cloinn bhig ? " B' fhearr leam," ars' an t-Abstol Pòl, " cóig facail a labhairt anns an eaglais [nam bu mhaighistir-sgoil e nach abradh e ' anns an sgoil ' ?] le m' thuigse, chum gun teagaisginn daoine eile mar an ceudna, na deich mìle facal an teangaidh choimhich." Ach tha móran de mhaighistirean-sgoil na Gàidhealtachd de atharrach beachd. Nach duilich, an uair a tha tighean-sgoil eireachdail 'g an cur suas anns gach àite, is an uair a tha an rìoghachd a' pàigheadh móran airgid gach bliadhna air son ar Maighistirean-sgoil ionnsachadh, ma bhios aobhar againn a ràdh mu'n teagasg a gheibhear 'n ar Sgoilean Gàidhealach, " B'fhearr leam fhéin an t-seann dòigh ! "

AIR CRUINN-MHEALLAIBH SOILLSEACH NAN SPEUR

[Rugadh an t-urramach Alasdair MacGriogair anns a' bhliadhna 1806, an Gleann-garthan, ri taobh Uisge Dhé, an siorramachd Obar-dheadhain, far an robh athair 'n a mhinisteir. Ghluais athair gu sgìre Chill Mhoire an Tròndairnis 's an eilean Sgitheanach, agus an déidh àireamh bhliadhnachan, shuidhich-eadh Alasdair MacGriogair gu bhi 'n a cho-aoghaire d'a athair. Dh' fhan e an sgìre Chill Mhoire gus a bhliadhna 1850, an uair chaidh a ghairm do eaglais Ghàidhlig Dhùn-éideann. Trì bliadhna 'n a dhéidh sin chaidh e do Inbhir-Nis, far an do chaochail e anns a' bhliadhna 1881. Sgriobh e àireamh mhór phaipeirean air iomadh stéidh anns a' *Chuairtear*, am *Fear-tathaich nam Beann*, agus anns a' *Ghàidheal*, cuid diubh fo'n ainm *Sgiathanach* is cuid eile fo'n ainm *Alasdair Ruadh*. Bha buaidh shònraichte aig an duine fhòghluimte urramach so air nochdadh an cainnt shoilleir bhrìoghmhor nithean àrda agus cudthromach nach gabh mìneachadh gu furasda 's a' Ghàidhlig, agus tha a' bhuaidh sin r'a faicinn anns na h-earrannan a leanas.]

SOLUS AGUS DORCHADAS

Dh' ainmich sinn cheana, gur i a' ghrian ata toirt soluis agus teas do na reultaibh uile, agus air do 'n talamh so a bhi 'na reul, tha e mealtuinn buannachd an t-soluis agus an teas so mar an ceudna. The dàrna leth na talmhainn a ghnàth air a shoillseachadh leis a' ghréin, agus tha an leth eile ann an dorchadas. Ach o 'n tha an talamh a' tionndadh air a mhul féin, o'n iar gus an ear, gach uile cheithir uaire fichead, tha solus agus dorchadas a' teachd oirnne mu seach anns an ùine sin. Mar so tha là agus oidhche a' leantainn a chéile ; agus an uair ata an taobh air a bheil sinne de 'n chruinne-ché air a shoillseachadh, tha an taobh eile dheth an dorchadas. Air an aobhar sin, an uair a bhios an latha againne anns an Eilean Bhreatannach, bidh an oidhche aca an Innsibh

na h-àirde an ear—an *China* agus an *Australia !* Tha mar an ceudna claonadh sònraichte aig mul na talmhainn, trìd a bheil solus na gréine a' bualadh aig amannaibh de 'n bhliadhna air earrainn na's lugha de chearnaibh tuatha na talmhainn na aig amannaibh eile ; air an aobhar sin tha an làithean againn fada agus goirid a réir sin.

Faodaidh sinn a nis ainmeachadh nach 'eil na cuairtean, no na cearcaill, no na slighean farsuing sin, anns a bheil na reultan a' siubhal mu thimchioll na gréine, gu h-iomlan cruinn, ach air cumadh uibhe ; air an aobhar sin tha e furasda fhaicinn, an uair ata a' ghrian air a suidheachadh am meadhon nan cuairt sin, gum bi na reultan ata gluasad annta na's faide o'n ghréin aig amannaibh àraidh de'n bhliadhna na aig amannaibh eile. Ceart mar so, ma tà, tha an talamh a' siubhal mu thimchioll na gréine, an cearcall ata na 's mò am fad na tha e an leud ; uime sin tha e air uairibh de'n bhliadhna fada o'n ghréin, agus air uairibh eile na's giorra oirre ; agus tha so, maille ris a' chlaonadh ata 'n a mhul féin, a' dèanamh Samhraidh is Geamhraidh, a chionn do thaobh nan astar eugsamhla ata an talamh o'n ghréin, nach 'eil a chearnan iomallach a' mealtuinn a soluis agus a teas an tomhas co-ionann.

Tha gach cuairt agus gach caochladh dhiùbh so air am faotainn a mach co cinnteach agus co eagnuidh le reuladairibh, agus air an tomhas co cùramach leo, 's gu bheil fios aca air a' cheart uair agus mhionaid anns an cuir gach reul a cuairt, agus cia co fada 's ata an laithean agus am bliadhnaichean fa leth. Gu cinnteach is iomadh innleachd a fhuair an duine a mach ; ach an déidh sin cia faoin a dhìchioll, agus cia co neo-iomlan a chomas, chum slighean agus oibre an Tì

ghlòrmhoir sin a rannsachadh a mach ata 'n a shuidhe air cuairt na talmhainn ! An urrainn sinne le rannsachadh Dia fhaighinn a mach gu h-iomlan ? Feuch is iad na nithe air an robh sinn a' labhairt cuid d' a shlighibh ; ach cia beag a' chuibhrionn a chuala sinn dhiùbh !

DLUTH-THARRUINGEACHD

Thug sinn cheana fa-near an earrannaibh eile, cuid de na buaidhibh ata r' am faicinn air cruinn-mheallaibh soillseach nan speur. Labhair sinn air an àireamh, am meud, an astar, agus an soilleireachd ; ach tha buadhan eile orra, air nach do labhair sinn fathast ; agus is iad sin, an dòigh air a bheil iad ag gluasad, agus an dlùth-tharruing nàdurra ata eatorra.

Tha e 'n a bhuaidh air gach nì gu fan e aig fois mur gluaisear e le cumhachd éigin eile. Ged is innleachdach an obair a chithear an uaireadair, gidheadh cha ghluais e mur teannaichear a shlabhraidh. Cha charaich am peileir as a' ghunna, gus an cuirear teine ris an fhùdar. Ceart mar sin, cha ghluaiseadh an talamh, no na reultan, mur biodh cumhachd éigin air a ghnathachadh chum an greasadh mun cuairt air an slighibh móra agus farsuing féin.

A rìs, tha e air fhaotainn a mach gu bheil, a thaobh nàduir, dlùth-tharruing eadar gach aon nì anns a' chruitheachd, chum an dlùthachadh r'a chéile. Is buaidh so a chithear anns na smùirneanaibh as lugha, cho mhaith is anns na meallaibh as motha anns a' chruitheachd. Chithear e anns a' bhraon as lugha de 'n drùchd air an lus mhaoth. Is e an dlùth-tharruingeachd so ata dèanamh an drùchd 'n a chuirneanaibh cruinn agus boillsgeach air bileagaibh an fheoir ; agus is e mar an

ceudna tha gluasad nan cruinn-mheall soillseach anns na speuraibh. Tha an dlùth-tharruingeachd so làidir no lag, a réir meud agus astar nan nithe anns a bheil an cumhachd so air a shuidheachadh. Air do 'n talamh so, uime sin, a bhi 'n a mheall anabarrach mór, tha e a' tarruing gach mill eile ata am fagus da, g' a ionnsaigh féin. Mar so, tilgeadh neach clach suas os a chionn anns na speuraibh, agus tuitidh i gu h-ealamh a nuas dh'ionnsaigh na talmhainn far an laigh i gun charachadh. Agus c'ar-son ? Tha, a chionn gu bheil an talamh a' dlùth-tharruing na cloiche d' a ionnsaigh féin ! Tha a fhios againn nach soirbh le móran so a thuigsinn, oir their iad gu bheil a' chlach a' tuiteam le a cudthrom féin ; ach nach 'eil an cudthrom ceudna aice gu dol suas anns na speuraibh, no gu gluasad air slighe sam bith eile ? Gun teagamh 'sam bith dhèanadh i sin, mur biodh an talamh 'g a dlùth-tharruing a nuas d' a ionnsaigh féin. Is ann, uime sin, trìd na dlùth-tharruing so, a tha na reulta agus a' ghrian a' buanachadh 'n an àitibh, air an slighibh féin anns na nèamhaibh. Tha Dia " ag crochadh na talmhainn " agus gach reul eile " air neoni," agus tha iad a' buanachadh 'n an cuairtibh féin trìd na dlùth-tharruing ata annta agus eatorra féin. Air do 'n ghréin a bhi mór seach na reultan, tha i 'g an tarruing d' a h-ionnsaigh féin, ach tha iadsan, mar an ceudna, a' tarruing gach aon a chéile, agus air an tarruing iad féin le reultaibh eile mun cuairt doibh ; air chor is gu bheil a' ghrian agus na reulta mar so ag comh-chothromachadh a chéile. Tha iad air an socrachadh 'n an dlùth-tharruing, mar gum biodh iad air meidh, air sheòl is nach toir a h-aon diubh buaidh air an aon eile ! Is do-thuigsinn an gliocas a shuidhich iad air an dòigh so, air chor is gu bheil iad cosmhuil ri cuidhleachaibh an

uair a ghluaisear iad le uisge, teine, no toit. Mar so, tha na reultan agus a' ghrian air an suidheachadh aig a leithid de astar o chéile is gu bheil iad, trìd na dlùth-tharruing a bhuilich Dia orra, ag comh-chothromachadh a chéile le eagnuidheachd mhìorbhuilich. Air dhoibh a bhi mar so air an socrachadh, thug Dia orra gluasad le facal a chumhachd, agus tha iad, uime sin, ag gluasad le riaghailt agus le laghannaibh a tha gu neo-chrìoch-nuichte na 's eagnuidhe na an obair-chuidhleachan as grinne a rinneadh riamh le làmhaibh innleachdach dhaoine.

NA SIUIL-MHARA

Chum na dlùth-tharruingeachd so air a bheil sinn a' labhairt a dhèanamh na's soilleire fathast, bheir sinn eiseimpleir m'a timchioll o na seòlaibh-mara. Air do 'n ghealaich a bhi na's teinne air an talamh na na reultan agus a' ghrian, tha neart na dlùth-tharruing aice air a mhothachadh gu soilleir. Tha i a' tarruing, uime sin, d' a h-ionnsaigh an àite sin de 'n talamh a bhios a ghnàth f'a comhair. Air do 'n talamh a bhi 'n a stuth a tha cruaidh agus daingean, cha drùidh a cumhachd co mór air ; ach air do na h-uisgeachaibh a bhi na 's usa a ghluasad, tha iad gu mór air an luasgadh le dlùth-tharruing na gealaich. Tha, uime sin, na h-àitean de 'n fhairge a tha dìreach fa chomhair na gealaich air an tarruing le a neart d' a h-ionnsaigh féin, air chor is gu bheil na h-uisgeachan ag éirigh suas na 's àirde na bha iad, agus an sin their sinn gu bheil muir-làn ann ; ach an uair a théid a' ghealach seachad air an àite shòn-raichte sin, tuitidh na h-uisgeachan air an ais a rìs gus am bi muir-tràghadh ann.

Air an dòigh cheudna, tha cumhachd aig a' ghréin os cionn uisgeacha na talmhainn a chithear gu soilleir aig amannaibh sònraichte. Tha a' ghealach ag gabhail mìos gu dol timchioll air an talamh, agus air an taobh a stigh de 'n ùine sin tha i dà uair air an aon ruith ris a' ghréin ; is e sin, an uair ata i làn agus ag caochladh ; agus air an aobhar sin, air do dhlùth-tharruing na gréine agus na gealaich a bhi dol an co-bhoinn r' a chéile, agus a' tarruing nan uisgeachan air an aon rathad, tha an cumhachd air an dòigh so na 's treasa na an uair a bhios iad a' tarruing an aghaidh a' chéile. Air an aobhar sin, ma tà, tha reothairt agus contraigh 'g ar fiosrachadh gach uile cheithir là deug. Tha an làn-mara teann air uair na's fadalaiche gach là, a chionn, air do 'n ghealaich a bhi siubhal 'n a cearcall féin, gun gabh an talamh an ùine sin chum an t-àite ceudna anns a bheil muir-làn an diugh, a thoirt fa chomhair na gealaich am màireach. Tha an làn-mara na's àirde anns an earrach agus anns an fhogharadh na aig uair air bith eile de'n bhliadhna ; do bhrìgh, an sin, gu bheil dlùth-tharruing na gréine agus na gealaich ro làidir a thaobh nan àitean d'a chuairt anns a bheil an talamh anns na h-amannaibh sin de'n bhliadhna.

An uair a bheachdaicheas sinn air na nithibh mìorbhuileach so uile, dèanamaid gàirdeachas ann-san ata 'g an cumail suas le fhreasdal féin. Is Esan an Tì " a chàrnas suas mar thòrr uisgeacha na fairge, agus a chuireas an doimhne suas 'n a thighibh-tasgaidh."

DUATHARACHD NA MARA

[Is tearc r'a fhaotainn am measg Ghàidheal ar latha-ne fear as géire tuigse air fìor chridhe ar luchd-dùthcha, gu h-àraidh air cridhe nan eileanach, na an t-urramach Coinneach Mac Leoid. Agus ma's maith a thuigse air sin, cha mheasa a chomas air am beachdan is am faireachdainnean a nochdadh am briathraibh cubhaidh, snasmhor, fileanta. Tha an earrann so d'a chuid saothrach 'n a tigh-tasgaidh làn de nithibh sean is ùr. Rugadh Coinneach Mac Leoid an eilean Eige.]

Theirte gum ' bu dual do isean an ròin dol thun na mara,' agus tha e ceart cho dual do'n Eileanach a shùil agus a chridhe agus a làmh a thionndadh ris a' Chuan Shiar. Agus gun tighinn air sin idir, ar leam gu bheil ni-eigin an litreachas na mara, doimhneachd is dian theas is balbh neart, nach 'eil idir cho tric ri 'm faotainn an litreachas na beinne. Theagamh gu bheil dà nì ag aobharachadh so. Ma ni sinn gàradh-crìche eadar beul-aithris agus làmh-aithris, eadar na bàird ata an diugh gun ainm-baistidh agus na bàird sin a fhuair an cuid bàrdachd air a sgrìobhadh is air a clò-bhualadh fo 'n ainm is 'nan latha féin, chì sinn gur beul-aithris, agus nach idir làmh-aithris, a' mhór-chuid de litreachas na mara. Agus tha a bhuil air an aithris. Ma tha aon ni ann ata comharrachadh nam bàrd sin a rinn ceaird, mar gum b' eadh, de 'n bhàrdachd, is e braisead an cainnte. Tha na facail a' taomadh a mach, gu tric gun urram aon d' a chéile, mar eas á creig, agus ge dearbhadh soilleir e air feartan na Gàidhlig—cho sgaiteach torrach easgannach 's is urrainn di a bhith—cha ghabh e àicheadh nach do dhìoghail a' bhàrdachd air anabarr na teangaireachd. A nis tha litreachas na mara saor o'n smal sin, a chionn gun do sheachainn na sàr-bhàird an cuan mar cheann-bàrdachd. Ma 's e Mac Mhaighistir Alasdair, cha do chuir an cuan riamh gu seinn e, mar rinn Allt an t-Siùcair ; cha lugha na Birlinn Chlann-Raghnaill

a chuireadh gu sàil e ; agus 'na bheachd-san cha robh anns a' chuan ach nàmhaid eadar-dà-phort, a bha dearbhadh fiùghantas na birlinne is sgiobaireachd nan Raghnallach.

Tha nì eile ann cuideachd ata comharrachadh o chéile litreachas na mara agus litreachas na beinne. A réir beachd an t-sluaigh bu bheò-chreutair an Cuan Siar, le faireachdainnean daonda, agus le cumhachd thar comas nàduir, thar comas aona chuid maith no uilc. Ach cha do shaoil neach riamh sin a thaobh na beinne ; air a h-àirdead is ar a maisead bu bheinn i iochd air n-achd, agus ged thachradh na daoine, cha charaicheadh na cnuic. Cha b' ionann is a' mhuir ; bha siubhal-sìthe aice-se riamh ; shiubhladh i ceithir ranna ruadha an domhain a dh' iarraidh uaigh a cloinne féin ; agus cha robh geas no ealain anns na Sgoile Dubha nach robh dà thrian as an trì dhiùbh aig a' mhuir, is an trian nach robh aice bha e glaiste an làimh dheis Rìgh nan Dùl. Cha b'urrainn, matà, gun bhuaidh bhi aig na beachdan so air an litreachas, agus a leigeadh fhaicinn gu robh, ged mholadh an sluagh Beinn Dobhrain le luathghair àird, sheinneadh iad na h-òrain-mhara mar leanabain ag cagarsaich anns an dorchadas is an cladh am fagus. Ach gun dol na 's fhaide steach anns a' chùis, is leoir a ràdh gu bheil gaol is eagal, beatha is bàs, subhachas is dubhachas, ag gleusadh a chéile anns a' chuantachas, agus ag cantainn litreachais anns a bheil doimhneachd is dian-neart mar dhoimhneachd agus mar neart na mara féin. No ma dh' fhaodar a chur an dòigh eile, an coimeas ri litreachas na mara, tha a' mhór-roinn de litreachas na beinne mar fhalaisg lasrach fracich an coimeas ri gual goileach na ceardaich.

A nis, bhiodh na seann daoine bruidhinn ar ' duathar-

achd ' na mara, agus le sin bhathas ag ciallachadh gu robh nithe ceangailte rithe nach robh idir ceangailte ri nithe nàdurra mar tha clach no ùir, is gu robh buadhan aice nach robh gu coitcheann eadhon aig Sìol Adhaimh. Chunnaic sinn cheana gum bu bheò-chreutair i am beachd an t-sluaigh, agus tha iomadh sgeul againn anns a bheil i 'ga nochdadh féin an riochd mnatha, is ag cur eagal beatha is bàis air ceatharnaich na talmhainn. Ma's e Fionn Mac Cumhaill, cha do chuireadh riamh ceart chuige e gus an do thachair a' Mhuileartach Bhuidhe air ; agus theagamh nach 'eileas fada clì 'san amharus gum b' i a' Mhuileartach an Cuan Siar féin anns an fheoil. Co-dhiùbh, bha e 'san t-seanchas gun d'thainig latha is bliadhna de sheachran-seilge air an Fhéinn, agus fad na h-ùine sin gu robh iad an cois na mara, ag itheadh bhàirneach is fhaochag, gus an robh clachan a' chladaich cho lom ri peirceall tuirc. Is e an ceòl bu bhinne chuala an Fhiann riamh fead Chaoilte an àine an là, a' toirt sanais dhaibh gu robh e mu dheireadh 's mu dhiù air lorg an fhéidh.

> Ceud soraidh leis na faochagan,
> Làmh sgaoilte leis na bàirnich;
> Chualas fead chaol chruinn chruaidh Chaoilte
> Air taobh tuath Loinneachain.

Tha e nàdurra gu leoir, matà, gum biodh an Fhiann, is iad ag cothachadh ris a' chuan, 'ga mheas mar nàmhaid; agus nì sam bith ata 'na nàmhaid tha faireachdainnean aige ; agus nì aig a bheil faireachdainnean feadh an latha tha fuil is feoil air 'nuair thig an oidhche—co-dhiùbh, tha comas maith is uilc aige. Theagamh, matà, nach 'eil e tuaitheal idir a bhi smaointinn gum b' i a' Mhuileartach no a' Mhuireartach Bhuidhe an Cuan Siar féin anns an fheoil. Agus gu cinnteach chan fhacas riamh fo ghréin

no fo ghealaich cailleach cho oillteil is cho ceannsgalach rithe.

Bha a h-aodann dubh-ghorm air dreach a' ghuail,
'S a deud cnapadach cnàmh-ruadh.

Bha aon sùil ghlumach 'na ceann
Bu luaithe na rionnag gheamhraidh ;
Craobh mhìneach chas air a ceann
Mar choille sgràbaich de 'n t-sean chritheann.

Chan iongantach idir ged dh'fheuch Fionn r'a breugnachadh air falbh le cumhacha sìthe.

Bheireadh Mac Cumhaill sud di gun diombadh,
Deich ceud chon air choimhlion éille—
Gabh an cumha is an còrr,
Deich ceud ubhlan dearg òir.

Ach an e gun gabhadh ise ceannach no breugnachadh is làn cruinne de òr is de airgiod aice an aigeal a' chuain ?

Buaidh na h-Eireann ged gheibhinn uile
Le h-òr, le h-airgiod, le h-ionmhas,
B' fhearr leam air bòrd air mo luing
Ceann Oscair is Dhiarmaid is Choirill.

Agus cha robh tarruing làmh no seasamh chas aig na Fianna fo fhraoch na cailliche gus an do thachair i féin agus Fionn air a chéile.

Bha i 'gam frithealadh mu seach
Mar a ruitheas lann troimh lasair,
Gus an do thachair Mac Cumhaill an àigh
Is a' Mhuileartach làmh ri làimh.

Agus a réir an sgeoil a fhuair Iain Og Ile an Uibhist, ged bha a' chailleach treun, bu treasa àgh Fhinn,

Is bha a taobh air a tholladh le guin,
Bha braon d' a fuil air an fhraoch ;
Mharbhadh a' Mhuileartach leis an rìgh,
Ma mharbhadh, cha b' e marbhadh mìn.

Ach chuala sinn car eile 'ga chur 'san sgeul—gu robh feoil na cailliche mar uisge nan tonn, a' tàthadh ri chéile an déidh gach gearraidh.

Is co-ionann a bhi gearradh stuadh
'S a bhi gearradh feoil na Fuath ;
Mar a thàthas braon ri braon
Thàthadh feoil ri feoil 'na taobh.

Ach cha ruig sinn a leas dol gu Iain Og Ile no gu Uibhist a dh' fhaotainn deireadh an sgeoil ; tha e 'ga aithris féin a latha is a dh' oidhche. Cha mhaireann Fionn no Oisean, ach tha an Cuan Siar an sud fhathast, a' tràghadh is a' lìonadh, ma chaill no nach do chaill a' Mhuileartach a ceann.

Ach tha aon ni ann as fheudar aideachadh a thaobh a' chuain, gu bheil i air fàs leasg 'na sean-aois, is nach tric a chithear i nis an taobh a muigh d' a crìochan féin. Agus tha sgeul air sin cuideachd. ' O chionn linnte fada fichead,' arsa sgeulaiche Eigeach, ' bha daoine mar na faoileagan, is cha robh bàthadh orra ; agus o Thràigh Bhàin Mhùideart gu dol fodha na gréine—'s a Thì Mhóir, is fhada sin air falbh !—chan fhaighte gille-turuis do 'n chuan an geodha no an doimhne ; agus ma bha gnothach aig mo ghaladhad air tir, rud as minig a bhà, cha robh air ach gu feumadh i fhéin dol air a chionn. Ach an diugh tha an t-aigeal breac le suinn na cruinne, is b' olc an airidh mur faigheadh a' mhuir gillean-turuis 'nam measg.' Agus a réir an sgeoil, fhuair ise sin, gillean-turuis (no mar theirte riutha, leannana-cuain) cho sgairteil 's a shuidh riamh air tobhtaidh no chuir ràimh troimh bhacaibh ; agus chan 'eil geodha no caladh an eilean no an oirthir anns nach facas iad uair no uair-eigin a' toirt gu buil rùinte na mara. 'An uair bha mi am ghlas ghille,' arsa fear de shliochd-nan-ròn an Uibhist

a Tuath, ' fhuair sinn latha bha sud corp fir 'san tiurr-fheamann, is o nach b' fhios duinn có e no có as da, bha sinn a' dol 'ga thiodhlacadh an oir a' chladaich los nach biodh fada aig a' chuan dol 'ga iarraidh, nan iarradh i e. Ach an uair bha sinn 'ga thogail, mhothaich sinn gu robh ìnean loma bàn-dearg air, agus thuirt sinn ri cach a chéile gum b' ann de na h-urracha móra esan co-dhiùbh, 's gun cuireamaid fo'n ùir e gu h-eireachdail, mar bu dual, comhla ri Criosdaidhean eile an Teampull na Trianaid ; rud a rinn. Am beul na h-oidhche, chunnacas bàta tighinn troimh na caoil, gun bhréid aodaich rithe, ged bha soirbheas aice nach iarrainn-sa co-dhiùbh na b' fhearr—ach lom ruisgte mar bha i, is i shiubhladh ! Am prioba na sùla bha a taobh ri laimrig ; leum seisear ghillean aisde ; gabhar suas gu Teampull na Trianaid ; agus aig Nì Maith tha fios ciod e bh' aca air an guaillibh 'san tilleadh. Och ! och ! bheir an cuan a cuid féin a mach ; is mairg a dhosanaicheadh rithe ! '

Bu nòs riamh do luchd-tìre bhi caoidh cor nan leannan-cuain, agus a bhi smaointinn nach biodh a' chùis idir cho goirt nan d' fhuair iad bàs a' chinn-adhairt, is mar ris cadal-dàimh fo fhòid na tunga.

Righ ! nach robh thu 'n ad chadal
Ann an Clachan na Tràghad,
Ann an Eaglais na Trianaid
Far an lionmhor do chàirdean ;
'S gum biodh deoir mo dhà shùla
Mar an drùchd glasadh t' fhàile.

Ach air theothad nan deur, cha d' fhuair is chan fhaigh bròn-mara furtachd.

'S tha luchd mo ghaoil 'nan truaghain,
An grunnd a' chuain mu charachadh,
'Gan reubadh leis na stuadhan,
'S 'gam bualadh ris na stallachan.

Mu choinne sin, is fheudar a ràdh, ged is iomadh leannan-cuain a thug sgrìob air ais do Thìr nam Beò, nach cualas fear dhiùbh riamh a' dì-moladh Tìre fo Thuinn. ' Is fuar do leaba nochd, fhir mo ghaoil,' arsa bantrach ri taibhs a fir, is e air tachairt rithe oidhche 'sa' chladach. ' Chan fhuar 's cha teth,' ars' esan, ' ach dìreach mar dh' iarrainn, nam faigheadh na dh'iarradh,' ' Mur fuar, a ghaoil,' ars' ise, ' is aonaranach co-dhiùbh.' ' Is e tha sin naidheachd,' ars' esan ; ' air an aon sgeir rium tha sàr-ghaisgich Lochlainn, bàird na h-Eireann, sgeulaichean na h-Albann, agus an rud nach cuala iadsan no mise riamh, is eòl do'n ròn 's do'n eala sin.' ' Eudail mo chridhe,' ars' ise, ' nach amaideach sinne ag gul 's ag caoidh nam fear, is iadsan cho seanchasail sona 'san Tìr fo Thuinn ! ' ' Is fhìor dhuit sin, a ghràidhein,' ars' esan, is e dol as an t-sealladh.

Tha leannan-cuain eile tathaich Caolas Odair (no Odrum), eadar Hèisgeir agus dà Haisgeir, taobh siar Uibhist, agus a réir a sgeoil-san* is àite bochd Tìr nam Beò seach Tìr fo Thuinn.

Ann an Caolas Od-odrum,
Far an caidleadh an ròn,
'S far nach cluinnte guth duine,
Ach fuaim tuinne 's glog geoidh.
Mar mhuime 'g altrum a pàisdean,
'S i 'gan tàladh gu ciuin,
Gu bheil tulgadh nan cuantan
'Gar sìor-luasgadh 'nar suain.
Tha an ròn rìoghail ag gusgail,
'S an eala guileag r'a thaobh,
'S a' mhaighdean-mhara 's i bruada
Anns an uaigneas air laoch.

* Faodar a ràdh gun d'fhuaradh an t-òran-sa 'na bhloighean, agus gun deachaidh seòrsa de chàradh a dhèanamh air—b' fhiach na bloighean sin.

Tha na luingis a' seòladh
Le 'n cuid òigear troimh 'n chaol,
An tòir air gaisge 's air gàbhadh,
Air ceòl-gàire 's air gaol.

'S théid na luingis a bhàthadh,
'S théid na h-àrmuinn a dhìth,
'S cha laigh suain air an ainnir,
Gun a leannan, 'sa' chill.

Och ! an dùthaich an eòrna
Cha sguir còmhrag no eug,
'S gum bi dòruinn chloinn-daoine
Leis an aois dol am meud.

Ach bidh mise 's mo leannan
Chaoidh 'nar flaitheas fo thuinn,
'S cha ruig airsneal no aois oirnn
Gus an saorar na suinn.

Is e dà thrian na dachaidh a bhi toilichte leatha, agus a réir coslais tha na leannana-cuain làn riaraichte an dà chuid le an tuineadh is le am muime. Ach ge taitneach creideasach an sgeul, is duilich a chlàradh air na mnaibh, co-dhiùbh orra-san a chaill an ulaidh sin a fhuair an cuan. Cha b'ionmhainn riamh le màthair muime, agus tha i gun bhreith fhathast an té theireadh o ìochdar a cridhe : ' is e mo dhùrachd gum bi mo chuid leanaban na's sona le am muime, ma bhios i ann, na bha iad leamsa.' Agus chan ailis idir e air gaol nam ban, ma chuir deagh bhanaltrumas a' chuain teothad 'nan deoir is goirtead 'nan cridhe nach cuireadh a h-ainiochd gu bràth. Tha an uaigh gionach gu leoir, ach chan iarr is chan fhaigh i ach fuil is feoil is cnàimh ; iarraidh is gheibh an cuan sin agus an t-iomlan, an duine eadar anam is chorp. Faodaidh e bhi ' gum bi dùil ri beul cuain, ged nach bi ri beul uaigh ' ; ach an uair tha an dùil marbh, chan 'eil anns a' bhrón a their, ' Thug an uaigh mo mhac dhiom,'

ach neoni an coimeas ris a' bhròn sin a dh'fhaodas a ràdh, ' Thug an cuan dhiom gaol mo mhic.'

Ach ge mór fuath nam ban do'n Tìr fo Thuinn, is motha na sin an gràdh do na fir nach maireann, agus tha cuid diùbh co-dhiùbh a thuinicheadh gu toileach anns a' chuan air sgàth luchd an gaoil.

Beul a' mhire 's a' cheol-ghàire,
'S truagh nach mise bha ceart làmh riut,
An druim a' chuain no 'n iomall tràghad,
Ge b'e àit am fàg an làn thu ;
Taobh ri taobh, a ghaoil, mar b' àbhaist,
Taobh ri taobh, gun dùil ri t'fhàgail,
Sìor dhol suain, 's ar mànran sàmhach :
Och, mo leòn ! cha chluinn mo ghràdh mi,
'S bàthadh stuadh air m' osna chràitich.

Ach bha iad ann a bha na bu rathala na i so, is a fhuair na dh' iarr. Tha mu cheud gu leth bliadhna a nis o'n sheòl Ailean Donn a mach a Steòrnabhaigh los ceangal pòsaidh a chur air fhéin 's air àilleagan nan eilean, nighean Fir Scalpaidh anns na Hearadh ; ach eadar togail is leagail siuil fhuair an rosad-mhara greim air ; agus an uair bu chòir dha, nan robh chòir ann, bhi cur na fàinne air meur na suirghich, is ann bha e 'na laighe fo chobhar nan stuadh. Agus ma chur so nighean Fir Scalpaidh gu bròn, chuir e a bròn gu seinn ; agus gus an latha an diugh tha am bantrachas-cuain ag gul is ag iargain 'na ceòl.

M' achanaich-sa, Rìgh na Cathrach,
Gun mi dhol an ùir no 'n anart,
An talamh-toll no 'n àite-falaich,
Ach 'sa' bhad an deach thu, Ailein—
Ailein Duinn, ò hì, shiubhlainn leat.

Is shiubhail i leis. An uair thainig am a fuasglaidh,

b' e toil a càirdean a h-aiseag thar a' chaolas gu àite-tàimh a h-aithrichean ; ach ged thug iad iomadh oidhirp air a' cheann-uidhe sin a thoirt a mach, bha an Dàn is an doineann is an cuan 'nan aghaidh, agus an deireadh sgeoil choilion an cathadh-mara iarrtus na té : ' anns a' bhad an deach thu, Ailein.'

Sin mar a bhà is a thà—gach nì thun a' chuain, agus tha eachdraidh nan Eilean sgrìobhta.

Tha iomadh ni duatharach 'san doimhne a thuilleadh air na leannana-cuain. Theireadh na seann daoine nach robh ' beò air luim gun a shamhailt a bhi fo thuinn,' crodh-mara, faol-mara, cat-mara, nathair-mhara iochd air n-achd. Ach tha trì ann a tha de sgeul is de dhuatharachd a' chuain os cionn chàich—an ròn is an eala is a' mhaighdean-mhara. Cha b' ann de fhior nàisinn na mara a h-aon diùbh, ge fada an céilidh fo thuinn. Nan robh a' chòir air a cumail, bu rìghrean air Lochlainn na ròin an diugh ; ach 'nan òige bha iad cho eireachdail am pearsa agus cho sgairteil an gnìomh is gun do ghabh am muime gràin na creiche orra ; agus cha bhiodh beò aice gus an toireadh i leagadh cinn is cridhe dhaibh. Thug i seachd laithean is seachd bliadhna ag ionnsachadh na sgoile duibhe, agus an uair fhuair i na dh' fhóghnadh (is innleachd mnatha còmhla ris), cuirear a cuid dalta fo gheasaibh is fo chroisibh ' nach b' iasg is nach b' ainmhidh gu bràth, agus gum biodh am miann-mara gu tìr is am miann-tìre gu muir, fhad 's a bhuaileadh tonn air tràigh.' Gus an latha an diugh, matà, tha ' Clann Rìgh Lochlainn fo gheasaibh ' ag gusgal an cuid ciuil air na sgeirean, a' sìor-ghearan mar a thà, is a' sìor-iargain mar a bhà ; agus mar theireadh na seann daoine, ' Nach aithnicheadh tu air an dà shùil is air an cluais-chiuil gu bheil fuil nan rìghrean annsgach féith ? ' Agus a réir an sgeoil bha e

anns na geasaibh cuideachd gum biodh aca ri dol 'nan cruth nàdurra féin trì uairean 's a' bhliadhna, ri làine gealaich, los gum biodh call 'ga ùrachadh is bròn 'ga mheudachadh dhaibh le bhi faicinn an dìlse fo cheannas nan coimheach. Agus theirte nam faiceadh tu a h-aon diùbh anns a' cheart am sin, gun toireadh tu gaol do chridhe dhìse no dhàsan ; agus nam biodh bainnsean idir air t'aire, gur h-e banais a bhiodh ann. Tha sliochd nam pòsadh sin anns na h-Eileanan fhathast ; b' ann diùbh Clann Mhic Codrum, agus theirte gum b'ann diùbh cuideachd gach neach a b' fhearr guth-cinn no cléibh na a chéile.

Is gann gu ruigear a leas a ràdh nach 'eil e rathail ròn a mharbhadh, agus nach robh buil no blàth riamh air sealgair a rinn a leithid. Faodaidh bàrd na beinne bhi seinn :—

> Mharbhainn duit geoidh is ròin is eala,
> 'S na h-eoin air bharra nan geug ;

ach nam b' Eileanach e, bhiodh e na bu chneasda ; co-dhiùbh chuirte cneasdachd air a dh' aindeoin, mar is minig a thachair. Latha bha fir Chanaidh air tì seilge an Eilean nan Ròn, faicear cuilean anns an fheamainn is e dùr-amharc orra le a dhà shùil mhóra bhlàtha, mar gum biodh e dol a ràdh : ' Is ann de shliochd nan rìghrean mise, agus na marbhaibh an cuilean.' Ach mharbhadh an cuilean, le fear bu luaithe làmh is bu chruaidhe cridhe na a chéile ; agus ma mharbhadh, chaidh gaoth is fairge gu boile ; agus bha na fir an sin gun seasamh chas aca, is iad mar na bàirnich ag greimeachadh ris na creagan. Arsa fear a' chridhe chruaidh, eadar dà sgal gaoithe, ' Chan ann gun aobhar a thàinig so, fheara ; tha dà phròstanach 'nar cuideachd ; is fheudar gu bheil diomb

air Moire is air a Mac.' Air sàil an fhacail ghrad-rugadh air an dithis fhear, is cha bhiodh air ach gu feumadh iad an dara cuid a thoirt mar cheannach do 'n chuan, am beatha no an creideamh. Ach is e gach nì fo 'n ghréin a dhèanadh an dà shaobhaire ach dealachadh ri 'm beatha, agus b'e deireadh na cùise gun deachaidh am baisteadh le chéile, an lodan sàile, a steach do 'n Eaglais Naoimh Chaitligich. Ach cha do shèimhich sin gaoth no fairge, agus an treas latha thuirt am fear bu shine is bu ghlice anns a' chuideachd : ' Is e so mo bheachd fhéin, fheara, nach ann de 'n chràbhadh mort no marbhadh, agus nan robh an cuilean-ròin beò fhathast, dh' fhaoidte gu robh sinne na bu rathala na tha sinn.' Bhóidich an sin gach fear dhiùbh, nam faigheadh e a bheatha leis an tràth-sa, nach marbhadh 's nach màbadh e ròn gu bràth tuilleadh. An oidhche sin bha na fir 'nan tighean féin an Canaidh.

Ma tha duatharachd an eachdraidh an ròin, tha duatharachd is còrr an eachdraidh na h-eala. Anns na sgeulachdan theirear ' nighean an dà luan deug' rithe, agus bhiodh na seann daoine ag cur beachd air so : an uair bhiodh rà-dorcha air a' ghealaich gum biodh dath-dorcha air an eala. Ach biodh sin mar bhitheas, is nighean rìghinne co-dhiùbh an eala. Anns na laithean duatharach, a réir an sgeoil, bha dà rìghinn ann a bha cho àluinn is nach b' urrainn a ràdh co bu ghràinne-mullaich dhiùbh, is an té eile làthair ; agus b' e deireadh na cùise gun do chuir an dara té an té eile fo gheasaibh, ' i shiubhal gu bràth o àird gu h-àird an riochd eoin, sgiamhach air muir, clibeach air tìr, binn-ghuthach fo ghealaich, balbh tosdach fo ghréin '—agus tha an eala fo na geasaibh sin fhathast. Theagamh gu bheil mìneach-adh an sgeoil r' a fhaotainn anns an t-sean-fhacal, ' Farmad ña gréine ris a' ghealaich.' Co-dhiùbh, tha e

'san t-seanchas, an uair a shìolaidh an Dìle Ruadh gu robh a' ghealach làn, agus gu robh i cho geal an oidhche sin is gu faiceadh duine calg na muice-creige 'na chois, nam biodh calg innte. Chuir so a' ghrian, is i 'na crùban anns a' chuan, gu boile is gu feirg. ' Eiridh mi,' ars' ise, ' ge fada mus blais an t-eun an t-uisge, agus cuiridh mi grad-smàl air an ré is air na reultaibh uile.' Rinn i sin ; agus ma rinn, chaill a' ghealach trian d'a solus, is tha e 'g a dìth chuige so. Theagamh matà gur h-e an trian sin ata againn an riochd na h-eala, nighean an dà luan deug, is i binn-ghuthach fo ghealaich ach balbh tosdach fo ghréin.

Tha iomadh sgeul air an eala anns na h-Eileanan, agus iad uile ag aithris gu bheil i tiamhaidh 'na beatha is aonaranach 'na bàs, agus gur h-e a rogha-ciuil a bhi tàladh nan leannan-cuain air na sgeirean. Có nach cuala iomradh air an eala leointe shnàmh a h-Eirinn gu h-I, agus a fhuair fasgadh is leigheas an sin ?

Latha chaidh Calum Cille mach
Anns a' mhadainn mhoich,
Faicear an eala, guile ! guile !
An eala bhàn air an t-snàmh
'S guileag bhàis aic',
Guile ! guile !
An eala bhàn 's i leointe leointe,
An eala bhàn 's i breoite breoite ;
Guile ! guile ! 's an dà shealladh oirr',
Guile ! guile ! 's an dà mhanadh oirr',
Beatha is bàs,
Guile ! guile !
Cia as do shnàmh, a eala bhàn ?
Arsa Calum Cille mo ghràidh :
A h-Eirinn mo shnàmh, guile ! guile !
O 'n Fhéinn mo chràdh, guile ! guile !
Guin a' bhàis,
Guile ! guile !

Eala bhàn, eala na h-Eireann,
Is cobhartach mise do'n éigneach ;
Sùil bhlàth Chriosd air do chràdh,
Ortha na seirce 's an t-sìor-ghràidh
'Gad dhèanamh slàn,
Guile ! guile !

Eala bhàn na h-Eireann, guile ! guile !
Cha bhi beud ort, guile ! guile !
A bhaintighearna na linne, guile ! guile !
A bhaintighearna na tuinne, guile ! guile !
Do Iosa a' ghlòir,
Guile ! guile !

Eadar dà sgeul, nach fhaodadh e bhi gu bheil snàmh is leòn is leigheas Eala na h-Eireann a' riochdachadh uidhearachd ar sluaigh o dhoilleireachd na Féinne gu soilleireachd an t-Soisgeil ? B' fhurasda leudachadh air a' chùis, ach cha bhuin e do ar seanchas 'san am.

A nis, tha fios againn có as a thàinig an ròn is an eala, ach có as idir a thàinig a' mhaighdean-mhara ? Cha duilich sin innseadh matà. Bha maighdean ann uair, is rachar latha de na laithean gu fuaran a dh' òl dibhe. Ars' ise, is i 'ga faicinn féin anns an fhìor-uisge, ' Chan 'eil fhios a bheil té eile an Albainn cho brèagh riumsa.' ' Nach amaideach thusa, a ghràidh nam ban', ars' a muime, is i air tighinn gu fàilidh air a cùlaibh ; ' ge mór Alba, is motha an saoghal.' ' Ma's motha, chan fhearr,, ars' a' mhaighdean ; ' agus co-dhiùbh, chunnaic mise sin, gach ridir as fhearr na a chéile á ceithir ranna ruadh an domhain, is bhóidich is bhriathraich gach fear dhiùbh nach faca iad mo leithid aon chuid rompa no as an déidh.' ' Faodaidh sin a bhi,' ars' a muime ; ' ach ge mór an domhan, is beag e seach an fhairge, agus is iomadh fiosfreagairt aťa an cleith 'na doimhne.' An oidhche sin

fhéin chaidh a' mhaighdean gu dubh-sgoilear ainmeil, agus ars' ise, ' Fhir na sgoile duibhe, thoir dhomh eòlas na mara.' ' Ni mi iasg dhiot,' ars' esan. ' Chan fhoghainn e,' ars' ise ; ' dh' fheumainn sùil mnatha 'nam cheann, los mi dh' fhaicinn is a dh' aithneachadh maise mo sheòrsa.' ' Cuiridh mi,' ars' esan, ' ceann mnatha air iasg.' ' Chan fhoghainn e,' ars' ise ; ' dh' fheumainn cridhe mnatha 'nam chliabh, los gaol a thabhairt 's a ghabhail, nam biodh luchd-gaoil ann.' ' Miann do chridhe dhuit,' ars' esan ; agus gabhar le chéile thun a' chuain. Riamh o 'n oidhche sin chìtear baintighearna òrbhuidhe, le earball éisg, a' snàmh nan tonn is a' sìoriarraidh an ni sin nach gabh faotainn, té as àille na i féin. Agus ma 's fìor am fathann, ged fhuair i eòlas na mara, cha d' fhuair i riamh sonas 'na lùib ; is an uair bheir i gaol, is ann do fhuil bhlàith, agus chan idir do fhuil fhuair.

Tha duatharachd na mara cho farsuing is cho domhain rithe féin, agus cha bhiodh an sgeul iomlan gun iomradh thoirt air na fearra-longa, mar theirte riutha, is air na h-Eileana-sgeoil. Is maith an long a bheir a mach an caladh as an d' fhalbh i ; ach fada roimh mhithich bhiodh sùil nam ban a' sireadh na mara, is a' faotainn sgeoil uaipe cuideachd air cor nam fear. Nam faicte fearra-long is solus dearg oirre, bu mhanadh air a' bheò e ; nam faicte té is solus geal oirre, bu mhanadh air a' mharbh e.

Chunnaic mi fearra-long an raoir,
Solus oillt is éig 'na crann,
'S thuig mi gu robh m' aon mhac òg
Fuar fo spòig a' chuain ud thall.

Agus ma dh' fhaodar earbsa chur an sùilean an

t-sluaigh, is iomadh uair a thug na bantracha-cuain féin sgrìob anns an fhearra-luing, is a chìte am beul na h-oidhche :

Fearr-long mhór a steach an caolas,
Bean 'na toiseach a' sìor-chaoineadh,
Bean 'na deireadh a' sìor-ghlaodhaich,
Bean air tobhtaidh a' sìor-ghaoladh.

Nach 'eil ni-eigin taitneach anns an smuain gur h-i an long ata ag giùlan fios-bàis chum nam ban ata cuideachd 'gan aiseag troimh an chaolas a sheinn an tuiridh os cionn a' mhairbh ? Ach chan aobhar iongnaidh idir e —cha bu mhotha riamh gairge na mara na a teò-chridheachd. Agus ma tha i teò-chridheach, an co-lorg sin tha i cruaidh ceart. Cha b' ann aon uair no dà uair, anns na laithean duatharach, a chaisg i eucoir nan Gall, is a dh' fhògair i an ciontach do'n àite sin a bha freagarrach do dhroch ghiùlan. ' B' fhurasd' aithneachadh air an fhearra-luing,' theireadh na seann daoine, ' nam b'e sud a ceann-gnothaich : bhiodh i daonnan air theinidh.' Chan 'eil cho ro-fhada o'n chunnacas i air a' cheart ghnothach is anns a' cheart bheairt sin ; agus so an sgeul mar fhuaradh i o fhear de 'n dithis a chunnaic :

' Bha sinn direach ag greimeachadh air fasgadh an fhearainn, an uair chunnaic sinn neul boillsgeach, mar gum b' ann os cionn Chaol Muile. Arsa mo ghoistidh rium fhéin, ' Cuiridh mise mo chluas air a' gheall gur h-e tha ann Tobar-Mhoire ris na speuran ; agus gu dearbh cha b' iongantach ged bhitheadh, is na soluis aca muigh air na sràidean féin.' Ach 'san fhacal thàinig ise—oir is i fhéin a bh' ann—timchioll Rudha Aird na Murchann, is cuirear a ceann air Eige ; agus a Thì Mhóir, is i dh'fhalbhadh ! Agus bha sinne 'nar dithis is ar n-anail 'nar n-uchd, is ar cridhe leum as a chochall, is fios is cinnt

againn mur bàthadh sàl gu loisgeadh teine. Ach, eudail nam fear, cha robh an uair air tighinn, agus am prioba na sùla bha a' bhéist seachad oirnn, is i 'na caora dearga o a toiseach gu a deireadh, o a bord-uisge gu barr a croinn. Is Nì Maith d'ar seunadh, bha fear fada caol dubh oirre, is fidheall 'na dhòrn, is e sìor-chluich 's a' leum 's a' lasganaich—agus, a Mhoire 's a ghràidh, b' uamhasach fhéin an raoiceil a bha gu h-iosal. Is c' àit an tug i oirre 'na dhéidh sin? Aig an t-Sealbh tha brath, ach an sealladh mu dheireadh a fhuair sinne dhith bha i mach an Caol Canach, is an Cuan Siar fo a sròin.'

Cha lean sinn i na's fhaide an tràth-sa, ach gu cinnteach is iomadh uair a b' fhiach i a leantainn, an uair bhiodh teine nan eucorach as, agus a guala geal mar a' ghrian, is i dèanamh àirdeachd gu Tìr nan Og, no gus na h-Eileana-sgeoil eile, an t-Eilean Uaine, an t-Eilean Sorcha, Innse Geala nan Rà-soluis, Eilean nam Fear Fial Fionn. Gun teagamh tha eileanan eile ann nach 'eil idir cho taitneach riu sin—Eilean na Fiacais, far an téid luchd nan teanga fada; Eilean na Duibhre, far an téid farmad is droch shùil; is Ròcabarraidh fo Thuinn, taobh siar Bharraidh, far a bheil na h-allabhéistean móra a' sior-dhealbh uilc an aghaidh a' chinne-dhaonna. Mar dh' éirich do bhrataich Shil-Leoid, thàinig Ròcabarraidh ris dà uair cheana, ach an treas uair,

> An uair thig Ròcabarraidh ris,
> Is dual gun téid an saoghal a sgrios.

Thathas ag ràdh gu bheil cuid de na h-ollamhan a' faotainn a nis lorg lacha, no theagamh gur h-e lorg geoidh, thun nan Eilean-sgeoil sin, is a' toirt h-Irt mar ainm air a' mhór-roinn dhiùbh. Ach biodh iad ceart no cearr, is dìomhain an saothair. B' ann de 'n chridhe,

agus cha b' ann de 'n fhradharc, na h-Eileana-sgeoil ; is ged bhuailte Tìr nan Og am màireach, an earar bhiodh Eilean-sgeoil eile ann na b' fhaide mach 'sa' chuan ; agus cha tig an latha chì sùil no shaltras cas tìr ar n-ionndrainn.

A nis nan ceadaicheadh an duilleag, ni nach ceadaich, b' fhurasda shoilleireachadh mar tha beatha an Eileanaich, o a bhreith gu a bhàs, air a còmhdach, mar gum b'eadh, le duatharachd na mara. Theirte gum biodh lùth is aigneadh an duine a réir an t-siuil-mhara bh' ann an uair a rugadh e, agus gum biodh rath an lìonaidh no rosad an tràghaidh air fhad 's bu bheò e. Agus ma thachair gu robh a' ghealach a réir a' chuain 'san am, bha ceann cinnt air a' chùis an sin.

Rugadh Calum Cille mo ghràidh
Ri cuan an lìonaidh,
Ri gealach an fhàis,
Is b' e an t-àilleagan e féin.

Agus a réir an sgeoil, an uair rugadh Iùdas bha cuan a' tràghadh is gealach ag cnàmh, agus a thaobh 's gu robh, bha rà-dorcha air a bheatha-san riamh. Theirte cuideachd gun d' rugadh Pilat ri marbhshruth na contraigh —agus nach robh a bhuil air ? Cha b' fhios da riamh ciod e an taobh a ghabhadh e, is cha robh seasmhachd 'na ghnìomh no earbsa ri a chur 'na fhacal. Ach chan e aon chéilidh no dà chéilidh a chuireadh crìoch air an sgeul sin, no a leigeadh ris dhuinn mar tha ceol-gàire is cràbhadh an t-sluaigh, am beul-aithris 's an gnàth 's am beachdan gu léir, air an neulachadh le duatharachd na mara. B' e an ceart iongnadh e nach robh aignidhean an t-sluaigh air an tur-shaobhadh is air an crùbadh gu neoni fo cheannas na duatharachd sin. Ach is e theirte ' gun h-ann air comhairle na gaoithe tha an cuan ; '

agus a chionn gu robhas ag creidsinn an co-lorg sin ' gur h-ann air comhairle Rìgh nan Dùl tha a' ghaoth,' bha ni-eigin an inntinn an t-sluaigh a bha cumail làmh-achas-làidir na mara o thighinn gu cearrachas-làidir air a taobh-se, is gu tràillealachd air an taobh-san. Ach 'na dhéidh sin is d' a aindeoin, is e toiseach is deireadh an sgeoil gum b' ann is gur h-ann de 'n chuan beatha an Eileanaich, agus ma tha cluas na h-òige a' fosgladh, gu bheil cluas na h-aoise a' dùnadh, ri a ghàir.

Tha an ceò 's an drùchd,
Tha an drùchd 's an ceò,
Tha an ceò 's an drùchd
An sùil mo ghràidh,
An sùil mo ghràidh.
A Thì dh' fhosgail an t-sùil òg,
Dùin i a nochd an clò a' bhàis,
An clò a' bhàis.

Tha gàir a' chuain,
A nuall 's a ghàir,
Tha gàir a' chuain
An cluais mo ghràidh,
An cluais mo ghràidh.
A Thì bheairtich an ùr-long,
Stiuir i a nochd thar tonn a' bhàis,
Thar tonn a' bhàis.

AINMEAN NA H-ALBA

[Sgrìobhadh na h-earrannan a leanas le fear-deasachaidh an leabhair so.]

I.

Tha mi cur romham aig an am so facal no a dhà a sgrìobhadh mu thimchioll ainmean àitean na h-Alba, nì nach 'eil cho furasda a dhèanamh is a tha cuid an dùil. Their cuid gum b'ì a' Ghàidhlig ceud chainnt ar dùthcha, agus gun teagamh tha a' Ghàidhlig air a labhairt an Albainn bho chionn iomadh ceud bliadhna, agus gu ma fada mhaireas e mar sin ! A bharrachd air sin, fear 'sam bith a ni rannsachadh is mion-sgrùdadh air ainmean nan àitean an Albainn air fad, is gann gu bheil siorramachd no eadhon sgìre eadar Tigh Iain Ghròt an Gallaibh agus na Ranna Gallach anns nach faigh e *Ach-* no *Bal-*, agus faodar a bhi cinnteach far a bheil iad sin a nis, gu robh a' Ghàidhlig agus na Gàidheil uaireigin, mur 'eil iad ann le chéile fhathast. Ach a dh' aindeoin sin, tha gu leoir de ainmean—a mach air ainmean Lochlannach agus Sasunnach—nach urrainn duinn a ràdh aon chuid gum b'ì a' Ghàidhlig bu mhàthair dhaibh, no gum b'e Gàidheil a thug iad air na h-àitean. Tha fios againn bho sheann eachdraidhean gu robh sluagh anns an dùthaich so ris an abradh na Gàidheil *Cruithnich*—is e *Piocaich* a b'ainm orra 'nam measg fhéin—fada mun d'thàinig na Gàidheil, agus a thaobh nan Gàidheal fhéin, is e tha daoine fòghluimte ag ràdh, nach do chuir Gàidheal riamh a chas air fóid Albann nach d'thàinig air eathar a chuir a mach bho chaladh Eireannach. Dh'

fhàg na Cruithnich sin móran ainmean mar dhìleab, ainmean a tha fhathast 'nar linn féin air an cleachdadh, gu h-àraidh ainmean nan aibhnichean. B'i barail an Ollaimh Alasdair MacBheathain nach maireann, àrd-sgoileir nan Gàidheal ri a latha, gur ann do na Cuimrich (no na seann Bhreatannaich) a bhuineadh na Cruithnich, agus ged nach cuir a h-uile fear aonta ri sin, tha a' chuid as mò, agus mi fhéin 'nam measg, làn chinnteach gu robh e ceart 'na bharail. Tha iomadh ainm againn anns a' Ghàidhealtachd, gu h-àraidh air an taobh sear, nach urrainn mìneachadh a chur air o'n Ghàidhlig, ach a tha soilleir gu leoir an cainnt nan Cuimreach. Mar eisimpleir faodar a thabhairt am facal sin *Peit*, a tha ro chumanta air an taobh sear, ag ciallachadh " cuid fearainn " no mar tha e gu cumanta air a thionndadh anns a' Ghàidhlig " baile," no àite-còmhnuidh. A rithist, is e their na Cuimrich ri coille iosal *prys*, no mar their sinne *preas* ; ri coille dhlùth their iad *cardden*, mar their sinne anns an ainm a tha glè chumanta, Cinn-chàrdainn ('s e sin ri ràdh, Ceann na Coille), agus Urchardainn (is e sin *Airchoille* no Urchoill) ; ri miadan feurach their iad *pawr*, *poriant*, mar tha againne am Pórainn an Srath-Chonuinn, agus am Baile-phùir (Pitfour) agus mar sin air adhart. Chan 'eil am facal *monadh* ri fhaighinn idir anns an t-seann Ghàidhlig, ach tha e aig na Cuimrich. Nan leigeadh an ùine leam, dh' fhaodainn cha mhór na ceudan ainm a' liubhairt a bharrachd orra sin, a nochdadh cho daingean 's a fhuair an t-seann chainnt sin greim. Is e b' aobhar cur as di, gu robh na Gàidheil, a thàinig á Eirinn, na b' ealanta na na Cruithnich ; b'i a' Ghàidhlig cainnt Chaluim Chille agus na Cléir air fad, agus an déidh Choinnich MhicAilpin, b'i a' Ghàidhlig cainnt nan rìghrean Albannach agus nan

uaislean. Chaidh na Cruithnich bhochda fodha ; chaill iad an cainnt fhéin, agus b'éiginn daibh a' Ghàidhlig ionnsachadh. Ach mhair cainnt nan Cuimreach ann an Srath Chluaidh fada an déidh sin. Is ann mu thimchioll na bliadhna 1000 A.D. a b' fharsuinge sgaoil a' Ghàidhlig ann an Albainn ; aig an am sin—am cath *Charham* 's a' bhliadhna 1018—chan e a mhàin gu robh a' Ghaidhlig air a labhairt anns a' Ghàidhealtachd mar tha i an diugh, ach tuilleadh air sin eadar Dùn-éideann agus abhainn Tuaid, agus eadhon an taobh tuath Shasuinn. Bu ghlòrmhor an t-am sin, ri linn an dara rìgh Maol Chaluim, ach shiubhail e.

Mu thimchioll na bliadhna A.D. 600 thàinig na Sasunnaich an toiseach gus an tìr sin tha eadar Dùn-éideann agus abhainn Tuaid no mar their iad anns a' Bheurla Shasunnaich *the Merse*. Anns an dùthaich sin is beag a' tha r'a fhaighinn de ainmean Gàidhealach, ach tha iad ann. Chuir na Sasunnaich as do 'n chuid bu mhò de na seann ainmean, ach mu thimchioll am cath *Charham*, agus roimh sin, thàinig ainmean ùra Gàidhealach a steach.

Aig tòiseach na naoidheamh linne thàinig teanntachd mhór nan Gàidheal, an uair theirinn na Lochlannaich air na h-eileanan agus air oirthir iar Alba air fad. Is iomadh manach naomh agus is iomadh Gàidheal glan agus bean uasal agus naoidhean nēo-chiontach a chuir na daoine fiadhaich sin gu bàs fuilteach. Is iomadh leabhar prìseil agus cumhdach luachmhor a loisg iad agus a ghoid iad gun fhios an luach. Cha mhór nach do chuir iad as do 'n Ghàidhlig an Leódhas—ma bha i da rìreadh ann cheana—agus anns na h-eileanan air fad. Air a' mhór-thir ghlac iad Gallaibh (is e sin, tìr nan Gall), agus Cataibh agus a' chuid bu mhò de Ros, agus na tha eadar

Maol Chinn-tìre agus am Parbh. Anns a' chuid as mò de 'n dùthaich sin, tha e coltach gu robh a' chainnt Lochlannach air a labhairt gu cumanta feadh nan ceudan bliadhna, agus an Leódhas gu ruig a' bhliadhna 1200 no eadhon 1300 A.D. Air an aobhar sin chan iongnadh gu bheil iomadh ainm Lochlannach air feadh an taobh tuath, eadar eileanan is mhórthir. An Leódhas ged tha gu leoir de ainmean Gàidhealach, tha iad sin uile, mar their sinn, nodha ; chan 'eil blas nan seann ainmean orra. Ach ged shàraich na Lochlannaich na Gàidheil, bha iad 'nan daoine cruadalach, daoine air nach robh eagal idir. Bha na seann Ghàidheil iad fhéin cruadalach, agus cha robh na Cruithnich na bu taise. Agus c'àite anns an Roinn-Eòrpa am faighear daoine na's cruadalaiche na Gàidheil an latha an diugh, daoine a b' éiginn d'an aithrichean riamh an ceann a ghleidheadh leis an làimh dheis, sliochd nan Cruithneach, nan seann Ghàidheal is nan Lochlannach ?

II.

Bho na thubhairt mi cheana, faodar a thuigsinn gu bheil ainmean nan àitean ag cur soluis an iomadh dòigh air seann eachdraidh ar dùthcha. Tha iad a' leigeil ris ainmean nan treubhan a bha gabhail còmhnuidh an Albainn bho shean, agus nan àitean anns an robh iad a' fuireach. Gheibhear na Cataich an Cataibh, agus na Goill (is e sin, na Lochlannaich) ann an Gallaibh mu thuath agus an Gallaibh mu dheas agus an Innse-Gall. Tha na Cruithnich air an cuimhneachadh an Airigh nan Cruithneach air a' Chomraich agus an àitean eile. Tha a' Ghàidhealtachd fhéin ag ciallachadh dùthaich nan Gàidheal, agus tha Earra-Ghàidheal ag ciall-

achadh oirthir nan Gàidheal. Tha ainm nan seann Bhreatannach air a ghleidheadh fhathast an Dùn Breatann, agus an Clach nam Breatann an Gleann Falach. A thuilleadh air sin, tha na h-ainmean ag innseadh dhuinn ciod e a' chànain bha na daoine sin a' labhairt, agus, an tomhas beag no mór, an gnè teachd-beò, agus na beachdan a bh' aca mu thimchioll iomadh nì. Tha na h-ainmean ag cumail cuimhne air aodann na tìre mar bha e bho shean, air na crannaibh a dh' fhàs gu nàdurra mun deach seòrsan ùra a thoirt a steach bho dhùthchan eile—an giuthas, an darach, am beithe, an caorunn agus an cuilionn—air na boglaich a bha cho tric r' am faighinn mun deach an talamh a thiormachadh, agus air na h-àthan is na h-aiseig a b' àbhaist bhi air an cleachdadh fada mus deach rathad a dhèanamh no drochaid a thogail. A bharrachd air sin, tha iad a' leigeil ris mar bha an talamh air a roinn anns a' chearn so, no anns a' chearn ud eile de 'n dùthaich. Gheibhear an àitean an t-seann dabhach, an leth-dabhach, an ceathramh agus an t-ochdamh ; an àitean eile gheibhear am marg agus a' pheighinn, an leth-pheighinn, an fheoirlinn agus am plang ; gheibhear an so seisreach nan Gàidheal, agus an sud ung nan Lochlannach. Is fada bho 'n d' fhalbh na seann toimhsean-fearainn sin a dh' ainmich mi, ach tha iad beò fhathast agus mairidh iad beò an ainmean nan àitean. Agus air an dòigh cheudna, ged nach fhaighear a nis am broc 'n a gharaidh, no am madadh 's an dìth-reabh, no an torc 's a' choillidh, tha an cuimhne air a cumail an iomadh ainm air feadh na h-Alba.

Ach tha aon ni a tha air leth chum cliù nan Gàidheal, agus is e sin, mar a ghleidh iad cuimhne air ainmean nan daoine naomha bho shean, a thàinig 'nam measg a'

searmonachadh soisgeil na sìthe an àite teagaisg bhaoith nan druidh. Is gann gu bheil am facal *druidh* r'a fhaighinn an ainm idir an Albainn, ach dh' fhaoidte leabhar a lìonadh—agus tha leabhar brèagh air a lionadh mar tha*—leis na comharraidhean a dh' fhàg na daoine naomha 'n an déidh. Tha eileanan beaga anns a' chuan siar ris an abrar " na h-Eileacha Naomha " anns an d'fhuaradh bothain bheaga de chloich anns an robh na naoimh a' fuireach. Tha am facal *eileach* ag ciallachadh àite creagach. Nach abrar ri h-I gus an la an diugh, I Chaluim Chille, agus ris a' Chomraich, Comraich Ma-Ruibhe ? Is gann gu bheil eilean beag no mór eadar Rudha Robhanais an Leódhas agus Ealasaid a' Chuain anns nach 'eil sgeul r' a fhaotainn bho na h-ainmean air Colum Cille no air Mo-Luag, no air Maol-Rubha no air fear eile de na seann naoimh Eireannach is Albannach. Air a' chuid as mò de 'n mhórthir tha an leithid so de ainmean ceart cho pailt 's a tha iad anns na h-eileanan. Tha móran de na h-ainmean so a' tòiseachadh le *cill*, mar a tha Cill Donnain agus Cill Chaointighearn agus Cill Fhaolain agus Cill Mo-Chalmaig. Tha ainmean eile a' tòiseachadh le *cladh*, mar tha Cladh Churadain agus Cladh Mo Bhrìgh. Gheibhear mar an ceudna ainmean mar a tha Croit Eónain, Dabhach Mo-Luaig, Croit Ghuirmein, ag innseadh gu robh am fearann sin air a choisrigeadh (no air a *bhàthadh*) chum maith nan eaglaisean a bha air an suidheachadh an ainm Eónain no Mo-Luaig no Guirmein. B' ionmhuinn leis na Gàidheil na h-ionadan anns am biodh na daoine naomha ri ùrnuigh, ionadan mar bu trice àrd agus uaigneach, agus ghleidh iad cuimhne air na h-ionadaibh sin an

* *The Pre-Reformation Church in Scottish Place Names.* By J. M. Mackinlay.

iomadh *suidhe,* mar a tha Suidhe Churadain, Suidhe Chuimein, Suidhe Ma-Ruibhe, Suidhe Bhaodain, agus mar sin air adhart. Their cuid gu robh ar n-athraichean 'nan daoine borba agus fiadhaich, agus gun teagamh bha iad mar sin ri an naimhdibh ; ach tha agus bithidh e chum an cliù nach do mheas iad na naoimh mar naimhdean ach mar chàirdean a thàinig ag iarraidh an leas. Ged a bha a h-uiread de na naoimh ri saothair agus ri siubhal feadh na Gàidhealtachd air fad agus air leud, chan 'eil dearbh sgeul againn gun deach aon diubh a shàrachadh ach Donnan a mhàin ; agus chaidh esan a chur gu bàs chan ann le muinntir eilean Eige, anns an robh e fuireach, ach le fir-reubainn mara.

III.

Bu mhaith leam a nis beagan a ràdh mu thimchioll nan ainmean a tha gleidheadh cuimhne air na curaidhean calma bho shean aig an robh flaitheas agus uachdaranachd an Eirinn agus an Albainn, a réir eachdraidh agus beul-aithris nan Gàidheal, fada mun d' thàinig Sasunnaich no Lochlannaich a chur dragh air an tìr.

"A bheil dad agad air an Fhéinn ? " arsa Seumas Mac Mhuirich ri Iain Mac Codrum, am bàrd Uibhisteach. " Chan 'eil," ars' Iain, " is ged a bhitheadh, cha ruiginn a leas iarraidh a nis." Faodaidh sinn a' cheist cheudna a chur air ainmean nan àitean, gun eagal a bhi oirnn gu faigh sinn freagairt cho sgaiteach. Is fada bho 'n chuala sinn :

" Bha dà chaisteal dheug aig Fionn
An Cromghleann dubh nan clach."

agus tha fhios gur e Gleann Lìobhunn tha air a chiallachadh leis a' Chromghleann. Tha làraichean an dà

chaisteal dheug ann an Gleann Lìobhunn fhathast. Is gann gu bheil clach air muin cloiche de na caisteil sin, ach 's e Caistealan nam Fiann a their muinntir an àite riu. Chunnaic mi fhéin seachd dhiùbh 'san t-samhradh so chaidh seachad; bha na ballachan ochd troighean air tiughad, agus gun ach an aon dorus orra. Tha tuilleadh dhiùbh air taobh Loch Tatha agus air monadh Srath Thatha, agus an àitean eile de shiorramachd Pheairt agus de Earra-Ghàidheal. Tha an Fhiann air a cuimhneachadh ann an Sròn nam Fiann an Gleann dà Ruail, agus ann an Coire na Féinne an Ros, agus ainmean eile. Tha daoine foghluimte ag ràdh gur e is ceud chiall do 'n fhacal "sealgair," agus gu dearbh bu mhór an tlachd a ghabh an Fhiann an sealg nam fiadh agus nan torc allaidh. Tha an t-sealg a rinn Diarmaid air an torc nimhe gu h-àraidh ainmeil, agus có aig nach 'eil fhios mar a fhuair an treun churaidh sin bàs bho fhrioghan an tuirc? Ri taobh Loch Dubhthaich an Cinn t-Sàile Mhic Coinnich tha làrach cruinn ris an abrar Dùnan Diarmaid. Thatar ag ràdh gur ann an Gleann Lic a fhuair Diarmaid bàs, agus tha Tobar an Tuirc anns a' ghleann gus an latha an diugh. Their cuid gum b'e Beinn Ghuilbinn seann ainm na beinne ris an abair sinn a nis a' Bheinn Fhada. Tha sgeul Dhiarmaid air a sgaoileadh gu fada agus gu farsuing. Their na Cataich gum b' ann làimh ri Beinn Laghail a thachair sealg an tuirc, agus their muinntir siorramachd Pheairt gur ann an Gleann Sìthe a thachair i. Is fheudar aideachadh gu bheil Laoidh Dhiarmaid ag ainmeachadh Ghlinn Sìthe, agus tha uaigh Dhiarmaid fhathast ri faicinn ann am bràighe a' ghlinne, agus tha mi an dùil gu bheil Clach an Tuirc ann cuideachd. Ged tha iomadh sgeul againn air Fionn, sàr ghaisgeach nan

Gàidheal, chan 'eil ainm r'a fhaighinn ro thric an ainmean àitean. Tha am facal *fionn* ag ciallachadh *geal*, agus tha e r'a fhaotainn tric gu leoir an seann ainmean mar a tha Fionnalt, Fionnghleann, Fionn-airigh is e sin, an t-allt geal, an gleann geal, an àirigh gheal. Their cuid gur e as ciall do Dhrumainn no Dhruiminn " Druim-Fhinn," ach tha iad sin gu tur ceàrr 'n am barail : is e aon fhacal a tha an Druiminn, agus tha e ag ciallachadh " aig druim " no " àite droma." Ach tha e coltach gu bheil ainm Fhinn air a ghleidheadh an Suidheachan Fhinn, an Loch Bhraoin, agus an Aite Suidhe Fhinn anns an Eilean Sgitheanach, agus faodaidh e bhi an tuilleadh àitean. Tha e air aithris gu bheil uaigh Oisein, mac Fhinn, an Caolghleann Ghlinn Amain, agus tha *Oran na Comhachaig* a' dèanamh iomraidh air " Srath Oisein nam Fiann." B' e Osgar mac Oisein an curaidh bu tréine de'n Fhéinn. Tha dà chlais air Druim nam Fuath, an sgìre Loch Bhraoin, a bha air an sgoltadh le claidheamh mór Osgair, air dha bhi feuchainn ri pìobaire leigeil a mach, a bha air a chumail air éiginn anns an Uaimh Dheirg. Is e as ainm do na claisean sin Buillean Osgair. Tha clais mhór an creig ri taobh na mara an dùthaich nan Déisi an Eirinn ris an abair iad Buille Chlaidheimh Osgair, agus tha té eile ris an abair iad Buille Chlaidheimh Fhinn. Tha sin féin a' nochdadh cho dlùth 's a bha Gàidheil Albann ri Gàidheil Eireann 'n am beachdan agus 'n an seanchas. Tha e air aithris le muinntir Rois gun deach Bran, cù ainmeil Fhinn, a mharbhadh air monadh Achadh nan Allt, agus gur ann bho sin a dh' ainmicheadh Abhainn Bran agus Srath Bhrain.

Ged tha sgeul againn gun d'fhuair Cù-Chulainn ionnsachadh arm agus chleas bho Sgàthach, ban-

ghaisgeach an eilein Sgitheanaich, chan 'eil ainm r'a fhaotainn aon chuid anns an eilean no air a' mhórthir, ach tha ainm Sgàthaich beò fhathast an Dùn Sgàthaich. Tha Eilean Uisneachan an Loch Eite ag gleidheadh cuimhne air Clann Uisneach, na trì bràithrean ainmeil a theich a Eirinn do Albainn le Deirdre no Deardail, an aon bhoirionnach bu bhrèagh a chunnaic sùil duine riamh de mhnaibh nan Gàidheal. Their cuid gu bheil ainm Deirdre r'a fhaotainn an Grianan Deardail ri taobh Loch Eite agus an Dùn Deardail aig cumhang Inbhir-fairgeag, agus an Grianan Deardail a rithist an Gleann Lìobhunn ; ach a thaobh gu bheil seann fhacal *deardail* ann a tha ag ciallachadh onfhadh no sian, chan fhaod cinnt na cùise bhi againn.

AM FIADH

[Rugadh Domhnall Mac Eacharna air latha Nollaig anns a' bhliadhna 1836, an Gleann-garasdail an taobh tuath eilein Dhiùra làimh ri Coire Bhreacain. An uair a bha e fhathast 'n a ghille òg, dh' fhàg e an t-eilean agus chaidh e do Ghlaschu. Bho sin chaidh e do Dhùn-éideann, far an do rinn e a dhachaidh, agus far an do chaochail e anns a' bhliadhna 1908.

Sgrìobh Mac Eacharna 'n a òige a chuid òran fo 'n ainm "Am Bard Luideagach" anns *a' Ghàidheal* is ann am mìosachain eile, agus chuir e cruinn iad, le beagan rann a sgrìobh e anns a' Bheurla, an leabhran beag *Dàin agus Orain* anns a' bhliadhna 1897. An deireadh a laithean thug e dhuinn a bheachdan an Rosg—Sgeulachdan is Oraidean—anns an *Oban Times*, anns an *Deo-ghréine*, agus 's an *Celtic Review*. Tha a shaothair air a clò-bhualadh fo 'n ainm *Am Fear Ciùil* (1904, 1908). Leugh is mheòraich am Bard le mór-chùram na h-ùghdair as comasaiche a sgrìobh anns a' Bheurla, agus chithear gu soilleir an cumhachd thairis air a inntinn. Is gann a tha ùghdar eile againn a sgrìobh an rosg a chuir a leithid de shnas is de loinn air a smuain 's a chuir Domhnall Mac Eacharna. Chan 'eil coire r'a fhaotainn dha ach cho beag is a sgrìobh e.]

I.

Beagan bhliadhnachan an déidh turus-cuain na h-aighe gu Tir-mór, fhuaradh trì-deug de laoigh fhéidh a nuas as a' Mhonadh Dhubh, am Bràghaid-Albann. Cha bu mhò iad na uain, mìos a dh' aois ; ach gu dearbh cha robh iad fada cinntinn. Dh' fhàs iad suas mar an raineach. Bha mise aig an ám a' tighinn gu aois 'sam bu chòir dhomh bhi dèanamh rud-eigin air son mo lòin, agus chuir iad a ghleidheadh nam fiadh mi. Thugadh teann earail orm am biadhadh, an tàladh, agus am buachailleachd gu cùramach. B' i sin a' bhuachailleachd ! Bha ceart cho mhaith dhomh dol a bhuachailleachd nan eun-fraoich. Bha iad soirbh gu leoir a bhiadhadh. Dh'òladh iad de bhainne blàth gus am biodh iad an cunnart sgàinidh, is dh' itheadh iad càl is luibhean eile gu foghainnteach. Bha iad cho càllaidh ris na coin, agus cho dalma is cho liosda air son an cuid féin a thoirt a mach ris na cait. Ach air son na buachailleachd dheth : b' e sin am briste-cridhe do'n bhuachaille. A réir coltais, bha e feumail do na creutairean sin, air son iad fhéin a chumail an staid fallaineachd, tomhas àraidh de ruith 's de leumraich a dhèanamh eadar dà cheann an latha—agus gu dearbh, cha bu tric leò a' chuid sin d' an dleasnas a dhearmad—ach cha robh iad idir a' tuigsinn nach robh a leithid sin de dhian-shaothair aon chuid cho feumail no cho taitneach do 'n bhuachaille. Dh' fhóghnadh na dh'fhóghnadh dhà-san, agus cha robh iarraidh aig air tuilleadh ; ach bha cho beag eanchainn acasan 's nach robh e comasach tuigse chur 'n an cinn. Dh' fhairtlich orm riamh a thoirt orra chreidsinn nach ann ri feala-dhà bhithinn an uair a bu mhiann leam an iomain " gu cluainibh glas le sìth." Cha chreideadh duine an làn-

aighear a gheibheadh iad as an iomain sin, agus b' e am buachaille an aon bhall-spuirt aca. Ruitheadh iad chugam is bhuam ; réiseadh iad mun cuairt orm, agus leumadh iad thar mullach mo chinn ; ach an aon cheum beag cha ghabhadh iad an rathad bu mhiann leamsa. An uair a bhithinn air mo chlaoidh leo, is a' toirt dùil-suas anns an iomain, theirinn riu ann am fheirg, iad a dhol do Thigh Iain-Ghròta, nach bithinn a' strì na b' fhaide riu ; agus thilginn mi fhéin air mo dhruim air a' bhlàr. Thigeadh iad an sin 'n an ruith 's 'n an leum a dh' fhaicinn ciod an tubaist a dh' éirich do 'n bhuachaille. Dh' fheuchadh iad mi le'n sròna biorach o mhullach mo chinn gu bonnaibh mo chas, a dh' fhaotainn a mach cion-fàth mo thrioblaid. 'N an deifir thuiteadh iad tharam, is shaltradh iad fo an casan mi, gus mu dheireadh am bu bhuidhe leam leum air mo bhonn gu mo dhìon féin o'n ro-chùram a bhàtar a' nochdadh mu m' dhéidhinn. Ghabhainn-sa an sin an rathad, agus dod na dunach orm. Leanadh iad mi a' dannsadh 's a' beiceis mu m' thim-chioll, ach cha dèanadh sin ach cur ris a' mhìothlachd a bha ormsa cheana. Leanadh iad mi, mar so, a h-uile ceum gus an tigeamaid chum a' chrò anns am biodh iad ag cur seachad na h-oidhche. Thigeadh iad an sin mun cuairt domh a' putadh a chéile, is a' saltairt air mo chasan, agus a h-uile h-aon diubh a' strì ri m' phògadh. Creutairean cho aotrom, guanach, teò-chridheach, agus cho duilich a bhuachailleachd, cha d' thàinig riamh am charaibh-sa.

Cha bhiodh e chum buannachd mhóir do neach 'sam bith fios fhaotainn air na dh' fhuiling mise air tàilleabh nan creutairean gogaideach sin. Mar thuirt mi cheana, chan ann air son dad a chur ri suim ar n-eòlais mu dhéidhinn nàdur agus àbhaist nam fiadh a tha mi

sgrìobhadh nan cuimhneachan faoine so aig an am, ach a mhàin gu m' thoileachadh féin ann a bhi dèanamh so 'n a chaitheamh-aimsire as taitniche, agus nach 'eil cho mi-tharbhach, ri bhi smuainteachadh air nithean nach gabh leasachadh ; nithean mar a thà, agus nithean mar a dh' fhaodadh iad a bhi.

Faodaidh mi cunntas aithghearr a thoirt seachad air turus beag a thug mi le cuideachd na h-an-riaghailt so, an déidh dhaibh tighinn gu inbhe dhamh agus aighean, agus fóghnaidh sin mar eisimpleir air iomadh deuchainn eile a chuir iad am rathad. Bha ochd no naoi de choineunaich againn, agus bha iad sin fo m' chùram a bharrachd air na féidh. Dh' fhalbh mi, latha de na laithean, a thoirt sràid do na coin. Cha robh iarraidh againn air cuideachd nam fiadh, ach chunnaic iad a' falbh sinn, agus lean iad sinn. A nis, bha na féidh glé thoigheach air cuideachd nan con, ach cha robh ciataich 'sam bith aig na coin do chuideachd nam fiadh. An déidh dhuinn dol astar latha sàbaid, shuidh mi air cnocan bòidheach grianach, agus air ball bha na coin mu m' thimchioll ; a h-uile h-aon a' strì ri faotainn na bu dlùithe dhomh na càch. Chunnaic na féidh so, agus thàinig iad 'n an ruith 's 'n an leum, agus cha robh iad ach goirid a' réiteach àite dhaibh féin. B' éiginn do na coin bhochda teicheadh le am beatha, agus bha am buachaille féin an cunnart a bhi air a shaltairt fo an casan. Bha aon de na féidh a bha, 'n a laogh, na bu lugha na càch, agus lean e greis 'n a chranna-pheasan, ach le bhi gleidheadh aghaidh na spàine ris, bha e nis dlùth air cho mór ri càch. Bha an creutair so cho làn char ris an t-sionnach. Aon de na pratan a bhiodh e cluich an uair a bhiodh iad a' strì co bu dlùithe gheibheadh do 'n bhuachaille : sparradh e a cheann a stigh am measg chàich, agus cho luath 's a

bheireadh iad uilleag dha, dheanadh e sin 'n a leisgeul air son tuiteam trasd air a' bhuachaille. Bheireadh am buachaille faghar no dhà air na h-aisnean aige is phacadh e eadar a chasan e. Cha bhiodh tuilleadh a dhìth air, agus an uair gheibheadh e e féin a dhèanamh comhfhurtachail, shealladh e an àird mar gum biodh e farraid, "am fac thu cho tapaidh 's a rinn mi sud?" Ach air an là so bha Tómas—b' e sin ainm—cho mór, trom, is nan leiginn leis an cleas so a chluich orm, dh' fhaodainn a bhi dol dachaidh le màm-sic am chuideachd. Laigh iad sìos mu dheireadh, is thòisich cuid diùbh air cnàmh an cìr. Bha am measg nan con aon a bha 'n a chù-eunaich anabarrach maith; ach bha e nis sean, agus air fàs cho usaideach 's gun dèanadh e cùis-ghearain de'n rud a b' fhaoine. Chunnaic mi e, is e 'n a shuidhe air leth o chàch, agus coltas air a bhi fìor neo-thoilichte le staid. Dh' amhairc e an rathad a bha mi 's na deoir 'n a shùilean. Ghairm mi air, is thàinig e, agus sin mar gum b' ann glé earraigeach. Ghabh mi truas d' a chor is chàin mi na féidh ris, agus an déidh sin, chomharraich mi mach dha slios bòidheach fraoich a bha dìreach fa'r comhair, agus thug mi cuireadh dha dol a dh' iarraidh an aodainn sin dh' fheuch an robh sealg-ach a b' fhiach ann. Chuir so saod air, agus dh' fhalbh e gu toilichte. Bha té de na h-aighean d' am b' ainm Jessie, 'n a laighe làmh rium, agus an uair chunnaic i an cù a' falbh, thug i ionnsaigh air falbh 'n a chuideachd; ach rug mi air chluasan oirre, agus ghleidh mi air a h-ais i. Bha an sean chù nis a' fiaradh a' bhruthaich air ais 's air aghaidh, agus e cumail na gaoithe air a ghualainn, 's a' deanamh cinnteach as a h-uile slat de'n talamh. Bheireadh e sòlas do chridhe sealgair an cù sin fhaicinn mu thimchioll a ghnothaich.

Dh' aithnich mi air a nis, mar bha e gabhail a chùrsa, gun d' fhuair e mach an cèarn anns an robh na h-eoin, ach cha do ghabh e féin sin air. Bha e air ais 's air aghaidh, mar a bha e roimhe, ach gu robh a chùrsa dol na bu ghiorra 's na bu ghiorra, agus e ag oibreachadh suas a chum an àite anns an robh na h-eoin 'n an laighe. Bha Jessie ag cur roimpe bhi air falbh. Cha robh i tuigsinn ciod a bha an sean chù a' sireadh anns an fhraoch. Bha Jessie car neònach mar so ; dh' fheumadh ise i féin a dhèanamh cinnteach mu dhéidhinn ni sam bith a chuireadh iongantas oirre. Chan fhóghnadh leatha ach an ni sin a rannsachadh air a son féin. Bha an seann chù nis gu faicilleach a' tarruing suas ris na h-eoin, ceum an dràsda 's a rithist 'g a thoirt na bu dlùithe 's na bu dlùithe. Mu dheireadh, sheas e ; amhach sìnte roimhe, 's a shròn dìreach air an àite anns an robh na h-eoin ; earball sìnte 'n a dhéidh, agus cho rag ri crann-brataich ; trì d'a chasan air a' ghrunnd, 's a' cheathramh cas togte, deas gus an ath cheum a thabhairt nam biodh sin feumail. Sheas e mar sin gun char a nunn no nall, ach cho daingean is ged bu dealbh-snaidhte bh' ann. An uair chunnaic Jessie so, cha b' urrainn di cumail oirre féin na b' fhaide ; spìon i uam a cluasan is thog i oirre dh' fhaicinn air a son féin ciod a bha ceàrr air an t-seann chù. Ràinig i e, is chuir i a sròn air a dhruim dh' fheuch am b' ann an sin a bha an fhàilling ; ach cha do charaich esan eang. Thug i an sin roid m'a thimchioll dh'fheuch an cuireadh sin gluasad ann. Chuir sin gluasad anns na h-eoin fhraoich air an robh esan ag èaladh, agus leum iad air falbh air an iteig. An uair chunnaic an cù bochd gu robh a shaothair air a toirt gu mi-bhuil leis a' chreutair ghogaideach sin, thug e aon bhurral tiamhaidh as, agus sheall e an taobh a

bha mi, mar gum biodh e 'g a leigeil gu mo ràdh féin, co dhiùbh chunnaic mi riamh gnothach eile cho mì-chiatach ri sin. Chuir so tuilleadh iomagain air Jessie mu chor a' choin, agus bha i dol a chur a sròine air, aon uair eile, a dhearbhadh dha an truais a bh' aice ris ; ach bha so tuilleadh na b' urrainn dàsan cur suas leis, agus leum e is rug e air chluais oirre. Cha robh sin aige mar a chuid féin ; dh' éirich ise air a casan deiridh is leadair i an cù le a casan-toisich gus an robh e 's an sgiamhail. Theich e agus gearan goirt 'n a bheul, is thàinig e am ionnsaigh le casaid làidir 'n a chridhe an aghaidh na h-aighe, nam b' urrainn da a chur an céill. Rinn e mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh e ; chuir e spàg am làimh, a' leigeil ris dhomh mar bha e air a mhilleadh, is e aig a' cheart am air bhall-chrith leis an dòruinn ; an deur a bha 'na shùil, agus an ciùcharan goirt a bha 'na bheul a' tagairt a chùise féin cho éifeachdach 's ged bhiodh e a' taomadh a mach a ghearain an Gàidhlig ghrinn fhileanta Earra-Ghàidheal. A dh' aon fhacal cha robh nì talmhaidh bheireadh faochadh dha ach ceann na h-aighe a thoirt da air méis. Air ghaol sìthe, gheall mi sin da ; agus le bhi taomadh briathran truacantais 'n a chluais, bha mi, air sheòl, a' taomadh ìocshlaint 'n a chreuchdan, is mar sin thug mi sìd fhèathail mun cuairt. Ach ma thug, cha b' fhada a mhair i. Thàinig Jessie, is an uair chunnaic i an cù eadar mo ghlùinean, ghabh i nìos a dh' fhaicinn ciamar a bha e. Anns an rùn so, agus a réir a h-àbhaist, chuir i a sròn air a dhruim cho coibhneil 's a b' aithne dhi ; ach, mo chreach, leum, agus ghlaodh esan cho cruaidh 's ged a chuirte saighead ann.

Bha mi ion 's as mo chiall a' strì ri sìth a chumail eadar na creutairean sin. Leum mi air mo bhonn ; bhrist mi suas an camp, is ghabh sinn an rathad a rithist.

Bha tigh mo sheanar 's a' ghleann fodhainn, agus ghabh sinn 'n a rathad. An uair ràinig sinn, chaidh mise stigh, ach dhruid mi an dorus am dhéidh a chumail a mach muinntir na h-an-riaghailt. Cha robh aig an tigh ach mo sheanmhathair, 's i cur crìch air deasachadh arain. Thuirt mi rithe gun i dh' fhosgladh an doruis, gun robh na féidh a muigh ; ach tha amharus agam nach cuala i gu ro-mhath ciod a thubhairt mi ; bha i mall 'n a clàisteachd. Bha cruach de 'n aran a dh' fhuin i, aran coirce, air a' bhòrd, agus a' chuid mu dheireadh de 'n fhuine 'g a chruadhachadh ris an teine. Chaidh ise gu mi-fhortanach chun an doruis, agus dh'fhosgail i e. 'Stigh a bhrùchd a' chuideachd a bha a muigh. An uair thuig mise ciod a thachair, leum mi air mo bhonn, agus chuir mi an t-aran a bha air a' bhòrd an àird air déile bha fo anainn an tighe ; ach cha robh ùine air na bha ris an teine shàbhaladh ; bha sin 'n a chriomagan air an ùrlar ann am prioba na sùla. Rachadh na creutairean riasgail sin troimh theine Bhàail air son arain-choirce. Fhuair mi na coin a chur taobh a muigh an doruis ; ach mun do shoirbhich sin leam bha na féidh an déidh crìoch a chur air na bha ris an teine de'n aran, agus a' sealltainn air son tuilleadh. Fhuair Jessie a sùil air na chuir mise an àird air an déile, is leum i suas air a' bhòrd, agus bha an còrr de 'n fhuine air an ùrlar mum b' urrainn bacadh a chur oirre. Cha robh dhomh ach an slaodadh a mach air chluasan, aon an déidh aoin diùbh ; agus mun d' fhuair mise an t-aon mu dheireadh dhiùbh mach, cha robh móran a làthair de fhuine na seann mhnà. Bha mi fìor dhuilich mar a thachair ; cha robh aig a' bhoirionnach chaomh ach tionndadh ris an fhuineadh as ùr, ach bha foidhidinn mhaith aice. An déidh na rinn iad de chron, cha dubhairt i ach, " O, na creu-

tairean, nach bòidheach iad." Chuidich mi leatha an tigh a réiteach 's an t-ùrlar a sguabadh ; is an spruidhleach arain a sgap a' ghràisg feadh an tighe, thruis mi is chuir mi am phòc e, agus air eagal gun éireadh tubaist eile dhuinn, dh' fhalbh mi le mo threud.

Thug mi achmhasan do na coin air son na h-aimhreit a thog iad, agus an tàmailt a fhuair mi as an leth. Dh'éisd iad rium le an cinn crom, agus, a réir coltais, aithreachas orra air son an cuid de'n mhì-riaghailt a thachair ; ach am feadh 's a bha mi labhairt, bheireadh an seann chù sùil nuagach, an dràsda 's a rithist, an rathad a bha Jessie, a' leigeil ris gu soilleir ciod a bha 'n a bheachd. Thionndaidh mi ris na féidh dh'fheuch an gabhadh beagan oilein a sparradh orra, ach cha bu mhór a b' fheàirrde mi sin. An uair a bha mise leigeadh sìos Lagh nam Modhannan dhaibh, bha Jessie, le a soc gus an dà shùil ann mo phòca, far an do mhothaich i do 'n spruidhleach arain a thruis mise bhàrr an ùrlair. Thug i làn a beoil leatha, is cho luath 's a chunnaic càch gun robh rudeigin air mo ghiùlan, mach o nach d' thug iad an còta bhàrr mo dhroma, gus an d' fhuair iad a h-uile bruan dheth. Fhuair sinn mu dheireadh air ar n-ais chum nan cairtealan a dh'fhàg sinn 's a mhadainn, is nuair thàinig ám an treud a chur do 'n chrò, an dàil na h-oidhche, bha iad cho gaolach 's ged a bhiodh an giùlan ré an là cheart cho cliuiteach 's a b' urrainn domh iarraidh. " O, luchd nan ceann gun chéill ! "

Mu'n ám so bha dà no trì de riobagan dubha a' strì r' an cinn a nochdadh air uachdar a' chraicinn, eadar mo bheul 's mo shròn. Ghabh mi sodan nach bu bheag riù, agus bha mi fìor chùramach mu'n déidhinn ; 'g an leasachadh le ìm ùr ; 'g an slìogadh le m' mheoir, 's 'g an treòrachadh an taobh a bu mhiann leam iad a ghabhail.

Chan e gum b' fhiach am beagan a bh' ann diùbh na h-uiread so de dhragh a ghabhail riù, ach bha dòchas agam nach robh an so ach na roimh-theachdairean a bha 'g an nochdadh féin mar earlais air na bha ri teachd, agus le cothrom na còrach a thoirt daibh, ciod am fios nach faodadh am Freasdal fhaicinn iomchuidh spruidh-leach feusaig a chur 'n an cois. An ùine ghoirid thàinig an cinneas so cho fhad air adhart, 's gun robh e dèanamh seòrsa de ròibinn dubh mu m' bhilean. Bha a h-uile ni ceart gu leoir gus an d' thug Jessie fa-near ciod a bha dol air adhart. An uair a thug, b' éiginn dìthse, a réir a h-àbhaist, fios fhaotainn ciod a bha ceàrr. Cha chreideadh duine a' gheur-leanmhuinn a dh' fhuiling mise o'n chreutair ghogaideach sin air tàilleabh a' bheagain chinneis a bha an sin. A' cheud nì 's a mhadainn, agus an rud mu dheireadh 's an fheasgar, b' e Jessie a' sparradh a gnois am aodann, a strì ri greim fhaotainn air na ribeagan prìseil sin a bha cho miadhail agam fhéin. Cha diùltainn-sa Jessie a phògadh nam b' e sin na bha dhìth oirre, oir ceart mar thuirt Donn-chadh Bàn—

" Cha robh a h-anail breun
Ge b' e phògadh i ; "

ach bha fhios nam faigheadh ise aon uair a' bhileag fhochainn sin eadar a càirean 's a fiacail, nach fàgadh i bheag de fhuidheall 'n a déidh. Thàinig na ribeagan sàbhailt troimh chunnart no dhà eile, ach cha d' rinn sin iad na 's miadhaile dhòmhsa 'n diugh na bha iad 's an am an robh Jessie ag amharc nan déidh.

Bha dà dhamh 's an treud so, agus an uair chinn an cuid chabar, thòisich iad, mar is gnàth le'n seòrsa, air na cabair sin fheuchainn air duine 's air beathach, dìreach mar a bu deise. Bha mi latha àraidh ag cur seachad na

h-aimsir a' spaisdearachd a suas 's a nuas ri taobh na h-aibhne. Chunnaic Tómas mi, agus bho nach robh a bheag aige r' a dheanamh, thàinig e chumail cuideachd rium. Cha luaithe thàinig e an dlùths na thòisich e air cuid d' a chleasan fheuchainn orm. A nis bha cleasachd Thómais maith gu leoir fhad 's nach robh ann féin ach am maolcheann ; ach bho 'n a bha nis a cheann arm-aichte le sleagh 's le pìc, cha robh mi cinnteach nach faodadh an rud a bhiodh dhà-san 'n a fheala-dhà a bhi dhomh-sa 'n a dha-rìreadh. Rug mi air chluais air, agus thèoraich mi leam a chum an rathaid-mhóir e. Ghabh sinn an rathad le chéile ; esan 's a cheum cho uallach agus a cheann cho àrd is ged a bu leis féin am baile ; mise a' tachas a chluaise, 's ag innseadh dha mu chor an t-saoghail. Bha sinn mar so a' sràidimeachd air druim an rathaid-mhóir an uair a thug mise sùil uam is a chunnaic mi " banarach dhonn a' chruidh," a' tighinn dachaidh as a' bhuailidh. Leig mi as cluas Thómais agus thòisich mi air slìogadh nan ribeag a bha a nis soilleir r' am faicinn air mo bhus-uachdair, agus aig a cheart am stad mo chonaltradh ri Tómas. Thug esan fa-near ; co dhiùbh, bha e mothachail air nach robh e féin a' faotainn na h-aire sin a bha dligheach dha ; agus dìreach a thoirt sanais dhomh gun robh mi dèanamh dearmaid air mo dhleasnas, thug e bruideadh dhomh 's na h-aisnean 's thilg e an dìg an rathaid-mhóir mi. Thuit e a mach gun robh an rathad gu math na b' àirde na an dìg a bha r' a thaobh. Thug e, leis sin, beagan ùine mun d' fhuair mise mo chasan a shlaodadh a nìos as a' pholl, is an suidheachadh air talamh tioram. Tha mi smaointeachadh gun do thuig Tómas air mo ghuth is air mo chainnt, am feadh 's a bha mi streap ri bruaich na dìge, nach robh mi uile gu léir buidheach dheth ; co

dhiùbh, dh' fhan e fad na làimhe uam, is an déidh dha greis a thoirt a' dannsadh air mo bheulaibh, chuimhnich e gun robh gnothach aige taobh-eigin eile, is dh' fhàg e an sud mi, ag glanadh a' phuill de m' thrusgan, agus a' leigeil ruith le sreing de ghuidheachan, an dòchas gum beireadh cuid diùbh air Tómas ; ach cha do rug ; cha d' thug iad feachdadh air.

II.

Bha e glé iongantach r' a thoirt fa-near an t-eadar-dhealachadh a bha eadar na creutairean sin a thaobh càileachd. Cha robh a dhà dhiùbh a dh' aon nàdur. Bha an t-eadar-dhealachadh so ro-chomharraichte anns na daimh—Tómas agus Jack. Bha Jack fìor-uasal 'n a dhòigh ; cha b' fhiach leis a bhi ri peasanachd mar a bhiodh Tómas, is cha robh droch-phratan 'sam bith 'n a aoraibh. Bha na h-aighean comharraichte air an dòigh cheudna, càil fa leth aig gach aon diùbh.

Bha an t-am a nis a' dlùthachadh anns am b' éiginn dhomh-sa dealachadh ri mo threud. Cheannaich duine-uasal mór an oighreachd greis roimhe sin ; ach cha robh cabhag air a thighinn g' a faicinn. Mu dheireadh, thàinig e féin 's a luchd-coimhideachd a shealltainn an àite. Bha a' Bhaintighearna fo mhór-thrioblaid a thaobh cho fiadhaich 's a bha a h-uile nì ag amharc : beanntan gruamach ; coilltean ùdlaidh ; muir ànradhach, is gun uibhir is acarsaid air son bàta, no rathad-mór air son carbaid. "Ciod a bhuair thu," arsa ise ris a' Mhorair, "gu a leithid so dh' àite cheannach ?" "Aite," arsa ise, "gun eaglais, gun tigh-sgoil ; gun phosta tighinn na's dlùithe na seachd mìle dh' astar ; gun lighiche eadar dà cheann an eilein, agus na's miosa na

sin uile, gun ghreim de aran cruithneachd r' a fhaotainn na's dlùithe na Ceann Loch-Gilb, fichead mìle air falbh is deich dhiùbh thar fairge. Ciod idir," dh'fharraid i rithist, " a theum thu gu a leithid so dh' àite cheannach ? " Cha robh an duine còir ro-chinnteach mu'n chùis, agus smaointich e sgrìob a thoirt taobh éiginn gus an ciuinicheadh a' Bhaintighearna. Bha uinneag an t-seòmair iosail ris a' ghrunnd, is thog e i, is thug e ceum a mach air an réidhlean. Thàinig Jessie mun cuairt ; chunnaic i an uinneag fosgailte, is ghabh i ceum a stigh. Bha a' Bhaintighearna 'n a seasamh taobh eile an t-seòmair, is a cùl ris an uinneig. Bha ceum na h-aighe cho grinn, is am brat-ùrlair cho tiugh, is nach d' fhuair a' bhean-uasal an sanas a bu lugha gus an do chuir Jessie a sròn fhuar air a lethcheann. Chunnaic i, aig a' cheart ám, anns an sgàthan a bha f'a comhair, faileas an fhiadh-bheathaich a bha r'a taobh ; ghlaodh i gu cruaidh, is thuit i seachad air an ùrlar. Thàinig aon de na seirbheisich a dh' fhaicinn ciod a bha ceàrr. An uair a chunnaic e a' Bhaintighearna a' tomhas fad a droma air an ùrlar, agus fiadh-bheathach oillteil 'n a sheasamh os a cionn, thog esan sgairt-fhuathais eile, is air ball bha an còrr de na seirbheisich cruinn. Thòisich an sin ùspairn chruaidh a dh' fhaotainn na h-uilbheist so a chur a mach. Shaoil Jessie bhochd gur ann ri feala-dhà a bha iad, agus dh' aontaich i leò 's a mhionaid ; is réis i mun cuairt an t-seòmair, is leum i thar gach ball àirneis a thàinig 'n a rathad, ach a mach cha rachadh i ; c'ar son a rachadh ; nach robh a h-uilè nì g' a riar far an robh i ? Chaidh fios cabhaig a chur thun a' bhuachaille e thighinn le a ghunna, is le a chuid chon a chur as do 'n bheithir-sgiathaich a bha an los an tigh 's na bha ann a chur bun os cionn. Thàinig e, ach gun ghunna,

gun chù leis ; chuir e a làmh air sròin na h-aighe is dh' iarr e oirre a leantainn, is rinn ise sin cho toileach 's a rinn na radain Pìobaire-ballach Hamelin a leantainn. Chuir so iongantas air na Goill ; ach cha robh fhios aca gun robh crioman arain an cridhe na dèarna aig a' bhuachaille, is gun do mhothaich Jessie dha sin an uair a chuir e a làmh air a sròin. Bha a' Bhain-tighearna an droch chàs. Theab i an deò a chall leis an eagal, is bha i nis, mar gum b' ann, eadar nèamh is talamh, is gun fhios co-dhiùbh dh' fhanadh no dh' fhalbhadh i, agus sin air tachairt an àite gun fhear-sgil, gun chungaidh-leighis : " gun ìoc-shlaint an Gilead, gun léigh an sin." " O, ciod idir a thug air an duine ghòrach an t-àite a cheannach ? " Coma co-dhiùbh, bha i tighinn chuige uidh air n-uidh.

Air madainn an la-arna-mhàireach, dhùisg i le sgaoim mhóir, 's i a' bruadar gun robh an creutair gun mhodh gun nàire sin Jessie aig taobh a leapa, 's a' strì r'a pògadh an aghaidh a toile bheusaich, bhanail, féin ; ach shaoilinn nach ruigeadh i a leas a bhi cho geadasach ; bheirinn-sa an diugh sè sgillinn nam biodh i agam, air son pòig-mhaidne Jessie. Leis an aobhar oilbheim a fhuair a' bhean-uasal, is gun fhios ciod an t-ath-bhuaireadh a dh' fhaodadh a mealladh 'n a leithid so de àite, leum i air a bonn, dh' fhosgail i an uinneag, is sheall i mach. Bha a' ghrian ag éirigh air cùl nam beann 's ag cur gathan soluis troimh na neoil thana bha snàmh os an cionn. Bha an Caolas Diùrach, air nach do ràinig ach faileas nan gathan sin fathast, mar shruth mór leathann de airgiod-beò, leis gach dath a b' urrainn di bhreithneachadh a' dol 's a' tighinn air a aodann, mar an lannair a chluicheas air muineal a' chalmain. Bha an drùchd air an fheur, is boltrach chùbhraidh a'

tighinn as a' choille dlùth làimh. Air an réidhlean fo'n uinneig bha a h-uibhir de chreutairean nach fhac i riamh roimhe cho dlùth air tigh : coilich-dhubha is liath-chearcan ; easagan is cearcan-tomain ; maighich is coineanan ; 's iad uile cho neo-sgàthach 's ged nach biodh tigh no duine mar mhìle dh' astar daibh. Theagamh nach robh an t-àite cho duaichnidh 's a shaoil i. Ghabh i mu thàmh a rithist, ach dh' fhàg i an uinneag fosgailte ; bha tùis na coille ro-annasach leatha. Chaidil i gu suaineach gus an robh ghrian àrd 's an speur, 's an uair a dhùisg i mhothaich i gun robh i cho acrach ri seabhaig.

An déidh dhi a lòn-maidne ghabhail, bu mhiann leatha tuilleadh de 'n àite fhaicinn, ach mun earbadh i i féin an taobh a mach de bhallachan an tighe, chuir i luchd-coimhid a shealltainn mun cuairt, a dhèanamh cinnteach nach robh fiadh-bheathaichean 's a choimhearsnachd. Thug iadsan fios air ais nach robh creutair fiadhta 's an t-sealladh. Ghabh i a mach, a' stiùradh a ceum sìos an cois na coille, a bha nis 'n a làn thrusgan uaine. Bha iongantas oirre cho ùrar agus cho pailt 's a bha gach seòrsa luibhean a' fàs mun cuairt. An raineach féin, ar leatha nach fhac i riamh a leithid de phailteas de gach seòrsa. An fhrithraineach a' ruigheachd an àird gu a h-achlais ; cuinnlein na dubhchasaich na bu ghrinne na chunnaic i idir, is teanga-an-fhéidh cho leobhar, cuimir, is ged a bhiodh i strì ri duais fhaotainn air son meud is snas a cinneis. Bha a' Bhaintighearna mar so a' mealtainn na cùbhraidheachd a bha mun cuairt an uair chual i sporghail 's a choille. Thionndaidh i air falbh rathad eile, gun fhios nach faodadh math-ghamhainn leum a mach an taobh sin. Cha deach i ach goirid air an rathad sin an uair chunnaic i, mar a

shaoil ise, trì-fichead fiadh a' brùchdadh a mach as a' choille, is a' tighinn 'n an leum g' a h-ionnsaigh. Cha robh ann diubh ach trì-deug, ach mheudaich sùil an eagail an àireamh. Bha iad mun cuairt oirre ann an tiota, agus a h-uile h-aon a' strì ri fàilt is furan a thoirt di 'n a dhòigh féin, ach gu mi-fhortanach cha do thuig ise ciod a bha 'n am beachd ; shaoil i gur ann an rùn a h-itheadh a bha iad. Gu freasdalach, chunnaic mise an suidheachadh 's an robh a' bhean-uasal, is chaidh mi 's an eadraiginn ; ach, mo chreach, cha b' e am buidheachas a b' fheàrr a fhuair mi air a shon. 'S ann a thug i achmhasan sgaiteach dhomh a chionn nach d' thug mi oilean cubhaidh do na féidh. Mo thruaighe, ciamar a bheirinnsa do na féidh an nì sin nach robh agam dhomh fhéin ? Ach tha na h-uaislean cho mi-riasanta. Cho luath 's a fhuair a' Bhaintighearna fo dhìon an tighe, shuidh i ann am breitheanas orm féin is air na féidh, agus b' i a' bhreith luath lochdach a thug i mach : ar fògradh le chéile as a' bhaile, gun latha dàlach.

Chaidh crò mór iarainn a dhèanamh an àird' a' mhonaidh air son nam fiadh, far am faiceadh 's an cuireadh iad eòlas air féidh eile ; féidh nach deach riamh a chuallach, is nach do bhlais greim de aran coirce. An uair a bha sin deas air an son, thug am buachaille leis iad, is thug e fad-seilbh dhaibh air an dachaidh dhuaichnidh sin a bha cho mi-nàdurra dhaibh, 's a dh' fhuathaich iad le an uile neart. Chuireadh e bior ann an cridhe cloiche staid nan creutairean sin fhaicinn an uair a thuig iad a bhi ann an cunglach nach b' urrainn daibh féin a dhèanamh farsuing. Ghuidh is ghrìos iad orm 'n an dòigh féin an saorsa thoirt dhaibh. Bha Tómas a' sileadh nan deur, is a phratan gu buileach air a thréigsinn. Bha Jessie, 's a sùilean cho leathann ri

beanntaig, ag gealltainn a giùlan féin ath-leasachadh á sin a mach nam fosglainn dhaibh cachaileith na gainntir sin; ach chan fhaodadh e bhi ; chaidh a' bhinn a thoirt a mach, is cha robh laghanna nam Medach 's nam Persianach na bu neo-mhùitiche na bha òrdugh na Baintighearna. B' éiginn dòmhsa togail orm is am fàgail an sud, is cha b' e culaidh-mhulaid a bu lugha bh' air mo ghiùlan a' fàgail Dhiùra, an cor anns an d'fhàg mi mo threud bòidheach.

AN DUINE CAOMHAIL

[Thàinig na h-earrannan a leanas a mach an toiseach ann an *Life and Work*. Chaidh an sgrìobhadh leis an Urramach Domhnull Mac Laomuinn, ministir Bhlàr Athall, fear deasachaidh na pàirte de 'n phaipeir mhiosail sin a tha air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig. Rugadh Maighistir Mac Laomuinn ann an Tìr-idhe. Chan 'eil fear ann an diugh na's comasaiche na e fhéin air ar cainnt a sgrìobhadh le snas agus blas.]

Air do Chriosd a bhi teagasg ann an sionagog àraidh, dh' éirich fear-lagha aig deireadh an t-searmoin a chur ceist air. Cha b' ann air ghaol solus fhaotainn a rinn e sin ; ach bha e 'n a sheòrsa de phearsa-eaglais e fhéin, agus bu mhaith leis a dhearbhadh an làthair an t-sluaigh nach robh teagasg Chriosd fallain. " Ciod a ni mi," ars' esan, " a chum gun sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach mar oighreachd ? " Thuig an Slànuighear gu maith an seòrsa duine a bha aige ; agus an àite a fhreagairt, thubhairt e ris, " Ciod a tha sgrìobhta anns an lagh ? " " Tha an lagh an ràdh," ars' am fear-lagha, " Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le t' uile neart, agus le t' uile inntinn ; agus do choimhearsnach mar thu féin." " Is ceart a fhreagair thu," thubhairt

Criosd ris ; " dèan so, agus bithidh tu beò." Cha b' urrainn am fear-lagha a ràdh nach robh an teagasg so fallain gu leoir, ach los e fhéin fhìreanachadh, dh' fheuch e car eile agus thubhairt e, "Agus có e mo choimhearsnach." A réir teagasg nan sgrìobhaichean cha bu choimhearsnach do Iudhach ach Iudhach eile, ach bha amharus air an fhear-lagha gu robh teagasg Chriosd na b' fharsuinge na teagasg nan sgrìobhaichean, agus dh' fheòraich e a' cheist so, an dùil gum biodh an Slànuighear air a dhìteadh as a bhilean féin, an éisdeachd an t-sluaigh. Ach chunnaic Criosd an ribe a chuir an droch sgealb roimhe, agus an àite a fhreagairt anns an dòigh a bu mhaith leis, dh' innis e dha an naidheachd a leanas.

Bha duine àraidh air a thurus o Ierusalem do Iericho, agus air dha tuiteam am measg luchd-reubainn, thug iad bhuaith na bha aige, rinn iad droch ghiullachd air a chorp, agus thilg iad e taobh an rathaid, leth-mharbh. An ceann greis, có a thàinig an rathad ach sagart ? Mhothaich an sagart do'n diol-thruais a bha anns na h-ospagan deireannach, ach cha do chuir e stad 'n a cheum is ghabh e seachad. Air sàil an t-sagairt thàinig Lebhitheach, agus rinn esan an ni ceudna. Ach thachair gu robh Samaritanach ag gabhail an rathaid as an déidh ; agus an uair a chunnaic esan droch cor an fhir a bha 'n a shìneadh, ghabh e truas dheth is rinn e cobhair air. Cheangail e a chreuchdan is ghabh e cùram dheth. " Có de'n triuir so," dh' fheòraich Criosd, " a bu choimhearsnach dhasan a thuit am measg an luchd-reubainn ? " Chunnaic am fear-lagha nach robh feum dha an còrr a ràdh, oir dh' innseadh an coguis agus an tùr nàdurra do na h-uile a bha 's an éisdeachd, gun do rinn an Samaritanach gnìomh caomhail agus

gun do rinn na seoid eile gnìomh nàrach. Mar sin fhreagair e, " Esan a rinn tròcair air." Thubhairt Iosa ris, " Rach, agus dèan thusa air a' mhodh cheudna."

I. Anns a' chosmhalachd so tha Criosd a' dìteadh inntinn chumhang nan Iudhach. Bha iad an dùil nach robh suim aig Dia do shluagh air bith ach iad féin a mhàin ; bha iad air an séideadh suas le h-uabhar spioradail. Bha iad a' sealltainn sìos le tàir air gach cinneach eile, agus gu sònraichte air muinntir Shamaria. Bha seann ghamhlas eatorra ; agus ma b' fhìor na h-Iudhaich cha robh anns na Samaritanaich ach daoine aineolach, ain-diadhaidh. Chrathadh na sgrìobhaichean an ceann nan abradh tu riutha gum faodadh cuid de na Samaritanaich a bhi air slighe na beatha. Ach is e sin an dearbh rud a thubhairt Iosa ris an fhear-lagha anns a' chosmhalachd so, agus chuir e an fhìrinn m'a choinne air dhòigh cho soilleir 's nach b' urrainn e gun gabhail rithe. Theagaisg e dha gu bheil an diadhaidheachd, coltach ris a' chàirdeas, mar a chumar i ; agus nach robh anns an t-sagart agus anns an Lebhitheach ach diùgha nam fear, ged a bu phearsachan-eaglais iad. Is ann air a toradh a dh' aithnichear a' chraobh, agus do bhrìgh gu robh an cridheachan cruaidh is an-iochdmhor cha robh annta ach crìonaichean gun sùgh ann am fìon-lios Dé. Cha d' thubhairt Criosd gum bu chealgairean an sagart 's an Lebhitheach 'n an cràbhadh, ach leig e fhaicinn d' a luchd-éisdeachd nach robh aca ach coslas na diadhaidheachd gun a cumhachd. Cha mhò a thubhairt e gu robh an Samaritanach coimhlionta, ach leig e fhaicinn dhaibh gu robh iochd is uaisle 'n a nàdur a bha 'g a chur fada fada air thoiseach air an dithis eile am fianuis Dé. Bu choma leis co dhiùbh a bu choigreach no fear-cinnidh an diol-thruais a bha

leth-mharbh ; chunnaic e gum bu duine 'n a éiginn e, agus rinn e lom is dìreach air a thoirt cobhair dha. Bha iochd is gràdh bràthaireil 'n a chridhe, agus ged a bha e gun ainm na diadhaidheachd cha robh e gun a tairbhe. Ged nach robh a sheasamh aige anns an t-sionagog bha a sheasamh aige an ionad a b' fhearr, an comunn nan daoine còire aig a bheil cridhe truacanta is làmh fhialaidh is comhfhaireachadh ri anmhuinneachdan am bràithrean. Leis a' choimeas a tharruing e eadar an duine a bha còir gun a bhi cràbhach 's an fheadhainn a bha cràbhach gun a bhi còir, theagaisg Criosd d'a luchd-éisdeachd an là ud gur feàrr gnìomh na facal, gur feàrr tròcair na ìobairt, agus nach e gach neach a their ris-san, A Thighearna, a Thighearna, a théid a steach do rìoghachd nèimh, ach esan a ni toil a Athar a tha air nèamh. Agus is e toil Dhé gum biodh a chlann iochdmhor is coibhneil, deas gu maith a dhèanamh is bàigh a nochdadh ris na h-uireasbhuidhich. Chronaich e cumhangachd nan Iudhach ; agus theagaisg e dhaibh gur clann Dé iadsan uile anns a bheil spiorad a' ghràidh, co dhiùbh is Iudhaich no Greugaich no Samaritanaich iad. Mar bu leithne a bha fir-lagha na sionagog a' dèanamh am philacteridhean, is ann bu chaoile a bha iad a' dèanamh an creud ; agus bha feum aca air an fhìrinn a chluinntinn gu robh sluagh aig Dia an taobh a muigh d' an crìochan-san ; gu robh ainmean sgrìobhta ann an leabhar na beatha nach robh sgrìobhta ann an leabhar na sionagog. Chan 'eil Dia ag gabhail ri pearsa seach a chéile ; ach anns gach cinneach tha am fear a tha ag oibreachadh fìreantachd, taitneach leis.

II. Is e spiorad a' ghràidh an dà chuid, toradh is fianuis na diadhaidheachd. Is ann o Dhia a tha an gràdh ; agus gach neach a ghràdhaicheas, ghineadh o

Dhia e agus is aithne dha Dia. Tha an duine caomhail dlùth do rìoghachd Dhé, a dh' aindeoin iomadh fàillinn a dh' fhaodas a bhi ceangailte ris : tha an duine neo-thruacanta fada air falbh bhuaipe, ged nach dèan e dearmad air a chreud 's a phaidir a ràdh. Theagaisg an Slànuighear an fhìrinn so d'a dheisciobuil cho bith-eanta 's nach b' urrainn dhaibh gun a inntinn air a' chùis a thuigsinn ; agus mu choinne gach uair a chronaich e peacaidhean na feòla, chronaich e peacaidhean na h-inntinn seachd uairean. Las a chorruich gu h-eagal-ach an aghaidh uabhair is sannt is cruas-cridhe, agus thubhairt e gun rachadh eadhon na cìsmhaoir a steach do rìoghachd Dhé air thoiseach air luchd-aideachaidh de 'n t-seòrsa sin. Glé thric tha an eaglais a' dol calg-dhìreach an aghaidh an teagaisg so, agus a' dùnadh a doruis air sròn an t-Samaritanaich anns a bheil cruith-neachd cho maith ri cogull ; ged a dh'fhosglas i e do'n Lebhitheach chràbhach anns nach 'eil aon bhoinne de spiorad a' ghràidh. Tha sinn an dòchas nach 'eil sinn 'g ar mealladh fhéin cho buileach ris na Pharasaich, ach tha eachdraidh an t-saoghail a' teagasg dhuinn gu bheil e furasda do 'n eaglais tuiteam air falbh o inntinn Chriosd agus cudthrom a leigeil air nithean a bha suarach 'n a shùilean-san, is nithean air an do chuir esan cud-throm a dhìchuimhneachadh. Chan 'eil ann an diadh-aidheachd gun ghràdh ach plaosg gun bhiadh ; chan 'eil ann an creideamh gun obair ach craobh gun toradh ; chan eil ann an creideamh gun chaomhalachd ach masladh do chomunn nan naomh. " Ma labhras mi," arsa Pòl, " le teangaidhean dhaoine agus aingeal, ach gun ghràdh agam, tha mi ann am umha a ni fuaim, no ann am chiom-bal a ni gliongarsaich." Ged a dh' fhaodas iomadh bréid is toll a bhi air falluinn na fìreantachd, tha tomhas de

spiorad Chriosd air ghiùlan na feadhnach aig a bheil iochd is gràdh is caomhalachd 'n an cridhe. Agus is ann a réir an tomhais a tha aig neach de spiorad Chriosd a tha àite-seasaimh aige an rìoghachd Dhé. Esan nach gràdhaich a bhràthair a chunnaic e, chan urrainn da Dia nach faca e a ghràdhachadh. Ciod a theireadh tu ri fear-aideachaidh a tha an-iochdmhor, greannach, fuarchridheach; nach cuireadh e féin mun cuairt air son neach fo'n ghréin; nach rachadh leud a bhròige as an rathad air ghairm nan truaghan; ciod ach gu bheil e eu-coltach r'a Mhaighistir? An uair a thig latha na h-éiginn air a choimhearsnach, théid e seachad air dorus an duine sin, agus bheir e a aghaidh air an t-Samaritanach chòir a tha air taobh eile a' ghàraidh. Is coma leis có dhiùbh a tha ainm na diadhaidheachd aige no nach 'eil; is leòr gu bheil còiread is caomhalachd 'na chridhe. Ma gheibh no nach faigh Samaritanaich an t-saoghail gean-maith is beannachd na h-eaglais, gheibh iad duais as fheàrr; gheibh iad beannachd an Tì a thubhairt, "A mheud agus gun do rinn sibh e do aon de na bràithribh so agam-sa, rinn sibh dhomhsa e." Is e lagh Chriosd riaghailt ar beatha, agus is e a lagh-san, gun giùlaineadh daoine uallaichean a chéile, gum biodh iad teò-chridheach is coibhneil, ag cuideachadh am bràithrean a réir an comais. Mur dèan iad sin, tha iad air an riaghladh le spiorad olc an t-saoghail is chan ann le spiorad Dhé. Cha bhiodh e iongantach gun cuireadh an saoghal an eaglais an suarachas, ma gheibh bochdan is truaghain furtachd o na peacaich nach faigh iad o na naoimh. Is e caomhalachd an seud as maisiche ann an coron na diadhaidheachd. Tha an duine caomhail 'n a fhianuis do'n t-saoghal air maitheas is tròcair Dhé. Tha e 'n a fhasgadh a dh' ionnsaigh an tig daoine sgìth.

Tha e 'n a oladh a léighseas leòn-cridhe a bhràithrean. An uair a thuiteas a fhaileas air na creuchdaich, slànaichear iad. A' chuilc bhrùite cha bhris e. Ma dh' fheumas e neach eile a chronachadh, cronaichidh e ann an gràdh. Ma chluinneas e gun do ghlacadh a choimhearsnach am peacadh air bith, cha tionndaidh e a chùl ris, is cha dèan e tàir air ; ach bheir e air ais a shamhuil sin de dhuine ann an spiorad na macantachd. Ma ghabhas facal maith a ràdh as leth ciontaich, cha bhi e 'n a thosd. Cha dèan e ri neach sam bith ach mar bu mhaith leis Dia a dhèanamh ris fhéin.

III. Ged nach robh e am beachd an t-Slànuigheir a dhealbh féin a tharruing anns a' chosmhalachd so, faodar a phearsa naomh fhaicinn ann an cruth an t-Samaritanaich. Ann an laithean a fheòla bu bhiadh 's bu dheoch dha a bhi dol am measg a bhràithrean air thurusan na tròcair. Chuidich e leòsan a bha an teinn ; bha a chluas daonnan fosgailte do ghlaodh an uireasbhuidhich ; thug e misneach dhaibhsan a bha call an neirt ; ghuil e maille riùsan a bha ri caoidh. Dh'fhuiling e anacainnt o pheacaich, ach cha do sgìthich a ghràdh is cha do theirig a fhoidhidinn no a chaomhalachd. Cha b' ann a sgiùrsadh pheacach le briathran teinnteach a thàinig e do'n t-saoghal ach g'an teàrnadh ; cha robh dad de ghné an t-sagairt ann, ach móran de ghné an t-Samaritanaich ; agus is e sin a thàlaidh peacaich is anfhannaich g' a ionnsaigh. Thuit a choibhneas mar fhrasan mìne air an anam, is thàinig an dìthreabh fo bhlàth mar an ròs. Fo bhuaidh a chaomhalachd dhùisg aithreachas an cridheachan air nach cuireadh fìreantachd fhuar nam Pharasach impidh. O, a Shlànuighear chaoimh, is tusa caraid nam peacach is dòchas an t-saoghail ; ma tha thu air do dhìmeas is

air do chur air chùl le daoine, is e an t-aobhar gun d'fholuicheadh uapa flathas do ghnùise is iochd do chridhe, agus nach faca iad fhathast thu mar a tha thu. Ma thogar suas thu am maise do chaomhalachd, tàirngidh tu na h-uile dhaoine ad ionnsaigh. An uair a chì iad an Rìgh 'n a mhaise bheir iad an cridhe dha 'n a thabhartas saor-thoile. Ged nach 'eil sinn a' faicinn nan uile nithe fathast air an cur fo a cheannsal, is esan Rìgh nan rìghrean agus mairidh a uachdaranachd fad nan uile ghinealach, oir is a shlat-shuaicheantais, *Gràdh.*

AN DUINE SAOGHALTA.

Is e Lot is a sheòrsa a bha aig Criosd 's an t-sealladh an uair a labhair e mu dhaoine " a tha ag cluinntinn an fhacail ; ach tha ro-chùram an t-saoghail agus mealltaireachd beairteis a' tachdadh an fhacail, agus bithidh e neo-thorach."

Tha e coltach gun do shoirbhich an saoghal le Abraham is mac a bhràthar anns an Eiphit, oir air dhaibh suidheachadh air sléibhtean Bheteil, cha ghiùlaineadh am fearann an cuid spréidhe leis cho lìonmhor 's a bha iad. An uair a chunnaic Abraham còir mar a bha cùisean, agus a chuala e mu'n iorghuill a bha am buachaillean a' dèanamh mu chòraichean feoir is uisge, thubhairt e ri mac a bhràthar gum b' fhearr dhaibh, air ghaol réite, am fearann a roinn. An àite croinn a thilgeil, thairg e gu h-uasal do Lot a roghainn a ghabhail de na bha m'a choinne—" Ma ghabhas tu dh' ionnsaigh na làimhe clìthe, an sin théid mise

dh' ionnsaigh na làimhe deise ; agus ma ghabhas tu dh' ionnsaigh na làimhe deise, an sin théid mise dh' ionnsaigh na laimhe clìthe." Cha bu leasg le Lot sanntach am bonnach mor a thaghadh. An àite urram na h-aoise a thoirt do'n t-seann duine, ghabh e gu h-ealamh an cothrom a fhuair e, agus thagh e na machraichean ìosal a bha air an uisgeachadh gu maith, cosmhuil ri gàradh Iehobhah. Dh' fhàg e Abraham air ruigheachan lom Bheteil, agus shuidhich e a bhùth aig Sodom.

Chaidh na bliadhnachan seachad. Shoirbhich a chùisean saoghalta le Lot, ach cha b' urrainn e a ràdh gun do thuit a chrannchur an ionad taitneach. Ràinig aingidheachd Shodoim a leithid de àirde 's nach robh dha ach dùil eagalach ri breitheanas agus fearg theinnteach. Tha am fear a sgrìobh leabhar Ghenesis a' tighinn thairis air rud no dhà ann an eachdraidh Lot (caib. xix.) ris nach 'eil fhios againn ciod a their sinn. Faodar a bhi cinnteach nach cuireadh e sìos na nithean sin mur bitheadh e an dùil gun cuireadh iad solus air freasdal Dhé agus air gnè muinntir Shodoim. Ach chan 'eil fhios againn ciod an dòigh anns an còir dhuinn na naidheachdan sin a ghabhail, co dhiùbh a ghabhar iad gu litireil no air dhòigh eile ; agus mar sin fàgaidh sinn iad mar a tha iad ; leigidh sinn le ar luchd-leughaidh an gabhail ann an dòigh air bith a chomhairlicheas an tùr 's an eòlas féin daibh.

Thug teachdairean an Tighearna rabhadh do Lot am baile fhàgail gu grad, agus gach duine a bhuineadh dha a thoirt leis. Rinn a dhìlsean fanoid air, an uair a dh' innis e dhaibh mar a bha ri tachairt ; agus air a' mhaduinn air an do sgriosadh am baile rinn Lot féin moille. Bu cheum air ghàig leis Sodom fhàgail, oir far an robh a ionmhas, an sin bha a chridhe. Bha cridhe

Lot ann an reamhrachd an fheuraich, agus coltach ri daoine eile, bha e duilich leis dealachadh ri nithean anns an robh a shùil 's a chridhe, ged a bha làn fhios aige gum b'e a ghliocas sin a dhèanamh. Ach bha teachdairean an Tighearna coibhneil ris; rug iad air làimh air fhéin, 's air a mhnaoi, is air a dhithis nighean; agus thug iad a mach as a' bhaile iad, ag ràdh ris, "Teich air son do bheatha; na seall ad dhéidh, agus na stad 's a' chòmhnard uile; teich do'n t-sliabh air eagal gum millear thu."

Ann an solus na dh'innis am fear a sgrìobh leabhar Ghenesis dhuinn mu bheatha Lot, chan 'eil e duilich a thuigsinn ciod an seòrsa duine a bha ann; agus cha mhò a tha e duilich a thuigsinn ciod an leasan a tha a bheatha a' teagasg do shluagh an Tighearna anns na laithean deireannach so. Faodar a ràdh gum bu duine diadhaidh e, a theab a bheatha is anam a chall leis an t-saoghaltachd a bha gu furasda ag iadhadh uime. Tha e soilleir gum b' e so beachd an fhir a sgrìobh eachdraidh a bheatha, oir ged nach 'eil e 'g a mholadh an dòigh air bith, agus ged a tha e ag innseadh gun d'thug e mòran trioblaid is carraid air fhéin le shaoghaltachd, tha e ag ràdh gun do mheas Dia Lot cho airidh air fhàbhar 's gun do chuir e theachdairean, a dh' aon ghnothuch, 'g a theàrnadh á Sodom. Tha an t-abstol Peadar a' toirt cliù maith air, 2 *Pead.*, ii., 7, 8. "Lot ionraic, a bha air a shàrachadh gu mór le caitheamhbeatha neòghlan nan daoine ain-diadhaidh; oir an t-ionracan sin, an uair a bha e ag gabhail còmhnuidh 'n am measg, chràidh e a anam ionraic o là gu là, le an gnìomharan mi-laghail." Tha e furasda gu leoir a thuigsinn c'arson a tha ìomhaigh Lot na's bòidhche an litir Pheadair na tha i an leabhar Ghenesis. Ann

an Genesis tha e air a chur 'n a sheasamh ri taobh Abrahaim, agus bha athair nan creideach 'n a dhuine cho mór agus cho gasda air gach dòigh nach sealladh fear a b' fheàrr na mac a bhràthar ach glé shuarach làimh ris. Ach chuir Peadar 'n a sheasamh e ri taobh muinntir Shodoim ; agus an coimeas ris an h-eucoraich sin bha e 'n a dhuine stuama, ceart. Bha e ionraic an coimeas ris an h-aingidh, dìreach mar a sheallas duine anns nach 'eil ach àirde chuimseach 'n a fhamhair am measg chrotanach.

Faodar a chreidsinn nach robh Lot sona ann an Sodom, a dh' aindeoin pailteas na tìre is lìonmhoireachd a spréidhe. Cha bhiodh e furasda do neach a dh' éisd aon uair ri conaltradh Abrahaim, éisdeachd le tlachd ri trusdaireachd Shodoim ; agus ged a bha e 'n am measg, cha b' ann dhiùbh e. Thàinig e o dhaoine cneasda, agus air cho saoghalta 's gun robh e, bha uaisle 'n a nàdur nach leigeadh leis cuid no pàirt a ghabhail am baoth-shùgradh na gràisge. Ach ma bha a choguis 'g a theumadh an dràsd 's a rithist, ag iarraidh air a chasan a thoirt leis agus comunn nan daoi fhàgail, bha a shaoghaltachd 'g a tharruing an rathad eile, ag iarraidh air fantuinn far an robh e. Is e sin a rinn e. Air dha a bhi air a mhealladh le dia an t-saoghail so, dh' fhan e an Sodom gus mu dheireadh am b'fheudar do aingeal an Tighearna a spìonadh a mach as a' bhaile, mar aithinne as an teine. Chaill e na bha aige, agus chaidh e mach gu Soar gun chrodh, gun chuid, gun daoine. Aig deireadh an latha, bu bhuidhe leis fasgadh fhaotainn an uaimh.

Ged nach do choisinn Lot an saoghal air sgàth an do chuir e a anam an cunnart, agus ged a chaill e na nithean air an do leag e a chridhe, chan 'eil fiosrachadh ar

beatha a' teagasg dhuinn gu bheil sin a tachairt daonnan, no gu bheil cuibheall an fhortain a' tionndadh an aghaidh an duine shanntaich aig deireadh an latha. Uair a thà, is dà uair nach 'eil. Ach tha call ann as miosa na call codach. Ged nach robh fhios aige fhéin air, thainig call a bu mhotha air Lot anns na bliadhnachan anns an robh e a' soirbheachadh gu mór, na thainig air an uair a chaill e a chrodh 's a mhaoin. Am feadh 's a bha a bhodhag a' fàs reamhar, bha a anam a fàs caol. An uair a tha daoine air am beò-ghlacadh le sannt is saoghaltachd, gun chuimhne aca air Dia no sìorruidheachd, gun nì fo 'n ghréin a' tighinn fodhpa ach buannachd shaoghalta, tha iad ag call bhuadhan inntinn is anama nach tig air ais chuca gu bràth tuilleadh. Falbhaidh na buadhan sin gu sàmhach, gun trompaid a shéideadh, air chor agus nach aithne dhaibh an lomnochd. Is lìonmhor iad a tha ag ràdh, " Tha mi beartach, agus fhuair mi saoibhreas, agus chan 'eil feum agam air nì air bith " ; agus gun fhios aca gu bheil iad truagh, agus dall, agus bochd, agus lomnochd. Tha sinn uile an cunnart a bhi air ar toirt a thaobh le saoghaltachd, agus is mòid an cunnart do bhrìgh nach 'eil an gàradh-crìche eadar crionnachd is saoghaltachd ach ìosal. Tha e cho furasda do'n duine chrionna leum thairis air 's gur e an gliocas dha a bhi daonnan 'n a earalas, air eagal gun tuit e fo dhraoidheachd an t-saoghail. Cha ruigear a leas rabhadh a thoirt do'n mhórchuideachd de dhaoine an aghaidh pheacaidhean a tha gràineil is maslach am fianuis dhaoine, oir chan 'eil na peacaidhean sin ag iadhadh umpa ; ach tha feum againn uile a bhi 'n ar faicill an aghaidh nan naimhdean a thig chugainn an cruth bòidheach, is tiodhlacan 'n an làimh. Is ann diùbh sin saoghaltachd. Mur tric

a théid creidich a bhlais deagh thiodlac Dhé thairis gu buileach gu Sàtan, is tric a théid iad thairis a dh' ionnsaigh an t-saoghail. Tha iad ullamh gu bhi air an cuibhreachadh le cuing nan nithean a ta làthair, air chor agus nach 'eil ùine no toil aca an aire a shocrachadh air na nithean ata neo-fhaicsinneach agus sìorruidh. Gun e bhi 'n am beachd dearmad a dhèanamh orra, tha an dearmad air a dhèanamh. An uair a thachras sin, cha bu chall ach buannachd dhaibh gun tigeadh teachdaire o Dhia, ged a b' ann an riochd bròin no tinneis no call codach, a dhùisgeadh as an cadal iad, mar a bha Lot air a dhùsgadh an uair a theab reamhrachd a' chòmhnaird a anam a chur fo gheasaibh.

Chan 'eil e coltach gun d' iarr e solus no seòladh o Dhia, an ám dha a chrannchur a thaghadh. B' e sin toiseach a sheachrain 's a thrioblaid. Air ghaol buannachd shaoghalta rinn e a dhachaidh an Sodom, àite anns nach bu mhaith le duine glic a bhean no a chlann fhaicinn. Ach bu daor a phàigh e air a shon, oir, an ceann beagan ùine, thruaill droch chomhluadar an coimhearsnach an deagh bheusan, agus dh' fhàs a bhean cho toigheach air Sodom 's air pràbar a' bhaile 's nach iarradh i fhàgail. Co dhiùbh dh'fhairtlich air a toirt leis as. Cheangail cuid d'a nigheanan iad féin gu neochothromach ri mi-chreidich, agus mhill drabastachd a' bhaile beusan chàich cho buileach 's nach robh annta ach diùgha nam ban. Ged is seann naidheachd so, is naidheachd ùr i mar an ceudna ; tha móran phàrantan an diugh fhathast a' dèanamh a' cheart nì a rinn Lot. Gabhaidh iad na ceumannan as sòluimte 'n am beatha gun an comhairle a chur ri Dia. Ann a bhi cur an cloinne air cheann na slighe, cha tig rud eile fodhpa ach inbhe is buannachd shaoghalta fhaotainn dhaibh.

Leagaidh iad an sùil air na poitean-feòla, ach cha tog iad an sùil ri Dia. Air iarrtus ana-miann nan sùl is uabhar na beatha, cuiridh iad balaich is caileagan òga am measg chunnartan is bhuairidhean a dh'fhaodas an anam a sgrios. Ach glé bhitheanta chi iad an déidh làimhe gun do rinn iad droch mhalairt agus gun do cheannaich iad crannchur an cloinne ro dhaor. Is fheàrr am bonnach beag le beannachd na am bonnach mór le mallachd.

Tha an Sgriobtur a' teagasg gun do theàrnadh Lot o sgrios air a' cheann mu dheireadh, ach faodar a ràdh gun deachaidh e a steach do rìoghachd Dhé, bacach air a shliasaid. Shaoradh e mar tre theine. Bha a chridhe làn chopagan is droighinn, ach bha cluaineagan de thalamh maith ann mar an ceudna ; agus ged a tharruing a shaoghaltachd air falbh e o shligheannan subhachais Bheteil gu clàbar làthaich Shodoim, thuig e ann am feasgar a laithean a sheachrain, agus thàinig e air ais gu Buachaille agus Easbuig a anama. Ach tha a bheatha a' seirm nam briathran 'n ar cluasan, " Ciod an tairbhe a tha ann do dhuine, ged chosnadh e an saoghal uile, agus e féin a bhi air a mhilleadh no air a chall ? "

ANNS A' CHOILLE BHEITHE

Air madainn Di-luain tha e mar chleachdadh agam sgrìob a ghabhail an coille bheithe a tha air cùl mo thighe ; agus ged a bhios mi, air uairean, a' toirt rabhaidh do dhaoine eile mu 'n inntinn fhalaimh, feumaidh mi aideachadh nach bi móran a' dol troimh m' inntinn féin aig na h-amannan sin as fhiach tighinn thairis air.

Bha fear de mo choimhearsnaich anns a' chléir ag innseadh dhomh o chionn ghoirid gu bheil a inntinn-san air ghleus cho maith 's gun téid aige air beachd-smuaineachadh air nithean dìomhair is domhain an uair a bhios e ag coiseachd an rathaid no ri obair anns an lios. Tha mo charaid 'na ghàirnealair sònruichte, agus ma tha a shearmoin cho gasda ris na ceirslean càil agus na currain agus na h-ùbhlan a chunnaic mi 'n a lios an deireadh an fhoghair, chan 'eil aobhar gearain aig a shluagh. Ach ged a tha farmad agam-sa ris an t-seòrsa dhaoine as urrainn an smuaintean a chur an altaibh a chéile an uair a bhios iad a' ruamhar an talmhanta no a' frithealadh do sheilleinean, dh' fhairtlich e riamh orm dà obair a dhèanamh aig an aon ám.

Tuigidh tu uaith so, a leughadair, nach robh smuaintean cudthromach sam bith a' ruith am inntinn-sa, an uair a shuidh mi air a' mhadainn ghrianaich so air stoc craoibhe far a bheil sealladh farsuing agam air gleann cho àillidh 's a tha r'a fhaicinn an Albainn air fad. Tha an geamhradh seachad ; tha ám seinn nan eun air teachd ; agus cha chualas riamh aig Mòd Gàidhealach còisridh cho binn ris a' chòisridh a tha togail nan luinneag anns a' choille bheithe so an dràsda.

Bu mhaith leam a chreidsinn gur h-ann a chur fàilte na maidne orm a thog an lon-dubh a tha seinn air a' phreas ud thall a ghuth ceòlmhor. Tha aobhar aige a bhi 'nam chomain, oir is tric a fhuair e a lòn o m' làimh air latha geamhraidh, an uair nach robh e furasda dha a theachd-an-tìr fhaotainn air dhòigh eile. Tha e furasda gu leoir dhomh a aithneachadh am measg chàich, oir tha ite gheal am bàrr a sgéithe. Shaoileadh tu an uair a thogas e fonn nan òran, nach 'eil eun cho naomh no cho blàth-chridheach ris air thalamh, agus

theireadh tu nach biodh e comasach gun tigeadh ceòl cho nèamhaidh á bodhaig olc ; ach is e an fhìrinn nach 'eil anns a' chruiteir ris a bheil mise ag éisdeachd le a h-uiread tlachd ach creutair féineil, mosach. Mheall e mi gu mór. Chan 'eil a leithid de nì is truas 'n a chridhe.

An uair a chuirinn a mach air bonn na h-uinneig spruidhleach arain, bha mi ag ciallachadh gum b'e làn di-beatha gach eoin air an robh an t-acras a chuid a ghabhail de'n chuirm. Ach ged a bha barrachd bìdh mu choinne an loin-duibh na b' urrainn dha a chur 'n a bhroinn, bha de shannt anns a' chreutair mhosach-sa nach leigeadh e le brùdhearg, no glaisean, no bricean-beithe an gob a chur air. An uair a dh' fheuchadh iad ri criomadh fhaotainn, thogadh e a sgiathan, agus le colg eagalach bhiodh e 'n an caraibh gus anı bu bhuidhe leo fasgadh fhaotainn anns an eidheann o chorruich na béisde. Cha do rinn rìghrean borb na h-àird an Ear riamh làmhachas-làidir no aintighearnas air an ìochdarain na bu chruaidhe na rinn an lon-dubh so air na h-eoin eile.

Ach thachair a sheise ris mu dheireadh. Tha coileach peucaig agam, agus tha e coltach gun do thuig esan mar a bha cùisean. Cho luath 's a chluinneadh e an uinneag 'ga togail thigeadh e, le ceum stàtail, a dh' ionnsaigh na cuirme. Ghabhadh e a chuid fhéin de na bha dol, ach ged nach cuireadh e dragh sam bith air an h-eoin bheaga, cha leigeadh e leis an lon-dubh aon lan-beoil a thogail. Chan 'eil fhios agam-sa ciod a bha am brùdhearg 's am bricean-beithe ag ràdh riu féin an uair a thàinig an tionndadh ud air cuibheall an fhortain, oir cha do thuig mi an cainnt ; ach bha e furasda gu leoir dhomh a thuigsinn ciod a bha an lon-

dubh ag ràdh ris a' pheucaig 'n a shuidhe air meanglan craoibhe an sealladh na cuirme aig nach faodadh e suidhe. An dràsd 's a rithist leumadh e os cionn na peucaig, ag crathadh a sgiathan 's a' sgriachail gu h-oillteil. Cha robh móran ciuil 'n a ghuth, 's cha b' e am port a b' fheàrr a bha 'n a bheul. An uair a théid duine no beathach bhàrr a shiuil, 's a thòisicheas e air mionnachadh, tha e furasda gu leoir a thuigsinn ciod a tha e ris, co dhiubh a bhios e a' toirt faochaidh d'a dhroch nàdur am Beurla, no Fraingeis, no Greugais, no eadhon an cànain nan eun ; agus bha guidheachan an loin-duibh air uairean cho gàbhaidh 's cho sgreataidh 's nach leigeadh mo nàire leam-sa an cur sìos air an duilleig so.

Ach tha fuachd is acras a' gheamhraidh seachad, agus faodar maitheanas a thoirt do'n lon-dubh air sgàth a chiuil mhaisich leis a bheil e a' togail mo chridhe air a' mhadainn so. Ged a tha mise a' faotainn maith nan dàn a tha esan a' seinn, tha mi glé chinnteach nach ann air sgàth mo thoileachaidh a ghleus e a ribheid, ach 'g a thoileachadh fein, agus a chur an céill gaol a chridhe do leannan air choireigin a tha am folach anns an doire.

Bithear ag ràdh nach 'eil anns an lon-dubh ach pìobaire an aona phuirt, ach chan 'eil sin fìor. Dh' atharraich e port ceithir uairean o shuidh mise air an stoc craoibhe so, agus is e so fear de na puirt a sheinn e, facal air an fhacal :—

Bun a' ghuib, bun a' ghuib,
Bàrr a' ghuib, bàrr a' ghuib,
Eun dubh air an nead,
Sheinn an lon-dubh,
Eun dubh, ho, ho, ho,
Gràdh air na feadagan.

Ach ged a chuir òran an loin-duibh mo smuaintean bhàrr an cùrsa car greis, agus a thug e orm tarruing a thoirt air nithean nach robh idir air m' aire an uair a shuidh mi air an stoc craoibhe air a bheil mi am shuidhe, tillidh mi a nis air m' ais a dh' ionnsaigh an rùin àraidh a bha am inntinn, an uair a dh' iarr mi sàmhchair na coille beithe air a' mhadainn ghrianaich so. Ged is nàrach e r'a ràdh, chuir mi romham gun dèanainn aoir.

Feumaidh mi innseadh dhuit gu bheil mi air mo shàrachadh leis na radain, a tha an impis m' fhàrdach a chur fodhpa fhéin. Cha ruig mi leas mo ghearan a dheanamh ris a' chléir, oir tha na biasdan cho beag-nàrach 's nach toir iad hó-ró air lagh na cléire. Thug bana-charaid chòir cat dhomh ; ach tha an cat air fàs neo-dhleasanach ; agus an àite bhi ag oibreachadh gu dìchiollach air son a lòin, chan 'eil dad a' ruith 'n a inntinn o thàinig an t-earrach ach a bhi a' suirghe air cait Bhail-uaine. Tha e cho glan 'n a bhian 's cho deas 'n a phearsa ri cat 's an dùthaich, ach chan 'eil ann ach ramalair gun fheum.

An toiseach a' gheamhraidh cha robh mun cuairt an tighe so ach aon radan ; agus ged a bu choma leam ged bhithinn as eugmhais stairirich an fhir sin fhéin, cha do ghabh mi móran umhail dheth, oir bha e 'n a chreutair ciallach aig an robh urram do'n t-Sàbaid. Mu Shamhuinn dh' fhàg e an fhàrdach so, agus chaidh e air imrich air choireigin ; ach air là Fhéill Brìghde thàinig e air ais, agus ma thàinig, cha b' ann 'n a aonar. Tha bean is clann is oghachan aige a nis, agus is e sin an teaghlach gun smachd. Eadar bìogail is gearradh-leum is stairirich nam biasdan, bha e cho mhaith dhomhsa an tigh fhàgail aca fhéin, oir dh' fhògair iad gu buileach an t-sìth is an t-sàmhchair a bha riaghladh anns an

tigh so. Ma bha urram aig an t-seann fhear do'n t-Sàbaid, chan 'eil sin aig an òigridh ; agus is e oidhche na Sàbaid an aon oidhche aca air son cuirm is fleadh-achais. Tha amharus agam gu bheil iad a' toirt cuiridh do gach radan eadar Bruar is Ceann na Coille tighinn air chéilidh orra air oidhche na Sàbaid, agus chan e sin céilidh nan uaislean. Cha bhi iad fada còmhla an uair a théid an ceòl air feadh na fìdhle, 's a théid na seoid air mhire-chatha. An raoir ghabh iad an cuthach gu buileach.

Bha caraid còir 'gam amharc o chionn ghoirid, agus air dhomh innseadh dha mar a bha sìth mo thighe air a milleadh leis na radain, thuirt e rium, " Dèan thusa aoir dhaibh, agus cuiridh sin teicheadh orra." "Aoir," arsa mise ; " Seadh, aoir," ars' esan. Tha mo charaid anabarrach fiosrach air seann nithean, agus dh' innis e dhomh gun d' fhuair na h-aithrichean glic a mach o chionn nan ceudan bliadhna nach seas an radan as dalma ri aoir, agus gur feàrr leis dol troimh theine is troimh uisge seach éisdeachd ri rannan anns a bheil fochaid air a dhèanamh air. Cha b' urrainn da innseadh dhomh ciod is aobhar do'n nì iongantach so, ach bhóidich e gur h-e smior na fìrinn a bha e a' labhairt, agus dh' aithris e dhomh rannan leis an d' fhuadaich fear a bha am Bàideanach na radain o shabhal Bhialaid gu Dail na Spideil, agus rannan eile leis an do chuir Fear Srath-Mhathaisidh sgaoth dhiùbh a thoirt lom sgrios air òsdair nach bu toigh leis an Dùn-Chaillionn. Chan 'eil cuimhne agamsa ach air aon rann de na chuala mi.

Ma ghabhas sibh mo chomhairl', a radain,
Trusaidh sibh oirbh is bidh sibh falbh ;
Ma théid mis' a dhèanamh aoir dhuibh,

Cha bhi aon agaibh gun chearb ;
Chan 'eil cat eadar Ruadhainn
Is bràigh Chluainidh nach bi sealg ;
Is ann an sabhal Bhialaid
Gheàrr sibh an snàth as a' bhalg.

Cha robh fhios agam-sa gu bheil faireachduinnean maoth is tìom aig creutairean cho olc ris na radain ; ach tha làn chreideas agam am facal mo charaid ; agus an déidh na gleadhraich 's na h-ùpraid a rinn iad an raoir, chuir mi romham nach rachadh grian eile fodha gus am faigheadh iad an dìomoladh ann an Gàidhlig chruaidh Thirisdich.

Their thusa rium, a leughadair, gur suarach an obair e do dhuine a tha ag gabhail air a bhi glic, a bhi 'n a shuidhe air stoc craoibhe air madainn Di-luain a' deanamh aoir do radain. Tha mi glé chomia ciod a their no shaoileas tu ; ach ma tha éifeachd anns an leigheas a thug mo dheagh charaid dhomhsa, chan 'eil radan anns a' bhaile so nach bi a earball air a ghualainn a nochd a' dèanamh air Peairt.

GAISGEACH NA SGEITHE DEIRGE

[Fhuaradh a' mhór-chuid de 'n sgeulachd ghrinn so an Eilean Cholbhasa. Dh' aithris an sgeulaiche, Iain Mac Gille-bhràth, i do 'n fhóghlumaiche Ileach, Eachann Mac Gill-eathain, agus chuireadh a mach i an leabhar Iain F. Caimbeul, no mar a theireadh a luchd-dùthcha ris, Iain Og 'Ile (*West Highland Tales*). Fhuair an t-Urramach Coinneach MacLeoid a' cheart sgeulachd an Eilean Eige, agus thàth e a' chuid sin a bha ùr dhith ris an sgeulachd Cholbhasaich, is chuir e mach an t-iomlan anns an *Celtic Review*. Is e saothair an tàthaidh sin ata againn an so.]

Bha ann roimhe so Rìgh Eireann, is dh'fhalbh e fhéin, 's a shluagh, 's a laochraidh, 's a mhaithean, 's a mhór-uaislean do'n bheinn shithinn agus sheilg. Shuidh iad,

's iad sgìth fann airsnealach, air cnocan dath-uaine daite far an éireadh grian gu moch agus an laigheadh i gu h-anmoch. Bha na mialchoin air lomhainn 's na gaisgich air an uilinn, agus an déidh dhaibh an cuibheas a ghabhail de bhiadh 's de dhibh, thuirt an rìgh gum b' ait leis fhéin a nis treis air cantainn nan sgeul, los togail cinn is cridhe thoirt daibh. Chaidh an cruitire air ghleus :—

" Sheinneadh e puirt is uirt is cruitean,
Ruitheanna teudor, ruitheanna tairteil,
Curaidhean 's laoich is aoig mu 'n casan.
Aoig is ainn is boile is buaireas,
'S gun cuirte 'n a shìor shuain
An saoghal mór gu léir
Le binnead a' phuirt shìogaidh
A sheinneadh an cruitire."

Ars' am fear bu luaithe beul na chéile : " Bha iad ann gun teagamh, curaidhean is laoich is aoig mu 'n casan—ach có a nis, an ceithir ranna ruadha an domhain, aig am biodh a chridhe tàir agus tailceas a dhèanamh air Rìgh na h-Eireann, is e am meadhon slòigh agus laochraidh, móruaislean is maithean a rìoghachd fhéin ? " " Nach amaideach sibh," ars' an rìgh ; " dh'fhaodadh e tighinn fear a dhèanadh tàir agus tailceas ormsa, is nach b' urrainn sibh an rioba bu mhiosa 'n a fheusaig a thoirt aisde." Mun gann a bha na facail mach as a bheul, chunnacas dùbhradh froise an iomall a' chuain, a' tighinn o 'n aird-an-iar is a' triall do 'n aird-an-ear, is marcaiche fàlaire duibhe tighinn gu sunndach 'n a déidh.

" Mar churaidh air tìr nan sléibhte,
Mar reul air na rionnagan,
Mar mhuir mór air lodannan,
Mar ghual guibhne gobha

'Ga bhàthadh aig taobh na h-abhann,
'S ann mar sin a dh' amhairceadh fir agus
mnathan an domhain làimh ris,
An dealbh, 's an dreach, 's an cruth, 's an aogas."

Labhair e riu, mar a b' fhearr a b' aithne dha, am briathra fiosnacha, foisneacha, fìor-ghlic, fìor-eòlais; is mun robh an tuilleadh seanchais eatorra, cuirear thairis an dòrn, buailear an rìgh eadar am beul 's an t-sròn, cuirear trì fiaclan as, ceapar 'n a dhòrn iad, cuirear 'n a phòc iad, falbhar mar thàinig an dùbhradh froise. "Nach dubhairt mi," ars' an rìgh, "gum faodadh e tighinn fear a dhèanadh tàir agus tailceas ormsa, agus nach b' urrainn sibh an rioba bu mhiosa 'n a fheusaig a thoirt aisde."

Bhóidich an so a mhac mór, Ridire Chùirn, nach itheadh e biadh, 's nach òladh e deoch, 's nach éisdeadh e ceòl, gus an tugadh e bhàrr a' ghaisgich a bhuail an dòrn air an rìgh, an làmh a bhuail. "An t-aon ceudna dhomhsa," arsa Ridire Chlaidhimh, "gus an toir mi dheth an ceann a dhealbh." "An t-aon ceudna dhomhsa," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge, agus e am broilleach na cuideachd, "gus an toir mi as an cridhe smaointich." "Thusa, a bheathaich mhosaich," arsa Ridire Chùirn; "ciod e bheireadh tusa leinn? An uair a rachamaid-ne air thapadh, rachadh tusa air mhi-thapadh. Gheibheadh tu bàs am mòintich bhuig, no an sgeilp chreag, no an talamh toll, no an sgàth gàrraidh, no an àiteigin." "Biodh sin 's a roghainn da, ach falbhaidh mi," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Thog dithis mhac an rìgh orra, is ghabh iad camlorg nan liathchearc chon na h-aird-an-iar. Sùil gun tug Ridire Chùirn as an déidh, faicear Mac an Earraidh

uaine ri Gaisge 'g an leantainn. " Ciod e," arsa Ridire Chùirn ri Ridire Chlaidhimh, " a ni sinn ris ? " " Ni," arsa Ridire Chlaidhimh, " an ceann a sgathadh deth." " Cha dèan sinn idir e," arsa Ridire Chùirn ; " is ann a chuireas sinn an dubhchapull air." Rinneadh so gu bròdail, agus mach a ghabh dithis mhac an rìgh.

Sùil gun tug Ridire Chùirn as a dhéidh, faicear Mac an Earraidh uaine ri Gaisge 'g an leantainn. " Ciod e idir a ni sin ris ? " ars' esan ri Ridire Chlaidhimh. " Ni dìreach," ars' am fear eile, " an ceann a sgathadh deth." " Cha dèan sinn idir e," arsa Ridire Chùirn ; " is ann a chuireas sinn ceangal nan trì chaoil air." Rinneadh so, agus ghabh dithis mhac an rìgh rompa, ag coiseachd.

Sùil gun tug Ridire Chùirn as a dhéidh, faicear Mac an Earraidh uaine ri Gaisge 'g an leantainn. " Braidean dubh," ars' esan ; " ciod e an t-aon nì fo 'n ghréin ghil a ni sinn ris ? " " Nì dìreach," arsa Ridire Chlaidhimh, " an ceann a sgathadh deth." " Matà," arsa Ridire Chùirn, " cha dèan sinn sin ; ach tha carragh mór cloiche shuas an so agus ceanglaidh sinn ris e." " Tha mi toileach sin fhéin a dhèanamh," ars' am fear eile. Cheangail iad ris a' charragh chloiche e, an los fhàgail gus am bàsaicheadh e, is ghabh iad air falbh.

Sùil gun tug Ridire Chùirn a rithist as a dhéidh, faicear a' tighinn e, is an carragh air a mhuin. " Nach fhaic thu nis am fear sin a' tighinn a rithist is an carragh air a mhuin," arsa Ridire Chùirn ri Ridire Chlaidhimh ; " ciod e ni sinn ris ? " " Nì, an ceann a sgathadh deth is gun a leigeadh na's fhaide," arsa Ridire Chlaidhimh. " Cha dèan sinn sin," arsa Ridire Chùirn, " ach tillidh sinn agus fuasglaidh sinn an carragh dheth. Is suarach d' ar leithid-ne de dhà làn-ghaisgeach ged a bhiodh e

leinn ; ni e fear ghlanadh sgiath, no shéideadh thurlach, no rudeigin."

Dh' fhuasgail iad e agus thug iad leò e. Ghabh iad sìos an so chon a' chladaich. Có thachair riu ach Gruagach nan Cumha. Labhair iad ris am briathra fiosnacha, foisneacha, filidheach, fìor-ghlic, fìor-eòlais ; agus fhreagair esan anns na briathra ceudna, agus mur b' iad a b' fhearr cha b' iad idir bu mhiosa 's an ám. " Bu mhiann leinn," ars' iadsan ris, " an t-aiseag fhaotainn an so." " Cha bhi a chion oirbh," ars' esan :—

" Is leamsa an long
As fhearr chuireas tonn 'n a déidh ;
Stiuir 'n a deireadh, siuil 'n a toiseach,
Beairt 'n a buill 's iad uile réidh."

" Innis duinn fàth do choibhneis," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Cha duilich sin," arsa Gruagach nan Cumha ; " an ceann seachd latha na seachduin, thig sibh gu h-Eilean na Fiacais, agus ma chì sibh Ailleagan nam Ban an sin, is nigheán domhsa i. Tha mi 'g ur cur fo gheasa agus fo chroise gun a fàgail air an eilean." Fhuair e an sin an long ris an abradh iad an Iùbhrach Bhallach.

" Chuir iad a mach i, is thug iad a toiseach do mhuir,
's a deireadh do thìr.
Thog iad na siuil bhreaca bhaidealacha bhàrr-ruisgte
An aodann nan crann fada fulangach fiùdhaidh.
Bha soirbheas beag laghach aca mar a thaghadh iad fhéin,
Bheireadh fraoch a beinn, duilleach a coille, seileach as a fhreumhaichean,
Chuireadh tughadh nan tighean an claisean nan iomairean,
An latha nach dèanadh am mac no an t-athair e.

Cha bu bheag 's cha bu mhór leothasan sin fhéin,
Ach 'g a chaitheamh 's 'g a ghabhail mar a thigeadh e ;
An fhairge a' fulpanaich 's a' falpanaich ;
An lear dearg 's an lear uaine a' lachanaich,
'S a' bualadh thall 's a bhos mu a bòrdaibh.
An fhaochag chrom chiar a bha shios an grunnd an aigein,
Bheireadh i snag air a beul-mór agus cnag air a h-ùrlar.
Ghearradh i cuinnlein caol coirce le fheobhas 's a dh'fhalbhadh i."

" Ciod e an t-astar a th' aig an luing ? " arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Trian gaoithe 'n a deireadh is dà thrian 'n a sliasaid," arsa Ridire Chùirn ; " bheireadh i air a' ghaoith luath earraich a bhiodh roimpe, 's cha bheirte oirre leis a' ghaoith luath earraich a bhiodh as a déidh." " Chan astar sin idir do mo luing-sa," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge ; " tuilleadh aodaich rithe." Rinneadh so, 's bha na still a' riasladh nan sgò.

" Ciod e an t-astar a tha aice nis ? " arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Ghearradh i an t-ubh air a tharsainn," arsa Ridire Chùirn. " Chan astar sin idir do mo luing-sa," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge ; " tuilleadh aodaich rithe." Rinneadh so, agus b' aon sgò an fhairge gu léir.

" Ciod e an t-astar a tha aice nis ? " arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Tha i cho luath ri aigne nam ban baoth," arsa Ridire Chùirn. " Fóghnaidh sin," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge, 's e toirt sàthaidh di suas gu fuaradh.

Thug iad trì laithean 'g a caitheamh mar sin. " Tha mi fhéin a' fàs sgìth de so," arsa Ridire Chùirn ri Ridire Chlaidhimh ; " bu mhithich leam sgeul fhaotainn as a' chrann." " Is tu fhéin is mór-inbhiche an so, a Ridire

Chùirn ; agus leig fhaicinn gum bi spéis agad a dhol suas ; agus mura téid thu suas, bidh am barrachd spòrs againn ort," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Suas a ghabh Ridire Chùirn le roid, is thuit e nuas 'n a ghlag paiseanaidh air clàr-uachdrach na luinge. " Is dona fhuaras tu," arsa Ridire Chlaidhimh. " Faiceam an tu fhéin as fhearr ; agus ma 's tu as fhearr, leigear fhaicinn gum bi barrachd toil agad dol air t' aghaidh, air neo bidh am barrachd spòrsa againn ort," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Suas a ghabh Ridire Chlaidhimh, is mun d' ràinig e ach leth a' chroinn, thòisich e air sgiamhail 's air sgreadail, is cha b' urrainn e dol a suas no tighinn a nuas.

" Rinn thu mar a dh' iarradh ort, is leig thu fhaicinn gu robh am barrachd spéis agad a dhol suas ; agus a nis cha téid thu suas, is cha mhotha thig thu nuas ! Cha ghaisgeach mise, 's cha leth ghaisgeach mi, is cha robh meas gaisgich orm an am fàgail. Gheibhinn bàs am mòintich bhuig, no'n sgeilp chreag no'n sgàth gàrraidh, no'n àiteigin, agus cha bu spàirn orm sgeul a thoirt as a' chrann," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. "A shaoidh mhóir," arsa Ridire Chùirn, " feuch ris." " Is saoidh mór mi 'n diugh ; ach cha b' eadh a' fàgail a' bhaile," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Thomhais e leum o cheannaibh a shleagh gu barraibh òrdag, 's bha e suas a chlisgeadh anns a' chrannaig. " Ciod e tha thu faicinn ? " arsa Ridire Chùirn. " Tha e ro mhór do fheannaig 's tha e ro bheag do fhearann," ars' esan. " Fan mar a th' agad, feuch an aithnich thu ciod e th' ann," ars' iad ris ; is dh' fhan e mar so treis.

" Ciod e tha thu faicinn a nis ? " ars' iad ris. " Tha

eilean agus cearcall teine mun cuairt air, a' lasadh an ceann a chéile ; is tha mi smaointeachadh nach 'eil aon ghaisgeach anns an domhan mhór a theid thairis air an teine," ars' esan. " Mur téid ar leithid-ne de dhà ghaisgeach thairis air," ars' iadsan. " Tha dùil agam gum b' fhasa dhuibh sgeul a thoirt as a' chrann na dol a steach an sud," ars' esan. " Chan athais e ! " arsa Ridire Chùirn. " Chan eadh, is fìrinn e ! " arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Ràinig iad an taobh muigh de 'n teine, is chaidh iad air tìr ; 's tharruing iad an Iùbhrach Bhallach suas a seachd fad fhéin air feur glas, is a beul foidhpe, far nach dubhadh gaoth i, is far nach sgagadh grian i, is far nach dèanadh sgoilearan baile-mhóir bùrt no fochaid no magadh oirre, is far am faigheadh iad fhéin i seach gun iarradh iad i. Shéid iad turlach, 's thug iad trì oidhchean is trì laithean a' leigeadh an sgìos.

An ceann nan trì latha thòisich iad air lìomhadh nan arm. " Tha mi," arsa Ridire Chùirn, " a' fàs sgìth de so ; bu mhithich leam sgeul fhaotainn as an eilean." " 'S tu fhéin," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge, " as mór-inbhiche an so, agus falbh an toiseach, feuch ciod e an sgeul as fheàrr a bheir thu d' ar n-ionnsaigh." Dh' fhalbh Ridire Chùirn, is ràinig e an teine, is thug e làmh air leum thairte, agus a sìos ghabh e innte gu a ghlùinean ; is thill e air ais, 's cha robh rioba caoile no craicinn eadar a ghlùinean 's a mhuthairnean nach robh 'n a chuaran mu bheul nam bròg.

" Is dona e, is dona e," arsa Ridire Chlaidhimh. " Faiceam an tu fhéin as fhearr," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Leig fhaicinn gum bi barrachd spéis agad a dhol air t' aghaidh, air neo bidh am barrachd spòrs againn ort." Dh' fhalbh Ridire Chlaidhimh, is

ràinig e an teine, is thug e làmh air leum thairte, is chaidh e sìos innte gu ceann reamhar na sléisde ; is thill e air ais, is cha robh rioba caoile no craicinn eadar ceann reamhar na sléisde 's am muthairne nach robh 'n a chuaran mu bheul nam bròg.

" Matà," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge, " cha bu ghaisgeach mise an am fàgail a' bhaile 'n ur beachd-se ; is nam biodh mo rogha arm is éididh agam de na bheil anns an domhan mhór, cha bu spàirn orm sgeul a thoirt as an eilean." " Nam biodh sin againn, gheibheadh tusa e," arsa Ridire Chùirn. "A Ridire Chùirn, b' e t' airm agus t' éideadh fhéin dara airm agus éideadh a b' fhearr leam agam anns an domhan mhór, ged nach tu fhéin an dara gaisgeach as fhearr a th' ann," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Is e m' airm is m' éideadh fhéin as fhasa fhaotainn," arsa Ridire Chùirn, " agus gheibh thusa iad ; ach b' fhearr leam gum biodh tu cho maith 's gun innseadh tu dhomh có na h-airm agus an t-éideadh eile as fhearr na m' fheadhainn-sa." " Tha airm agus éideadh Mhacaimh mhóir Mhacaimh an Domhain a bhuail an dórn air t' athair," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge.

Chuir Ridire Chùirn dheth airm agus éideadh, is ghabh Mac an Earraidh uaine ri Gaisge na h-airm agus na h-éididh. Ghabh e 'n a threallaichean catha agus cruaidh chomhraig. Mar a bha léine an t-sròil 's an t-sìoda shleamhuinn bhuidhe sìnte r' a chneas :—

"A chòtan caomh cotain air uachdar na caomh chotaige ;
A sgiath bhucaideach, bhacaideach, bharrchaol air a làimh chlì
A cheannbheart clogada chruaidh-chomhraig
Ag coimhead a chinn 's a cheann-mhullaich,

An toiseach na h-iorguill, 's an iorguill an-diomain ;
A shlacanta cruaidh curaidh 'n a làimh dheis,
Urrasgithinn gheur an taice r' a chneas."

Thog e suas bràigh a' chladaich, is cha robh fód a thilgeadh e an déidh a shàlach nach robh cho domhain ri fóid a thilgeadh dalachrann arain an uair bu doimhne bhiodh e treabhadh. Ràinig e an cearcall teine. Leum e o bharraibh a shleagh gu barraibh òrdag thar na teine. Bha an sin an aon eilean bu bhòidhche chunnacas o thùs an domhain gu deireadh na dìleann ; agus thuirt Mac an Earraidh uaine ri Gaisge ris fhéin gum bu mhaith an dachaidh-càin so do ghaisgeach, agus na h-àra seachad. Cluinnear an so an ceol-sìthe bu bhinne chual a dhà chluais riamh fo ghréin no fo ghealaich, agus a dheoin no dh' aindeoin b' éiginn da a leantainn. " Trom-lighe gun tàmh orm," ars' esan, " mur beir mo dhà chois air na chual mo dhà chluais."

Ghabh e suas feadh an eilein, is chunnaic e cnoc maol buidhe 'n a mheadhon. Thog e ris a' chnoc. Bha Ionmhainn Mhnatha 'n a suidhe air a' chnoc, agus òglach mór is a cheann air a glùin is e 'n a chadal, agus ise sìor dhùrdail ciuil os a chionn. " So an ceòl," ars' esan ris fhéin, " a mhealladh deoir á sùil is osann á cridhe, agus a chuireadh boile is buaireas 'n an gil-suain fad finn fann foinn na gealaich."

Labhair e rithe am briathra fiosnacha, foisneacha, fìor-ghlic, mìne, maighdeanna, fìor-eòlais. Fhreagair ise anns na briathra ceudna, agus mur b' iad a b' fhearr, cha b' iad dad bu mhiosa 'san ám. " Is ionmhainn leam fhéin fear do choslais, agus nam biodh còir agam ort dh' fhàgadh tu an t-eilean," ars' an Ionmhainn. " Nam b'ionmhainn leat fear mo choslais, dh' innseadh tu dhomh ciod e bu dùsgadh do 'n òlach so," arsa Mac

an Earraidh uaine ri Gaisge. " Tha, bàrr na lùdaig a thoirt dheth," ars' ise. Thug e làmh air an urra-sgithinn ghéir a bha an taice r'a chneas, is thug e an lùdag dheth o 'n bhun. Cha tug sud smoisleachadh no gluasad air an òglach.

" Innis domh ciod e is dùsgadh do 'n òglach, air neo is dithis de 'n toir mi na cinn, thu fhéin 's an t-òglach," arsa Mac an Earraidh uaine ri Gaisge. " Is dùsgadh dha," ars' ise, " rud nach dèan thusa, no aon ghaisgeach anns an domhan mhór ach Gaisgeach na Sgéithe Deirge, d' an robh e 's an tairgneachd tighinn do 'n eilean so, agus an carragh cloiche ud thall a bhualadh air an duine so an carraig an uchd ; agus tha e gun bhaisteadh gus an dèan e sin."

Chual esan so, gu robh a leithid anns an tairgneachd dha, is e gun bhaisteadh. Chaidh dòrn air thapadh, dòrn air ghleusadh, dòrn air spionnadh ann. Thog e 'n a dhà laimh an carragh agus bhuail e air an òlach mhór an carraig an uchd e. Thug am fear a bha 'n a chadal blaomadh air a dhà shùil is dh' amhairc e air. "Aha ! " ars' am fear a bha 'n a chadal ; " an d'thàinig thu, a Ghaisgich na Sgéithe Deirge ? Is ann an diugh a tha an t-ainm ort. Chan fhada sheasas tu dhomhsa." " Dà thrian de t' eagal ort fhéin agus a h-aon ormsa," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge ; " chan fhada sheasas tusa dhomhsa."

An caraibh a chéile ghabh iad, is bha iad ag cruaidh leadairt a chéile gus an robh beul an athdhath 's an anmoich ann. Dhèanadh iad creagan de 'n bhogan agus bogan de 'n chreagan ; na clacha beaga dol an ìochdar 's na clacha móra teachd an uachdar ; an t-àite bu lugha rachadh iad fodha, rachadh iad fodha chon na glùine ; 's an t-àite bu mhotha rachadh iad fodha,

rachadh iad fodha chon an sgròbain. Smaointich Gaisgeach na Sgéithe Deirge gu robh e fada o chàirdean is fagus d' a naimhdean ; agus thug e an togail bheag shoilleir ud air, is bhuail e ris an talamh e. Thug òrdag a choise sanas do bhun a chluaise, agus sgath e dheth an ceann. " Ged is mi rinn so, cha mhi gheall e," ars' esan. Thug e an làmh o 'n ghualainn deth is thug e an cridhe as a chom, is thug e an ceann bharr a mhuineil. Chuir e làmh am pòc a' ghaisgich mhairbh, is fhuair e trì fiaclan seann eich ann ; is leis an deifir ghabh e an àite fiaclan an rìgh iad, is thug e leis iad. Chaidh e gu tom coille, is bhuain e gad, is cheangal e air an làmh 's an cridhe 's an ceann.

Thog Gaisgeach na Sgéithe Deirge air an so gu falbh, is gabhar lorg a dhà shùla chon a' chuain. Chuir e dà ghleann is dà mheall agus thog e giùthsach nan eun, an uair a ghiùlain osag-thoisich na gaoithe osann d' a chridhe, agus chaidh stad 'n a cheum. " Is truime osann na eubh air mo chridhe," ars' esan, is e tilleadh. Faicear àilleagan nam ban 'n a suidhe air a' chnoc mhaol bhuidhe. " Có aca as fhearr leatsa fantainn an so, air an eilean so leat fhéin, no falbh leamsa ? " ars' esan ris an Ionmhainn. " Is fhearr leamsa falbh leat fhéin na le fir na h-uir-thalmhanta gu léir," ars' an Ionmhainn. Thog e leis i air frasmhullach a ghuaille is air uallach a dhroma, is ghabh e gus an teine. Leum e thairis is an Ionmhainn air a mhuin. Faicidh e Ridire Chùirn is Ridire Chlaidhimh a' tighinn 'na chòdhail, agus boile is buaireas 'n an sùilean. " Ciod e an gaisgeach mór," ars' iadsan, " a bha as do dhéidh an sid, agus a thill an uair a chunnaic e ar leithidean-ne de dhà ghaisgeach a' tighinn ? " " So dhuibhse," ars' esan, " an Ionmhainn mhnatha so, agus trì fiaclan

bhur n-athar, agus ceann agus làmh agus cridhe an fhir a bhuail an dòrn air. Dèanaibh fuireach beag, agus tillidh mise, is chan fhàg mi fuidheall sgeoil anns an eilean."

Ghabh e air falbh air ais, agus an ceann treis thug e sùil as a dhéidh, is faicear iadsan agus a' Bhreacach a' dèanamh falach-cuain air. " Marbhaisg oirbh fhéin !" ars' esan ; " sian fala m' ur sùilean ! manadh bhur crochaidh oirbh ! m' fhàgail an eilean leam fhéin, gun duine de shìol Adhaimh ann, agus gun fhios agam an nochd ciod e nì mi ! " Ghabh e air aghaidh feadh an eilein, agus cha robh e faicinn tigh no tùrais an àite sam bith, iosal no àrd. Bha dubhadh air a bhonnaibh agus tolladh air a bhròg an ; neoil shìthe shèimhe an latha a' falbh, is neòil dhubha ghruamach na h-oidhche a' tighinn, agus na h-eòin bheaga bhinne bhuchallach ag gabhail mu bhun nam preas is mu bhàrr nan dos ; agus ma bha, cha bu tàmh is cha bu chlos dhàsan e gus am faiceadh no an cluinneadh e cù no duine, laogh no leanabh. Mu dheireadh chunnaic e seann chaisteal an ìochdar an eilein, is ghabh e d' a ionnsaigh. Chunnaic e trì òganaich a' tighinn gu trom, airtnealach, sgìth, chon a' chaisteil. Labhair e riutha am briathra fiosnacha, foisneacha, fìor-ghlic, fìor-eòlais. Labhair iadsan an comain nam briathra ceudna. Thàinig iad am briathra seanchais air a chéile ; agus có bha so ach a thriuir dhearbh chodhaltan. Ghabh iad a steach an deagh thoil-inntinn air a' mhór-bhaile.

" Thog iad ceòl 's leag iad bròn ;
Bha deochanna mìne misgeach,
Is deochanna garga gachannach,
Beathanna saora socharach,
Eadar e fhéin 's a chodhaltan ;

Ceòl eadar fìdhlean leis an caidleadh fir ghointe is
mnatha-siubhla ;
Searganaich a' sìor-ghabhail le farum a' chiuil sin,
A bha sìreachdach sìor-bhinn an oidhche sin,
'S na dorsan 'g an sìor-dhùnadh air eagal 's gun
teicheadh an ceòl."

Chaidh iad a laighe. Anns a' mhadainn an la 'r na mhàireach dh' éirich e an deagh thoil-inntinn is ghabh e biadh. Ciod e chual e ach gliogarsaich arm, agus daoine dol 'n an éideadh. Có bha so ach a chodhaltan. " C'àite bheil sibh a' dol ? " ars' esan riutha. " Tha sinn o chionn latha is bliadhna anns an eilean so," ars' iadsan, " ag cumail cogaidh ri Mac Dorcha Mac Doilleir, is ceud sluaigh aige, agus a h-uile h-aon a mharbhas sinn an diugh bidh e beò am màireach. Tha gheasan oirnn nach fhaod sinn so fhàgail gu bràth gus am marbh sinn iad." " Théid mise leibh an diugh ; is fheàirrde sibh mi," ars' esan. " Tha gheasan oirnn," ars' iadsan, " nach fhaod duine dhol leinn mur téid e ann leis fhéin." " Fanadh sibhse stigh an diugh, agus théid mise ann leam fhéin," ars' esan.

Thog e air falbh agus dh' amais e air sluagh Mhic Dorcha Mhic Doilleir, agus cha d'fhàg e ceann air colainn aca. Dh'amais e air Mac Dorcha Mac Doilleir fhéin, agus thuirt Mac Dorcha Mac Doilleir ris, "An tu so, a Ghaisgich na Sgéithe Deirge ? " " Is mi," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge. " Matà," arsa Mac Dorcha Mac Doilleir, " chan fhada sheasas tu dhomhsa." An caraibh a chéile ghabh iad, is bha iad ag cruaidhleadairt a chéile gus an robh beul an athdhath agus an anmoich ann. Dhèanadh iad creagan de 'n bhogan agus bogan de 'n chreagan ; na clachan beaga dol an ìochdar 's na clachan móra teachd an uachdar ; an t-àite bu lugha

rachadh iad fodha, rachadh iad fodha chon a' ghlùine ; agus an t-àite bu mhotha rachadh iad fodha, rachadh iad fodha chon an sgròbain. Mu dheireadh thug Gaisgeach na Sgéithe Deirge an togail bheag shunndach shoilleir ud air Mac Dorcha Mac Doilleir, is chuir e foidhe e, is thilg e dheth an ceann. Bha an so Mac Dorcha Mac Doilleir marbh, agus a thrì mic dheug, is còmhrag ceud air làimh gach fir dhiùbh.

Bha esan an so air a mhilleadh 's air a reubadh cho mór is nach b' urrainn e an àrach fhàgail ; is cha d' rinn e ach e fhéin a leigeadh 'n a laighe a measg nam marbh fad an latha. Bha tràigh mhór foidhe gu h-ìosal, agus ciod e chual e ach an fhairge tighinn 'n a caora teine teinteach, 'n a nathair bheumannaich, 'n a tarbh truid. Dh'amhairc e uaithe, agus ciod e chunnaic e a' tighinn air tìr air meadhon na tràghad ach cailleach mhór fhiaclach nach facas riamh a leithid. Bha an fhiacail a b' fhaide na bata 'n a dòrn, agus an té bu ghiorra 'na dealg 'n a h-uchd. Ghabh i a nìos gus an àraich, agus bha dithis eadar i agus esan. Chuir i a meur 'n am beul is thug i beò iad, agus dh'éirich iad suas slàn mar a b' fheàrr a bha iad riamh. Ràinig i esan, is chuir i a meur 'n a bheul, agus sgath e dhith o 'n alt e. Bhuail i buille de bhàrr a coise air, agus thilg i thar seachd iomairean e. "A bheadagain," ars' ise, " is tu am fear mu dheireadh a dh'ath-bheothaicheas mi 's an àraich." Chrom a' chailleach air fear eile, agus bha esan an taobh shuas dith. Cha robh a fhios aige ciamar a chuireadh e as do 'n chaillich. Smaointich e air an t-sleagh ghearr a bh' aig a mac a thilgeadh oirre, agus nan tuiteadh an ceann dith gum bu mhaith. Thilg e an t-sleagh is chuir e an ceann de 'n chaillich.

Bha e an so 'n a shìneadh air an àraich, fuil is

féithean is feoil air an dochann, ach gun robh cnàmhan slàn aige. Ciod e mhothaich e ach cruitire-ciuil feadh na h-àraich. " Ciod e tha thu ag iarraidh ? " ars' esan ris a' chruitire. " Tha mi cinnteach gu bheil thu sgìth," ars' an cruitire ; " thig a nìos, is cuir do cheann air an tulmaig so, is dean cadal." Chaidh e suas agus laigh e. Tharraing e srann, a' leigeadh air gu robh e 'n a chadal. Air a bhonn a bha e gu brisg, ealamh, éasgaidh. " Tha thu ri bruadar," ars' an cruitire ris. " Tha," ars' esan. " Ciod e chunnaic thu ? " ars' an cruitire. " Cruitire-ciuil," ars' esan, " a' tarruing seann chlaidhimh mheirgich an los an ceann thoirt diom." Rug e an so air a' chruitire-chiuil, agus chuir e eanchainn 'n a cuibeanan teine trid cùl a chinn. Bha e an so fo gheasa nach marbhadh e cruitire-ciuil gu bràth ach le a chruit fhéin.

Chual e an so caoineadh feadh na h-àraich. " Có sid ? " ars' esan. " Tha an so do thriuir dhearbh chodhaltan 'gad iarraidh o àite gu h-àite an diugh," ars' iadsan. " Tha mise am shìneadh an so, ars' esan, " agus fuil is féithean is cnàmhan air an dochann." " Nam biodh againn an stòpan-ìocshlaint a th' aig a' chaillich mhóir, màthair Mhic Dorcha Mhic Doilleir, cha b' fhada bhiomaid 'gad leigheas," ars' iadsan. " Tha i fhéin marbh shuas an sin," ars' esan, " agus chan 'eil nì aice nach fhaod sibh fhaotainn." " Tha sinne as a geasan gu bràth," ars' iadsan. Thug iad a nuas an stòpan-ìocshlaint, agus nigh is dh' fhailc iad e leis an rud a bh' anns an stòp. Dh' éirich e an sin suas cho slàn fallain 's a bha e riamh. Chaidh e dhachaidh leo, agus chuir iad an oidhche seachad an deagh thoilinntinn.

Chaidh iad a mach an là 'r na mhàireach an deagh

thoil-inntinn a dh' iomain. Chaidh esan ris an triuir, agus chuireadh e leth-bhàir sìos agus leth-bhàir suas a steach orra. Mhothaich iad do Mhacamh mór Mhacaimh an Domhain a' tighinn do 'n bhaile. B' e so an dearbh chodhalta cuideachd. Chaidh iad a mach far an robh e, agus thuirt iad ris, " Fhir mo ghaoil, seachainn sinne 's am baile an diugh." " Ciod e is coireach ? " ars' esan. " Tha Gaisgeach na Sgéithe Deirge stigh, agus is tusa tha e 'g iarraidh," ars' iadsan. " Falbhadh sibhse dhachaidh, agus abraibh ris falbh agus teicheadh, air neo gun toir mise an ceann deth," ars' Macamh Mór Mhacaimh an Domhain. Ged a bha so uaigneach mhothaich Gaisgeach na Sgéithe Deirge dha, agus chaidh e mach air an taobh eile de 'n tigh, agus bhuail e beum-sgéithe agus fàd-còmhraig. Ghabh an gaisgeach mór a mach as a dhéidh. Thòisich iad air a chéile :—

" Cha robh cleas a dhèanta le sgithich no le sgothaich
No le dìsnein ghillean feall,
No le organ nam manach,
Nach dèanadh na gaisgich ;
Mar a bha cleas a' chleitin, cleas an òigeam,
Ubhal a' chleasaiche 'g a thilgeadh 's 'g a cheapadh
An uchdannaibh a chéile,
Gu déisinneach, dàsunnach,
Fuilteach, cneadhach, creuchdanta.
Toil-inntinn, toil-eadraiginn !
Chuireadh iad trì ditheannan dearga teine de 'n armaibh ;
An cailceadh de 'n sgiathan, fala agus feòla
De an cneas agus de an caomh-cholainn,
Is iad ag cruaidh-leadairt a chéile."

" Nach amaideach thusa, a Ghaisgich na Sgéithe Deirge, an uair tha thu cumail gleachd no cruaidh-chomhraig riumsa," arsa Macamh mór Mhacaimh an Domhain. " Ciamar sin ? " arsa Gaisgeach na Sgéithe

Deirge. " Tha, nach 'eil gaisgeach anns an domhan mhór a mharbhas mise gus am buailear mi os cionn teach mo thriubhais," arsa Macamh mór. "A bhuaidh bheannachd sin duit 'g a innseadh dhomhsa! Nan innseadh tu sin domh o chionn fada, is fhada o 'n sgrìob mi an ceann diot," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge. " Tha sin barrachd agus is urrainn thu dhèanamh. Tha trì fiaclan an rìgh ann am phòca, agus feuch an tusa bheir as iad," arsa Macamh mór. An uair a chuala Gaisgeach na Sgéithe Deirge c'àit an robh bàs Mhacaimh mhóir, bha dà bhuille aige air a thoirt seachad mu 'n bhuille, dà shàthadh mu 'n t-sàthadh, dà fhriochdadh mu 'n fhriochdadh, agus bha an treas aon anns an talamh, gus an do chladhaich e toll. Leum e an sin an comhair a chùil. Leum an gaisgeach mór d' a ionnsaigh, is cha tug e an aire do 'n toll, agus chaidh e sios ann gu teach an triubhais. Ràinig esan air an so agus thilg e dheth an ceann. Chuir e làmh 'n a phòca ; fhuair e trì fiaclan an rìgh ann, is thug e leis iad, agus ràinig e an caisteal.

Bha a chodhaltan ag gleusadh chlàr is chruit, agus fios aca gu robh iad a nis saor o gheasa dhraoidh is o ghuin daoidh. " Fàilt ort, a Ghaisgich na Sgéithe Deirge," ars' iadsan ; " bhiomaid 'g ad chùlchaineadh nam biodh tu na b' fhaide gun tighinn." " Cùlchainnt na h-ionndrainn, cha chùlchainnt idir i," ars' esan ; " ach eadar dà sgeul 's eadar dà bheul a' chlobha, tha gnothach beag agam thall an Eirinn, agus bhithinn fada 'n ur comain nan dèanadh sibh saod domh air an eilean fhàgail." " Chan 'eil saod againne," ars' iadsan, " air am fàg thu e ; ach fan leinn fhéin gu bràth, agus cha bhi dìth bìdh no dibhe ort." " Cha bhi a' chùis mar sin ; ach mur dèan sibh saod air mo leigeadh air falbh,

is e bhios ann gum feum mi cleas nan ròn a dhèanamh," ars' esan. " Tha curachan a bh'aig do mhuime is aig t'oide an so, agus cuiridh sinn leat i gus an téid thu air tìr an Eirinn. Chan iarr i seòl no stiuir ach rùn do chridhe fhéin, agus bidh siubhal-sìthe aice eadhon ri sìde nan seachd sian. An taobh a chuireas tu a h-aghaidh falbhaidh i leat, agus tillidh i air a h-ais a rithist leatha fhéin mar thilleas an fhaoileann do chladach a h-eòlais. Agus tha an so trì chalamain, is cumaidh iad àirdeachd riut air an rathad," ars' a chodhaltan ris.

Dh' fhàg Gaisgeach na Sgéithe Deirge an so beannachd na coimhe 's na caime aig a chodhaltan, agus chuir iadsan uisg an easain air a dhos-san, los nach éireadh beud no dochair dha a latha no dh' oidhche, agus bhóidich is bhriathraich iad 'n an ceathrar nach leigeadh iad cach-a-chéile air dìochuimhn gu bràth. Chuir esan an sin an curachan a mach, 's shuidh e innte, 's cha d'rinn e stad no fois gus an deachaidh e air tìr an Eirinn. Thionntaidh e a h-aghaidh a mach, is ma bha i luath tighinn, bha i na bu luaithe tilleadh. Leig e air falbh na trì chalamain a' fàgail na h-eathaire. Bha duilichinn air gun do leig e air falbh iad leis cho bòidheach 's a bha an ceòl a bha aca.

Bha an oidhche ann a nis, agus ghabh esan lorg na lacha o 'n chuan 's rinn e calg-dhìreach air solus beag biorach a chunnaic e eadar beinn is machair. Ghearr e an fhead chàol chruinn chruaidh a bh' aig Caoilte, agus có thàinig a mach 'n a choinne ach Gruagach nan Cumha. " Fáilte ort, a Ghaisgich na Sgéithe Deirge," ars' esan ; " dh' aithnichinn do cheann air cladach agus t' fhead ri fèath nan eun fionn—ach c'àite bheil laogh mo chridhe, àilleagan nam ban ? " Dh' innis Gaisgeach na Sgéithe Deirge dha gach nì mar a thachair, agus bhóidich iad le

chéile an seasamh nam bonn, nach itheadh iad biadh, nach òladh iad deoch, nach éisdeadh iad ceòl, gus an ruigeadh iad Rìgh na h-Eireann agus an réiticheadh iad cùisean 'n a làthair. " Bha mi fhéin fo gheasa roimhe so," arsa Gruagach nan Cumha, " nach rachainn thar cuan dh'fhios mo nighinn ; ach shiubhlainn a nis cóig cóigeadh na h-Eireann cas-ruisgte ri sneachda 's ri gaillinn, agus cha mhaoidhinn oirre gu bràth e ach mi 'g a faotainn an deireadh sgeoil." Thog iad orra le chéile ; agus ma bha an t-astar buan, bu bhuaine na sin ceòlagraich Ghruagaich nan Cumha agus beòlagraich Ghaisgich na Sgéithe Deirge.

Bha abhainn mhór eadar iad agus tigh an rìgh. An uair a ràinig iad an abhainn chunnaic iad duine liath tighinn 'n a dheann, agus e ag glaodhaich, " A dhaoin-uaisle, fanaibh thall, gus an toir mise nall air mo mhuin sibh, mum fliuch sibh sibh fhéin." "A dhuine bhochd, is cosmhuil gu h-ann ad phortair air an abhainn a tha thu," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge. " 'S ann," ars' an seann duine liath. "Agus ciod e chuir ann thu ? " ars' esan. " Innsidh mi sin duibh," ars' an seann duine liath. " Bhuail gaisgeach mór dòrn air rìgh Eireann, is chuir e trì fiaclan as, agus dh'fhalbh a dhà mhac a thoirt a mach dìoghlaidh. Dh'fhalbh balachan òg amaideach a bu mhac dhomhsa leotha ; agus an uair a chaidh iadsan air thapadh, chaidh esan air mhi-thapadh. Bu shuarach an dìoghaltas leo mise chur am phortair air abhainn air a shon." "A dhuine bhochd," ars' esan, " chan athais sin. Mum fàg mis am baile bidh thusa gu maith."

Rug e air is thog e leis e, agus chuir e 'n a shuidhe anns a' chathair a bha ri gualainn an rìgh e. "Chan 'eil annad ach duine mi-mhodhail a thàinig do 'n bhaile.

Chuir thu am bodach sin 'n a shuidhe ri gualainn m' athar, is chan fhaigh thu leat e," arsa Ridire Chùirn, is e ag éirigh agus a' breith air. "Air mo làimh-sa, 's air mo dhà làimh a shaoradh, gum bu cho maith dhuit breith air Cnoc Leothaid agus breith ormsa," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge ris, is e 'g a leagadh ris an talamh. Chuir e ceangal nan trì chaoil air gu daor agus gu docair. Bhuail e buille de bhàrr a choise air, is thilg e thar nan seachd sparranan a b' àirde bh' anns a' chùirt e, fo shileadh nan lòchran 's fo chasan nan con mór. Rinn e leithid eile air Ridire Chlaidhimh, agus rinn an Ionmhainn gaire.

" Marbhaisg ort fhéin," ars' an rìgh rithe, " tha thu o chionn bliadhna air chomh-biadh, air chomh-deoch rium, is chan fhaca mi gean no gàire agad 'g a dhèanamh gus a bheil mo mhic air am maslachadh." " O rìgh," ars' ise, " tha fios mo riasain agam fhéin."

" Ciod e, a rìgh, an sgreadail 's an sgreuchail a tha mi cluinntinn o 'n thàinig mi do 'n bhaile ; cha d'fhuair mi fhaighneachd gus an so," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge. " Tha, trì fiaclan eich aig mo mhic 'g an sparradh am cheann o chionn bliadhna le òrd, gus a bheil mo cheann air dol troimhe chéile le bristeadh cridhe is le cràdh is le dòruinn," ars' an rìgh. " Ciod e bheireadh tusa do dhuine chuireadh ann do cheann t' fhiaclan fhéin gun neimh gun dòruinn ? " ars' esan. " Leth mo stàid fhad 's a bhithinn beò, is mo stàid air fad an uair a dh'fhalbhainn," ars' an rìgh. " Is motha an ceannach t' éiginn," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge, agus e a' breith air pìos loma-làn de 'n fhìon, agus ag cur nan trì fiaclan innte. Cha bu luaithe rinn na chaidh gach ni trulainn ; leum an rìgh bharr na cathrach ; dh' atharraich Ridire Chùirn is Ridire Chlaidhimh na

trì dathan ; thàinig sac is gàire air àilleagan nam ban.

"A rìgh na h-Eireann," arsa Gaisgeach na Sgéithe Deirge, " nach òl thu deoch-slàinte nan saoidh agus deoch-nàire nan daoidh ? " Dh'òl an rìgh an deoch, agus chaidh a fhiaclan fhéin 'n a cheann gu làidir daingeann, a cheart cho maith 's a bha iad riamh, agus a h-uile té 'n a h-àite fhéin. "Aha ! " ars' an righ, " tha mise aig socair. Is tusa rinn an tapadh, is cha b' e mo chuid mhac-sa." " Is e," ars' an Ionmhainn, " a b' urrainn an tapadh a dhèanamh, is cha b' e do chuid mhac leibideach-sa, a bhiodh 'nan sìneadh an tiùrra feamann an uair a bhiodh esan a' dol air ghaisge." " Chan ith mi biadh is chan òl mi deoch," ars' an rìgh, " gus am faic mi mo dhà mhac 'g an losgadh am màireach. Cuiridh mi feadhainn a dh' iarraidh cuallan glas-daraich air son an losgadh."

Anns a' mhadainn an la 'r na mhàireach co bu mhuiche bha air a ghlùin aig leabaidh an rìgh ach Gaisgeach na Sgéithe Deirge. " Eirich as an sin, a Ghaisgich ; ciod e an aon nì bhiodh tu ag iarraidh nach faigheadh tu ! " ars' an rìgh. " Is e an rud a tha mi ag iarraidh, do dhà mhac a leigeadh air falbh ; chan urrainn mi bhi an aon àite am faic mi 'g am milleadh iad," ars' esan ; " b' fhearr bearradh eoin is amadain a dhèanamh orra, agus an leigeadh air falbh." Thoilich an rìgh sid a dhèanamh. Rinneadh bearradh eoin is amadain orra. Chuireadh a mach as an àit iad, is coin is geòcaich baile-mhóir as an déidh. Phòs agus chòrd an Ionmhainn agus Gaisgeach na Sgéithe Deirge. Rinneadh banais a mhair latha is bliadhna, agus bha an latha mu dheireadh dith cho maith ris a' cheud latha.

IARLA MHARR AGUS FEAR NA BRIAGAICH

[Thaghadh na cóig earrannan a leanas bho *Cuairtear nan Gleann*, am paipeir ainmeil sin a chuireadh a mach fo làimh an Ollaimh Tormod MacLeoid (1840-1843). Sgrìobhadh *I Chaluim Chille* leis an ollamh fhéin.]

An aon de na cogaidhean a bha eadar Crùn na h-Alba agus Clann Domhnaill nan eilean, bha na rìoghalaich fo cheannardachd Alasdair Stiùbhart, Iarla Mharr, duine bha iomraiteach anns a' chóigeimh linn deug, agus Domhnall Stiùbhart, Iarla Chataibh. Ràinig iad Loch-abar a thoirt ionnsaigh air buidhinn de Chloinn Domhnaill fo chomannd Dhomhnaill Bhallaich, a shuidhicheadh air meur de'n mhuir a tha roinn na dùthcha fagus do Inbhir Lòchaidh ; ach air do na ceannaircich rabhadh fhaotainn gu robh an nàmhaid dlùth, ghabh iad an t-aiseag, gach fear 'n a churach féin gu taobh thall a' chaoil.

Champaich feachd an rìgh, mar a shaoil iad an làn tèaruinnteachd, 'n an àite ; ach air do Chlann Domhnaill pilltinn mu mharbh-mheadhon oidhche, mharbh iad Iarla Chataibh, agus sgapadh no sgriosadh an t-iomlan. Theich Iarla Mharr fo sgàil na h-oidhche 'n a aonar, agus ràinig e Uamh a' Chait, ris an abrar o'n am sin Uamh Mharr, mu thuaiream trì mìle an iar-dheas air gearasdan dubh Inbhir Lòchaidh, far an d'fhan e latha is dà oidhche gun mhìr bìdh no dibhe. Claoidhte le pathadh is le acras dh'fhàg e ionad falaich air madainn an dara latha, a' dèanamh air a' chuid as monadaile de 'n dùthaich.

Cha b' fhada chaidh e air aghaidh an uair a choinnich

bean bhochd e, d' an d'fheòraich e an robh gnè bhìdh 's am bith aice a chobhradh air neach feumach. " Chan 'eil," arsa ise, is i spìonadh pocain bhig as a broit, " ach deannag de mhin eòrna." " Is mór 's cha bheag," arsa esan, is e ag glacadh a' phocain o làimh na seann mhnà, agus air suidhe dha taobh caochain, chuir e dheth a bhròg agus rinn e fuarag innte. Thòisich a' bhean bhochd ri gearan da, ach sin an uair thuirt esan :—

Is maith an còcaire an t-acras,
Is mairg a ni tailceas air biadh :
Fuarag eòrna á sàil mo bhròige
Biadh as fhearr a fhuair mi riamh.

An déidh taing agus buidheachas ìocadh an éirig na bhuilich am Freasdal air, thàr e as tarsuinn Féith na Sgathaich, a stigh bealach Ruighe an Fhìdhleir, agus tre choilltichibh uaigneach a' ghlinn bhòidhich ris an abrar Gleann Ruaidh. Mu bheul na h-oidhche ràinig e dorus O'Birinn Chamshroin, duine bochd a bha fuireach anns a' Bhriagaich am bràigh Loch-abar. Rinn fear-an-tighe a bheatha leis a' choibhneas a b' àirde ; agus a chionn nach robh biadh eile a stigh, no theagamh pailt a muigh, mur gabhadh e dànadas air cuid a choimh-earsnaich, thuirt e r'a mhnaoi gu marbhadh e a' mhaol odhar, gu biadh do'n choigreach. "A' mhaol-odhar," arsa ise le gruaim ; " is dona an fhéile chuireas duine e féin air an aimbeirt ; ar n-aon mhart, agus prìomh bheathachadh ar teaghlaich laig ! Cha mharbh thù." Gidheadh, na bu ro-dheònaiche air biadhtachd a noch-dadh na éisdeachd ri earalachadh a mhnà mu uireas-bhuidh a theaghlaich an déidh làimh, mharbh e a' mhaol-odhar, agus ghrad ròstadh am mìr a b' fhearr, agus rinn iad am pailteas eanraich g' a chur sìos. Dh'ith an t-aoigh agus an teaghlach gu càirdeil as an aon mhéis.

A' chuid eile de 'n fheasgar chaith iad gu cridheil ag aithris dhàn agus seann sgeulachdan.

An uair thàinig ám cadail, sgaoil O'Birinn seiche a' mhairt mhaoil air lic an teinntein, agus dh'iarr e air a' mhoirear laighe sìos. Dh' fhill an t-iarla e féin 'n a bhreacan, seiche na maoil-uidhre fodha 's am boicionn bràtha thairis air, agus chaidil e an oidhche gu sunndach. Anns a' mhadainn mus d'fhalbh e, dh'fheòraich am moirear de 'n Chamshronach an robh fios aige co dhà a thug e aoigheachd. " Chan aithne dhomhsa," arsa esan ; " theagamh gur aon de oifigich an rìgh ; ach co 's am bith thu, thàinig thu an so an teinn, agus b' e mo dhleasnassa cobhair ort." " Is mise, matà, Alasdair Stiùbhart ; agus an déidh so, ma thig ainneart air bith ort, ruig mise ; tha Caisteal Chinn-droma farsaing fial."

Goirid an déidh so dh' ath-chruinnich feachd an rìgh, ach air do na ceannaircich ro-lìonmhorachd an naimhdean fhaicinn, sgap iad, gach fear g' a àite féin. Gidheadh air do Chloinn Domhnaill a chluinntinn gun d' thug O'Birinn fasgadh do 'n iarla, b' éiginn da an dùthaich fhàgail. Ràinig e féin, a bhean agus a chlann, lùchairt a' mhoireir. Dh' iarr e a steach le muinghinn agus dànadas as gann a bha co-chòrdadh r'a choltas. Thuirt an dorsair gu borb coimheach ris gu robh am moirear aig a dhinneir maille ri mór-uaislibh eile, agus nach fhaoidte a ghluasad ; ach is ann an so a dh' fhàs O'Birinn na bu ro-ladarna na air tùs, ionann 's gun deach e féin agus an dorsair air dromannan a chéile. Fa dheoidh, air do 'n mhoirear a chluinntinn có bha a muigh, ghrad dh' éirich e o'n bhord le iolach bhàrdachd, ag ràdh :—

Ionmhainn am fìrean tha muigh,
O'Birinn as a' Bhriagaich ;
Bha mi oidhche ann a thigh
Air mhóran bìdh, ach beag aodaich.

Air ball chaidh O'Birinn a threòrachadh a steach air làimh, agus gabhail ris leis a' bhiadhtachd sin a dheagh thoill e.

Air do 'n iarla thuigsinn mar a dh'ùisinnicheadh e, thug e dha fearann cheithir marg, dlùth do 'n Chaisteal, far a bheil móran de sliochd O'Birinn gus an là an diugh.

CANADA UACHDARACH

[Is fada bho chaidh so a sgrìobhadh, agus thàinig atharrachadh mór air Canada seach mar a bha i anns na laithean sin.]

Gun teagamh air bith is i so dùthaich an duine bhochd. Ma tha e 'na chosnach maith, no ma tha teaghlach aige, ma tha e stuama, dìchiollach, chan fhaod e gun soirbheachadh.

Tha an geamhradh fada fuar, ach tha an samhradh teth, agus fada gu leoir chum a' phòir a thoirt air aghaidh agus abachadh. Tha an dùthaich saor o euslaintean gabhaltach bàsmhor, agus cho fallain ri aon àite fo'n ghréin.

An uair tha coigrich a' ruigheachd an àite so chaidh imrich o cheàrnaibh eile, chan 'eil fios aca, cha mhór, ciod ris an cuir iad an làmh. Tha coille mhór dhlùth rompa, agus tha iad ullamh air a smuaineachadh gu robh cho maith dhoibh dol a thràghadh a' chuain agus tòiseachadh ri fearann a réiteachadh anns an dìthreabh fharsaing sin. Ach tha muinntir na dùthcha cho anabarrach coibhneil càirdeil 's gu bheil iad ag cuideach-

adh le coigrich air dhòigh nach tuig sinn anns an dùthaich so. Cruinnichidh maith dh' fhaoidte fichead no dà fhichead diùbh, a h-uile fear le thuaigh is le thàl 'n a làimh, agus grad éiridh iad air an àite réiteachadh air son tighe a thogail, agus chan 'eil sin 'n a ghnothach doirbh.

Tòisichidh iad air craobhan a leagail, na craobhan as mò tha r' am faotainn dlùth do làrach an tighe ; tha a h-uile h-aon ag cur a làimhe ris an obair, a' snaidheadh nan craobh an déidh an leagail is 'g an cumadh le tàl is le tuaigh air dhòigh agus gun laigh iad air uachdar a chéile. Gearraidh iad na craobhan a réir fad an tighe tha iad dol a thogail, eadar ceithir troighe deug is fichead troigh air fad. Tha iad 'g an rùsgadh, 'g an snaidheadh agus 'g an socrachadh air muin a chéile, is 'g an ceangal r' a chéile le tàirngean fiodha, no crannan daraich ; agus eadar gach maide tha iad ag cur crè agus cóinnich air an oibreachadh am measg a chéile, mar gum biodh aol agus gainmheach ; agus tha so 'g a dhèanamh cho teann 's nach faigh cur no cathadh no eadhon oiteag ghaoithe a steach eadar na sreithean.

An uair tha an tigh suas ochd no deich troighean, tha iad an sin ag cur mullaich air le taobhain is cabair, agus tàirngichidh iad bùird thana thairis air an iomlan an àite sglèata, an dara bòrd a' laighe air an aon eile, agus a' chrè 's a' chóinneach air an calcadh a stigh eatorra ; agus mar so tha iad cho dìonach seasgair ri aon mhullach sglèata chaidh riamh air tigh. Tha dorus agus uinneagan air am fàgail mar tha cliathach an tighe a' dìreadh, agus tha an dà stuaidh am bitheantas air an togail le cloich agus crè, a thaobh gur h-ann ri taic na stuaidhe tha an teine, agus bhiodh e cunnartach a togail le fiodh. Tha àirneis no uidheam an tighe

furasda chur suas ; mar thubhairt an seanfhocal e, " is furasda aran fhuine dlùth do 'n chiste mhine tha làn." Mar sin anns an àite so, tha fiodh cho pailt, agus a h-uile fear cho maith air chùl tuaighe is tàil, gu bheil e soirbh àirneis a dhèanamh. Is minig a thàinig teaghlach a steach do choille cho dlùth nach robh solus na gréine r' a fhaicinn, agus an ceann beagan laithean a bha an tigh seasgair, blàth, taitneach, tre chuideachadh càirdeil na feadhnach a bha thall rompa.

Cho luath 's tha an tigh-còmhnuidh air a chrìochnachadh, mur 'eil airgiod aig an imriche gu luchd cosnaidh a phàigheadh, tha e féin 's a bhean 's a mhic ag grad thòiseachadh air na craobhan a leagail agus talamh a réiteachadh air son pòir a chur cho luath agus is urrainn doibh. Tha iad ag gearradh nan craobh trì no ceithir troighean o 'n làr, agus iadsan tha eòlach, ni iad so cho teóma innleachdach agus gun toir iad air a' chraoibh tuiteam an rathad is deònach leo. Feumaidh coigrich tha air ùr theachd a bhi faicilleach gus am fàs iad eòlach, oir tha móran air an dochunn le tuiteam nan craobh.

As déidh do na craobhan tuiteam, is àbhaist doibh leigeil leis na bunan, trì no ceithir throighean air airde, fantainn gus an grod iad, agus ni iad so an seachd no ochd bliadhna. An uair tha na craobhan air trì no ceithir de acraichean fearainn air an leagail, tha iad 'g an gearradh 'n an sgonnan mu dhusan troigh air fad, agus an sin tha na coimhearsnaich ag cruinneachadh a rithist, agus 'g an slaodadh le h-eich agus daimh do aon àite, 'g an càradh suas 'n an tòrr mór, agus ag cur teine riutha. An déidh sin, tha iad a' sgaoileadh na luatha air an talamh, mur 'eil iad dlùth air àite far an gabh i reic, agus a' dèanamh an fhearainn cho réidh, còmhnard

agus is urrainn doibh ; agus tha iad air ball 'g a chur. Chan 'eil feum air ruamhar no treabhadh, ach am pòr a thilgeadh ann, agus seòrsa de chléith a chur thairis air ; faodar dà bhàrr a chur gun treabhadh gun ruamhar. Duine tha greis 's an dùthaich, agus a chleachd tuagh a làimhseachadh, leagaidh e na tha de chraobhan air acair an sè làithean, ma's giuthas a tha ann ; ach ma's fiodh cruaidh a tha ann, gabhaidh e cóig-là-deug ; agus ma's ann air son tuarasdail tha e 'g a dhèanamh, gheibh e trì puinnd Shasunnach air son a shaothrach, agus lòn agus teachd-an-tir cho maith 's is urrainn da iarraidh.

Ma tha am fearann dlùth air àite far a bheil rathaidean móra air an dèanamh, gheibh iad air son na luatha uiread 's a phàigheas iad air son na coille losgadh. Tha an luath air a ceannach, agus air a toirt do Shasunn a dhèanamh siabuinn agus air son oibrichean datha agus gloine. Ma tha bean aig duine tha ag cosnadh, ma's urrainn di clòimh a chìreadh, no clàdadh a dhèanamh, no ma tha i maith air an t-snìomhach, coisnidh i sè dolaran anns a' mhìos aig a leithid so de chalanas ; agus balachain os cionn sè bliadhna dh' aois gheibh iad tuarasdal maith air buachailleachd. Daoine no mnathan tha toileach obair a dhèanamh, chan eagal doibh ; ach daoine leisg, dìomhanach, misgeach, air dhroch ghiùlan, chan 'eil maith dhoibh dol do Chanada Uachdarach.

Tha dòigh eile aca air a' choille mhóir so a leagail. Is àbhaist doibh gearradh ceithir-thimchioll na craoibhe troimh an chairt, agus an déidh sin chan fhàs i na's mó, seargaidh i gu tur, agus an dà mo trì bhliadhnaichean fàilnichidh i, agus leagaidh a' ghaoth gu làr i. Mar so faodaidh duine ruith thairis ar dà no trì acraichean chraobhan anns an latha.

Tuigidh iadsan tha eòlach air an dùthaich so nàdur

an fhuinn air an t-seòrsa choille tha fàs air. Far am faighear am fiodh cruaidh a' fàs, tha doimhneachd talaimh do ghnàth an sin ; ach far nach 'eil a bheag ach an giuthas, chan 'eil an talamh air a' bheil sin ag cinntinn domhain no tarbhach. Tha cruithneachd agus eòrna agus seagal 'g a chur anns an talamh tha air ùr réiteachadh. Is e an coirce as miosa dh' fhàsas anns an dùthaich sin. Tha an coirce Innseanach anabarrach feumail ; ni e aran maith le beagan do mhin chruithneachd air a fheadh, agus tha e fìor mhaith air son crodh-bainne, mucan agus eunlaith. Is iad na mucan beathaichean as luachmhoire tha aca. Tha anabarr dhiùbh so a' ruith fiadhaich air feadh na coille, agus chìtear muicfheoil air gach bòrd. Tha togail mhuc, 'g an reamhrachadh agus 'g an sailleadh air son margaidh, a nis 'n a mhalairt mhór anns an dùthaich so.

Tha seòrsa chraobhan ann as àbhaist doibh fhàgail gun ghearradh ; tha iad so prìseil air son an t-siùcair tha iad a' faotainn asda. Ni iad toll-tora a steach do mheadhon na craoibhe, agus thig an sùgh a mach aisde ; tha e a' tuiteam an soithichean, agus an déidh sin tha iad 'g a bhruith, agus a' dèanamh siùcar fallain maith dheth ; tha e cho maith ri aon seòrsa cheannaicheas iad, air son feum tighe.

Tha sionnaich ro-lìonmhor anns an dùthaich so, agus madaidh-allaidh agus math-ghamhna, agus an losleathan no na " Beavers." Tha móran fhiadh an cuid de cheàrnaibh deth, agus maighichean agus daimh fhiadhaich (no " Buffalo ") air alt 's gu faod an sealgair sithionn a bhi aige gun mhóran saothrach.

A thaobh éisg, tha gach lochan uisge agus allt làn de bhradain agus gach iasg eile gheibhear ann a leithid de àite. Tha móran de na bradain air am marbhadh le

morghathan, no, mar their cuid riutha, craosnaichean. Tha dithis no triuir a' dol a mach anns an oidhche an curach beag air loch no air linne le leois, agus ma tha iad seòlta tapaidh, faodaidh iad de bhradain fhaotainn uiread agus is urrainn iad a ghiùlan ; ach mur 'eil iad teóma, tha iad an cunnart iomadh thaomadh maith fhaotainn. Tha iad a' sailleadh nam bradan an coinne a' gheamhraidh ; agus an uair tha an reothadh a' tòiseachadh tha iad a' marbhadh gach eunlaith as reamhra na chéile, tunnagan, geoidh, agus turcaich, féidh, is mairt reamhra is mucan. Chan 'eil feum aca air salann ; cha ruig iad a leas ach an fheoil a chrochadh anns an reothadh an sabhal coille, no àite air bith gun teine ; fàsaidh i cho cruaidh ri cloich, agus ni iad feum dhith mar is àill leo.

NEW ZEALAND.

GED is beag a chuala daoine mu thimchioll nan eileanan so gus o chionn ghoirid, tha e an dàn doibh fhathast a réir coslais a bhi cho ainmeil ri aon dùthaich air aghaidh an t-saoghail. / Ma bheir sinn fa-near far a bheil iad air an suidheachadh am measg rìoghachdan an t-saoghail, cia tarbhach agus tha nàdur an fhuinn, cia ciuin fallain slàinteil agus tha an t-sìd, cia lìonmhor a cuid aibhnichean, cia farsaing fasgach teàruinnte a liuthad cala is acarsaid àluinn tha ceithir-timchioll orra, chan fhaod sinn gun bhi fo bharail gum bi na h-eileanan so fhathast do chearnaibh an t-saoghail anns an àirde-deas mar tha rìoghachd agus éilean Bhreatunn air an ám anns an àird-an-iar.

Tha trì eileanan anns an aon ruith dlùth d' a chéile, air an dealachadh le caoil aimhleathan, tha dol fo an ainm so, New Zealand. Tha na h-eileanan so mu thimchioll an aon mheudachd ri Sasunn, Eirinn agus Albainn. Fhuaradh a mach na h-eileanan so air tùs anns a' bhliadhna 1642, le maraiche ainmeil as an Olaind d' am b' ainm " Tasman " ; ach cha robh a bheag no a mhór de iomradh orra gus an deachaidh an Sasunnach sin, Caiptein Cook, a bhios ainmeil an eachdraidh an t-saoghail, do na ceàrnaibh sin, anns a bhliadhna 1796, a' cheud uair a chuairtich e an saoghal. Tha an dùthaich so ochd-ceud-deug mìle bho Australia mu dheas, agus coig mìle de mhìltean o China. Is e an aon ùine ghabhas long a dhol do 'n eilean so a Sasunn agus a ghabhas i dhol do Australia. Tha beanntan àrda ruith o cheann gu ceann nan eileanan so mar chnàimh mór droma, agus tha iad so anabarrach àrd. Chan 'eil Beinn Nimheis, Beinn Lidi no Beinn Laoiminn ach mar chnocan beaga an coimeas ris na sléibhte móra so ; tha cuid diùbh ceithir-mìle-deug troigh air àirde, agus sneachd air am mullach o thoiseach gu deireadh na bliadhna. Chan 'eil glinn air thalamh as àillidh, as feuraiche, agus as torraiche na tha am measg nam beannta móra so. Tha cuid de na beanntan a' brùchdadh a mach teine o'm mullaichibh, agus do réir coslais bha iad uile 'nan ám féin 'n am beanntaibh teinnteach. Tha an iomadh àite tobraichean goileach teth a' ruith a mach asda ; agus tha tobraichean eile ann a' sruthadh uapa an cuid de àiteachan de stuth coslach ri ùilleadh glan soilleir, a nigheas agus a ghlanas aodach no nì eile na's feàrr na aon siabunn a dh'fheuchadh riamh.

Tha uillt agus aibhnichean lìonmhor anns na h-eileanan so, cuid diùbh mór àillidh dreachmhor, cho

farsaing domhain réidh 's gun seòl luingeas choig ceud tunna leth cheud mìle suas annta troimh an dùthaich fo làn aodach. Tha a' choille as mò, as àirde, as dìriche, agus as luachmhoire air an t-saoghal a' fàs gu dosrach ùrar air bruachaibh nan aibhnichean sin, agus am fearann as àillidh ri amharc air a' sìneadh a mach cho fada agus is urrainn sùil fhaicinn. Tha calaichean agus àiteachan acarsaid mu cheithir-thimchioll nan eileanan móra so cho fasgach réidh teàruinnte 's a tha r' am faotainn an aon cheàrn de an domhan, cuid diùbh cho farsaing agus gu faodadh cabhlach Bhreatunn tighinn chuige taobh ri taobh annta gun lochd gun chunnart. Chan 'eil acarsaid anns an t-saoghal a bheir bàrr air Bàgh nan Eilean ; tha an caol a tha fosgladh a steach do'n chaladh so dà-mhìle-dheug air leud. Tha na ceudan de chalachan mu thimchioll nan eilean air gach taobh dhiùbh, nach urrainn an coimeas fhaotainn anns an Roinn Eòrpa ; agus an cuid diùbh tha móran malairt cheana dol air aghaidh. An aon bhliadhna, 1838, chaidh corr agus seachd fichead long o gach ceàrn de'n t-saoghal a steach do aon bhàgh anns an eilean so a dh' fhaotainn fiodha no uisge no teachd-an-tìr, agus a reic iomadh seòrsa bathair ri muinntir na dùthcha.

Tha an t-sìd anabarrach fallain ciuin. Fad shè mìosan de'n bhliadhna tha e cosmhail ri taobh na h-àirde deas de'n Fhraing ; do dhaoine laga, breoite, chan 'eil a' ghrian loisgeach teth anns an t-samhradh, ni mó bheil an reothadh sgaiteach fuar anns a' gheamhradh. Tha na h-eileanan so calg-dhìreach taobh eile an t-saoghail bhuainne ; tha sinne agus muinntir a' chearn sin, mar gum b' ann, bonn ri bonn, air chor agus an uair tha an samhradh againne gu bheil an geamhradh acasan : tha am fogharadh acasan a' tòiseachadh anns a' Mhàrt agus

an t-earrach a' tòiseachadh mu dheireadh an fhogharaidh againne. Tha na beanntan cho àrd agus a' ruith o cheann gu ceann na dùthcha le neoil do ghnàth mun cuairt doibh, air chor 's gu bheil taisealachd do ghnàth anns an athar, agus an t-àile do ghnàth fionnar taitneach. Mar so tha fàs agus cinneas feoir agus luibhean anns na h-eileanan so na's làidire agus na's reachdmhoire na ann an aon àite eile air a bheil cunntas againn. Cha chualas iomradh air tart loisgeach, agus cha mhò a chualas gun d'fhàilnich bàrr no fogharadh riamh le dìth àitidheachd no drùchd ; gidheadh tha doinionn agus stoirm glé bhitheanta teachd mun cuairt fad ràithe a' gheamhraidh, agus cuid diùbh anabarrach gailbheach agus dòbhaidh. Tha iad am bitheantas o'n aird-an-ear agus an ear-thuath. Seasaidh iad trì laithean an cumantas, agus maille riu thig dìle choimheach de uisge. Tha a' ghaoth fad naoi mìosan anns a' bhliadhna a' ṣéideadh o'n àird-an-ear agus an àirde-deas.

I CHALUIM-CHILLE

I mo chridhe, I mo ghràidh
An àite guth manaich bidh geum bà ;
Ach mun tig an saoghal gu crìch
Bithidh I mar a bhà.

Buinidh an t-eilean ainmeil so do sgìreachd an Rois Mhuilich. Tha e trì mìle air fad agus mìle air leud. Chaidh sinn gu tìr aig Camas nam Mairtireach, an t-àite anns am b' àbhaist doibh cuirp nan daoine a dh' adhlaiceadh anns an eilean so a chur air tìr. Beagan os cionn a' phuirt so, tha àite air a chuairteachadh le seann bhalla cloiche, ris an abar iad Cladh nan Druin-

each.* Ghabh sinn air ar n-aghaidh dh' ionnsaigh tighe nan Cailleacha-dubha. Bha an eaglais aca so ochd-troighe-deug agus dà fhichead air fad, agus fichead troigh air leud. Tha leac-lighe na ban-Aba a bha mu dheireadh anns an eilean so r'a faicinn a stigh air ùrlar na h-eaglaise ; tha a cruth air a shnaidheadh air an lic ; tha aingeal air gach taobh fo thaic a cinn. Air ceann eile na lice tha dealbh na h-Oighe Moire, le coron air a ceann, an naoidhean Iosa 'na gàirdeanaibh, a' ghrian agus a' ghealach os a cionn 'g a comharrachadh a mach mar bhan-rìgh nèimh ; agus tha an ùrnuigh so air a sgrìobhadh aig a cosaibh an Laidinn, "A Mhoire naomh, guidh air mo shon." Mun cuairt air an lic tha air a chur sios anns a' chainnt cheudna : "An a laighe an so tha Bantighearn Anna Nic Dhomhnaill mhic Thearlaich, a b' àrd bhan-Aba an I, agus a chaochail anns a' bhliadhna 1511 : a h-anam tha sinn a' tiomnadh do'n Tì as àirde." Tha leacan nan Cailleacha-dubha eile air taobh a muigh na h-eaglaise ; agus astar beag uatha, ann an cùil leatha féin, tha piuthar bhochd 'na laighe nach do sheas dìleas d'a bóid.

Air an t-slighe chum na h-eaglais àirde tha crois Mhic-Ghill-Eathain, clach eireachdail air a snaidheadh gu h-innleachdach. Bha e 'n a chleachdadh cumanta anns na linnibh sin croisean de an t-seòrsa so thogail, maith dh' fhaoidte chum an ainm agus an cuimhne a chumail suas, agus is dòcha mar thaisbeanadh air meud an urraim dhàsan a cheusadh air a' chrann. Tha e air a ràdh gun robh trì cheud agus trì fichead dhiùbh so aon uair anns an eilean, ach gun do mhilleadh a' chuid a bu mhò dhiùbh le òrdugh àrd-sheanaidh Earra-Ghàidheal, agus a' chuid nach do mhilleadh mar so

*The original has *Clachan nan Druidhneach* ; see note.

dhiùbh, thugadh air falbh, agus chìthear iad gus an latha an diugh an iomadh àite feadh na rìoghachd.

Ràinig sinn Reilig Odhrain, cladh farsaing làn de leacaibh-lighe, fo a bheil rìghrean agus cinn-fheadhna agus ceatharnaich a bha cumhachdach agus ainmeil 'n an latha féin, ag cadal taobh ri taobh an suain a' bhàis. An so tha an t-àite ris an abair iad Iomair nan Rìgh, far a bheil ochd agus dà fhichead de rìghribh na h-Alba ; ceathrar de rìghribh na h-Eireann ; ochdnar de rìghribh Lochluinn, agus a h-aon no a dhà de rìghribh na Frainge. Air cuid de na leacaibh, tha ainm nan daoine tha fodhpa an Gàidhlig Albannaich, mar air lic Dhomhnaill fhadchosaich. Air cuid eile dhiùbh tha na h-ainmean anns a' Ghàidhlig Eireannaich, mar air lic Mhurchaidh-a-Ghuinn. Is i an eaglais bheag a tha an Reilig Odhrain an ceud tigh a thog Calum Cille anns an eilean so. Aig ceann na h-àirde deas dhith tha crùisle Lachluinn Mhic Fhionghuin, athair an Aba ; agus leac Aonghuis Oig Mhic Dhomhnaill, Tighearn Ile agus Chinn-tìre, an triath urramach sin a chuir an cath le Raibeart Brus air blàr ainmeil Allt a' Bhonnaich. Dlùth dha so tha uaigh agus leac Ailein nan Sop, ceatharnach de Chloinn Ghill-Eathain o'n d' thàinig teaghlach Thorrloisg. Tha leac Thigearna Chola an so mar an ceudna le a chlogaid is le a lùirich ; is Mac Gill-Eathain Dhubhaird agus Lochabuidhe, MacGuaire Ulbha, agus Iain Beaton, an t-ollamh Muileach, le an suaicheantas agus an airm-chatha os an cionn. A bhàrr orrasan tha àireamh mhór de laoich threuna leis am bu mhiann an ainm a bhi air chuimhne ; ach bha am beatha mar shlighe na saighde o'n speur, a shiubhlas gu luath seachad, agus air ball a tha air a dhruideadh suas. Anns an iar-thuath o dhorus na h-eaglaise so tha leac mhór anns a bheil dòirneagan

cruinne ris an abair iad clacha-bràth, a b' àbhaist doibh an laithibh an dorchadais a thionndadh mun cuairt air mhodh àraidh, ag creidsinn nach tigeadh latha-bhràth no deireadh an t-saoghail gus am biodh an leac sin air a caitheamh gu buileach troimpe.

Tha an eaglais àrd taobh na h-àirde tuath de 'n chladh so ; tha i cóig-troighe-deug agus cóig fichead air fad agus trì-troighe-fichead air leud. Tha tùr àrd dreachmhor ag éirigh 'n a meadhon, agus tha na h-uinneagan air an snaidheadh gu h-ealanta. Air cuid de chlachaibh barra-bhalla an tighe so tha dealbhan agus cuid de eachdraidh a' Bhiobuill air an gearradh gu ro-innleachdach. Bha altair de mharmor geal aon uair anns an eaglais so ; ach bhriseadh i agus thugadh gu buileach air falbh i, leis an smuain gu robh buaidh agus éifeachd àraidh fuaighte ris a' mhìr a bu lugha dhith. Làimh ris an altair tha uaigh an Aba Mhic Fhionghuin, air a bheil leac a thug bàrr air gach aon eile m' a timchioll. Air ùrlar na h-eaglaise tha leac MhicLeoid Dhùn Bheagain, agus iomadh aon eile air nach 'eil eachdraidh againn. Air cùlaibh na h-eaglaise so tha làrach tigh nam manach, far a bheil na Clacha Dubha a bha aon uair cho ainmeil an Gàidhealtachd Albann, air am b' àbhaist d' a h-uaislibh an cùmhnantan a nasgadh le mionnaibh os cionn uaigh Chaluim Chille. Dlùth do thigh nam manach tha tigh an easbuig, far an do ghabh Easbuigean Earra-Ghàidheal còmhnuidh, an déidh do 'n eilean Mhanannach a bhi air a dhealachadh uaithe. Tha r'a fhaicinn an so iarmad nan lios a bha aig na manaich far an robh móran de luibhibh ìocshlaint-each. Tha làrach a' mhuilinn agus na h-àtha fathast air an comharrachadh a mach ; tha an t-àite anns an robh an linne-mhuilinn a nis gun uisge ann, agus is

ann aisde tha iad a nis a' tilgeadh na mòine tha iad a' losgadh. Tha e coltach gu robh callaid àrd cloiche mu thimchioll na h-aitreabh naoimhe so, gu h-àraidh aig an taobh mu thuath, chum an dìon o' n luchd creachaidh a thàinig orra o' n àirde sin, aig nach robh suim do dhiadhachd no do na daoinibh maith bha tàmh anns an àite sin.

Is tiamhaidh muladach na smuaintean a dhùisgear anns an inntinn an uair a ghluaisear troimh na làraichean aosmhor. Is firinneach a labhair esan aig an robh an cridhe gu so a thuigsinn agus a' chainnt a bu shnasmhoire gu chur an céill. " Bha sinn a nis," a deir an t-Ollamh Sasunnach, " a' seasamh air an eilean ainmeil sin, a b' àrd-lòchran fad linntean do Ghàidhealtachd na h-Alba ; as an d'fhuair cinnich fhiadhaich agus ceatharna borba sochairean eòlais agus beannachdan na saorsa. Cha bu chomasach, ged a dh'fheuchta ris, an inntinn a thogail o na smuaintibh a dhùisg an t-àite so, agus b' amaideach an oidhirp ged a bhiodh e comasach. Ge b' e nì a thàirngeas sinn air falbh o chumhachd ar ceudfaithean ; ge b' e nì a bheir do na tha seachad o chian, no do na tha fathast ri tachairt, làmh-an-uachdair air na tha làthair, tha so ag àrdachadh ar n-inbhe mar bhithibh tuigseach. Gu ma fada uamsa agus o m' chàirdibh an fheallsanachd reòta a dh' aomadh mi gu gluasad gu caoin-shuarach eutrom thairis air aon àite a dh' fhàgadh urramaichte le gliocas, le fearalachd, no le maise. Cha chulaidh-fharmaid an duine sin nach mothaicheadh a ghràdh d' a dhùthaich air a neartachadh air blàr-catha Mharathoin, no a chràbhadh a' blàthachadh am measg làraichean briste I Chaluim Chille."

AILEAN NAN SOP

Is iomadh sgeul a tha air innseadh mu'n duine so an eachdraidh na Gàidhealtachd ; agus tha iomadh eachdraidh mhearachdach air a thoirt m' a thimchioll an leabhraichean. Dh'fheuch sinn gach aon diùbh a rannsachadh ; agus tha sinn a nis a' toirt eachdraidh as am faodar earbsadh.

Bu mhac Ailean nan Sop do Lachlunn Catanach, triath Dhubhaird, ceann-feadhna Chloinn Ghill-Eathain, an t-aon cheann-feadhna suarach tàmailteach michliuiteach a bha riamh thairis air a' chinneadh ainmeil mheasail sin, duine air nach 'eil aon sgeul maith air aithris, aintighearna cho garg fuilteach gealtach agus air a bheil iomradh againn an eachdraidh ar dùthcha.

Bha an droch dhuine so air tùs pòsda ri Baintighearn Ealasaid Chaimbeul, nighean do MhacCailein Mór, Iarla Earra-Ghàidheal. Cha robh a' bhéisd ach dà bhliadhna pòsda rithe an uair a dh' fheuch e ri a cur gu bàs le a fàgail air Sgeir na Baintighearna. Cha ruig sinn a leas an eachdraidh oillteil sin innseadh an so ; tha cunntas fìor mhaith air a thoirt m'a thimchioll anns an " Teachdaire Ghàidhealach." Bha mac eadar Lachlunn Catanach agus a' bhaintighearn so, Eachann Mór Dhubhaird, duine air a h-uile dòigh eu-cosmhail ri athair, àrd fhlath cho urramach air son gach deagh bheus agus bhuaidh agus a bha riamh anns a' Ghàidhealtachd. An déidh do Lachlunn Catanach dealachadh ri nighean MhicCailein phòs e bean eile d' a chinneadh féin, nighean

do fhear Threisinis, agus b'i so màthair an fhir so air a bheil sinn a' sgrìobhadh, Ailean nan Sop.

Is ann an caisteal an eilean beag ri cùlaibh Mhuile bha Lachlunn Catanach a chòmhnuidh an uair bha Ailean nan Sop 'na òganach. Tha an t-eilean so ainmeil an eachdraidh na rìoghachd ; bha e 'na dhaingnich aig rìghrean na h-Alba fad iomadh ceud bliadhna ; agus bha caisteal aca ann a bha anabarrach làidir. Tha aon chreag àrd chorrach chas ceithir-thimchioll an eilein, air nach streapadh gabhar, gun tighinn air daoine ; agus tha muir bhuairte agus sruthan brasa m'a thimchioll, air chor agus nach 'eil e comasach, cha mhór, a ghlacadh. Tha an t-àite anns an robh na saighdearan a' fuireach air a ghearradh no air a shnaidheadh o'n chreig.

So an t-àite anns an d' àraicheadh Ailean nan Sop. Ghlac athair an daingneach so le foill, agus chum e i le fòirneart. Is e an ceud iomradh tha againn air Ailean nan Sop, oidhirp a thug e air nighean do MhacNéill Bharraigh, a bha an tigh athar. Theich ise chum i féin a thilgeadh thar stac àrd gu i féin a theasairginn uaithe ; ach thachair ceatharnach làidir oirre a thug upag do Ailean leis an deach e thar a' chreig, agus théarnadh i bho a innleachdan mallaichte. Tha a' chreag thar an do thuit e air a h-ainmeachadh air gus an latha an diugh "Uirigh Ailein nan Sop." Bha tearnadh caol aige, ach thàinig e bhuaithe.

Bha anns an ám sin moran loingeas air an ais agus air an aghart ri reubainn agus mèirle, spùinneadairean le sgioba làidir borb. Dh' fhalbh Ailean le a h-aon diùbh so, is cha b' fhada bha e innte an uair a dhearbh se e féin a bhi 'na sheòladair agus 'na chreachadair comharraichte. Fhuair e uachdaranachd na luinge, agus chaidh e bho eilean gu h-eilean, ag creachadh,

a' losgadh, agus a' spùinneadh gach àite, gus an robh ainm 'na chulaidh-oillte agus eagail air feadh na dùthcha. Le a làimh féin b' àbhaist da sop a chur ris na tighean agus an losgadh ; agus is ann uaith so a thugadh Ailean nan Sop mar ainm air.

Thainig an creachadair so le luing a steach cùl Mhuile aig Lethoir Thorr-loisg ; chaidh Ailean le a chuid ghillean air tìr ; mhurt e caraid da féin, tighearna na Lethoir. B'e so ceann an teaghlaich urramaich d'am b' ainm "Sliochd a' Chlaidhimh Iarainn," seann duine gun lochd ; chuir e gu bàs e, agus ghlac e an tigh is an oighreachd dha féin. Tha e a' toirt duinn beachd bròn-ach air staid na Gàidhealtachd anns an am sin, an uair a fhuair an duine fuilteach so an oighreachd a ghleidh-eadh agus e féin a shocrachadh mar a rinn e, le murt agus mèirle ; ach bha e 'na ghaisgeach cho curanta treun dalma, agus gu robh eagal orra làmh a thogail 'na aghaidh. Bha na cinn-fheadhna anns an am sin a' murt agus a' milleadh a chéile ; agus sheasadh Ailean nan Sop am fear a b' fhèarr a cheannaicheadh a chàirdeas. Bha e air uairibh air taobh a bhràthar, Eachann Mór Dhubh-aird, agus air uairibh eile ag cath 'na aghaidh. Chan 'eil nì air bith as mò tha leigeil ris duinn seòltachd agus treuntas an duine so na gun do cheannaich MacDhomh-naill Ile a chàirdeas le eilean Ghiogha thoirt dha mar oighreachd, agus bailtean eile aig ceann Loch Tairbeirt. Chuir an ceatharnach, no an spùinneadair so, seachad móran ùine an Caisteil an Tairbeirt a fhuair e bho Mhac-Dhomhnaill ; agus cheannaich MacCailein Mór a chàirdeas le oighreachd a thoirt da an Cnapadal, àite tarbhach d' am b' ainm Cill Charmaig.

Le càirdeas nan daoine móra sin, MacCailein, Mac-Dhomhnaill, agus a bhràthar, Eachann Mór Dhubhaird,

bha Ailean nan Sop anabarrach cumhachdach, agus 'na chulaidh-eagail d'a naimhdibh ; agus ged a bha a liuthad oighreachd luachmhor aige, cha do sguir e de chreachadh agus de mhilleadh. A mach o Chaisteal na Tairbeirt b' àbhaist da dol do Chomhghall agus do thaobh Loch Laoiminn, agus air feadh mhachraichean na Galldachd, a' togail chreach o gach àite. B' àbhaist da le a loingeas dol mar an ceudna do Eirinn a losgadh agus a mhilleadh agus a thogail chreach, air chor agus gu robh Ailean nan Sop cho ainmeil an Eirinn agus a bha e an Albainn. Chaidh e a thogail chreach aon uair do'n eilean Bhódach. Chuala an Siorram gu robh e tighinn, agus chruinnich e a dhaoine, ach cha seasadh iad na ceatharnaich bhorba a bha aig Ailean. Thug e air falbh làn a luinge de'n spréidh a b' fhearr a bha r'a faotainn.

Chuir giùlan Ailein nan Sop mòr-dhuilgheadas air an duine ard-inntinneach onorach, Eachann Mór, a bhràthair, agus air a fhear-cinnidh, Tighearna Chola. Chuala Ailean nì-eiginn a thuirt Tighearna Chola 'na aghaidh, agus thug e Cola air gu aicheamhail a ghabhail. Bha Tighearna Chola a' sràidimeachd air an tràigh ; ghlac Ailean e, agus thug e air bòrd air a bhirlinn e ; rinn e prìosanach dheth, agus cheangail e ris an tobhta e. Thog e a shiuil agus thug e an Tairbeart air.

Bha Tighearna Chola 'na bhàrd urramaichte, agus thòisich e air òran a dhèanamh do Ailean nan Sop. Sheinn e an t-òran ; fhuair so a' chuid a b' fhèarr de Ailean ; dh'fhuasgail se e, agus thug e a chead da, ag ràdh ris :—" thoir an aire ciod a their thu an déidh so mu m' thimchioll-sa ; tha eun beag an Cola a tha a' tighinn a dh'innseadh dhomhsa do chainnt aig do bhòrd fèin ; leigidh mi as thu, ach bi ann ad earalas a so a mach."

An uair bha Ailean air fàs aosmhor thog e d' a dhroch cleachdaidhnean agus sguir e de chreachadh agus de reubainn ; ach cha do thaitinn so ris na ceatharnaich a bha 'na chaisteal ; cha robh an fheoil cho pailt agus a b' àbhaist di. Air latha àraidh bha cuirm aige, agus bha fear de a dhaoine ag creimeadh cnàimh feòla air nach robh móran r'a fhaotainn. " Is ann air an tigh so," arsa esan, " a thàinig an dà latha, an uair tha na cnàmhan cho lom." Chuala Ailean e, thuig e mar a bhà : " Biodh gach birlinn a bhuineas duinn deas a nochd, ar gillean 's ar daoine ; agus fiachaidh sinn beagan feòla chur a steach air cheann a' ghleamhraidh." Thog iad orra troimh na Caoil Bhódach, agus ràinig iad suas air abhainn Chluaidh dlùth do Ghlaschu ; thog iad creach mhór, agus phill iad le làn gach birlinn a bhuineadh dhoibh. So a' chreach as mò agus a' chreach mu dheireadh a thog Ailean nan Sop ; agus thugadh mar ainm oirre " Creach na h-Aisne."

Ràinig Ailean aois mhór. Chaidh e do I Chaluim Chille ; rinn e réite ri cléir an àite sin, agus an ùine bhig an déidh sin bhàsaich e agus thiodhlaiceadh e an I, an Reilig Odhrain maille r'a shinnsre, teaghlach Dhubhaird.

Dh' fhàg Ailean nan Sop aon mhac agus nighean. Chuireadh a mhac gu bàs air son oidhirp a thug e air Eachann Mór, bràthair athar, a mhurt ; agus phòs an nighean Murchadh Gearr Locha-buidhe. Thàinig an oighreachd a thug Ailean o Shliochd a' Chlaidhimh Iarainn, teaghlach na Lethoir, air a h-ais an déidh a bhàis dh' ionnsaigh Mhic Ghill-Eathain Dhubhaird ; agus thugadh i do Lachlunn Og, mac do Shir Lachlunn Mór Dhubhaird, agus uaithe-san thainig teaghlach Thorr-loisg. Chaochail Ailean nan Sop mu 'n bhliadhna 1555, eadar sin agus 1560. Tha leac an duine so air a comh-arrachadh-a mach fhathast an I Chaluim Chille.

NA SEANFHOCAIL

Bidh mi air uairean a' smaoineachadh, an uair a bha an Saoghal na b' òige na tha e nis, an uair nach robh iarrtasan an duine cho lìonmhor 's a tha iad air fàs, agus an uair nach robh an sluagh a' strì cho dian 's a tha iad a nis ris na sean iarrtasan a shàsachadh agus ri iarrtasan ùra a ghineamhuinn, gun robh an Cinnedaonna a' mealtainn toil-inntinnean luachmhor air nach 'eil sinne ag amas, no, mar bu chòir a ràdh, ris nach 'eil sinn a' fuireach. Gun teagamh, is mór agus is lìonmhor na sochairean a bhuilicheadh oirnne a tha beò anns na linnibh deireannach so, air nach cuala ar n-aithrichean iomradh. Is luachmhor an dìleab a dh' fhàg na ginealaich a chaidh thairis againne a thàinig 'n an déidh. B' fhialaidh a thaom ar n-aithrichean fallus an gruaidhe, agus gu tric fuil an cridhe, a chum na beannachdan nach do mheal iad féin a bhuannachd d' an cloinn. Tha na sochairean a choisinn misneach agus cruaidh-chas, eòlas, agus seirc ar sinnsearan dhuinne do-àireamh ; agus bhiodh e eu-comasach a chur an céill gach dòigh air a bheil an Saoghal air a chur fo chìs a chum sonas an duine a mheudachadh. Tha so ag cur dleasnais chudthromaich oirnne gun aisig sinn 'n an lan-thoirbheartas d' ar cloinn na tìodhlacan luachmhor a tha sinn féin a' mealtainn.

Ach an uair a tha so uile fìor, chan 'eil mi gun amharus nach robh luchd-àiteachaidh an t-seann shaoghail, a measg iomadh anacothrom, a' mealtainn cuid de fhìor shonas an dòighean air nach 'eil sinne ruigheachd

a nis. Chan ann uile gu léir gun aobhar, tha mi a' meas, a bhios na Bàird a' treòrachadh ar n-aire gu sonas na " tìm a bh' ann o shean." A dh' aon ni, cha toir a bhi beachdachadh " air an domhan 's na bheil ann " co-ionann toil-inntinn do'n duine a nis, agus a bheireadh e anns na " linntibh a thréig." Dhùisgeadh an cruinne-cé faireachdainnean an inntinn an duine o shean nach 'eil comasach an diugh. Co-dhiùbh a chitheadh e a' chruitheachd agus na laghannan a tha riaghladh innte mar bhalla iarainn mun cuairt da ach an taobh muigh dheth, agus e féin mar mholl air a luasgadh leis gach oiteig, gun fhios aige cia as no c'àite a bha a thùs no a thriall ; co-dhiùbh bha e 'g a fhaicinn féin mar chuid de'n chruitheachd mhóir, a' tarruing beatha uaipe agus a' tiomnadh a bheatha dhi—le chéile ag coimhlionadh an Dàin ged bha an Dàn am folach air ; no co-dhiùbh a bha a inntinn air a treòrachadh gu bhi saoilsinn gun robh e faicinn an obair a' chruthachaidh dearbhadh air làthaireachd Bith uile-ghlic agus uile-chumhachdaich 'n a shuidhe air Righ-chaithir na Cruinne, aig a bheil an Saoghal 'n a ghlaic agus a tha ag òrduchadh gach ni a réir a' rùin ; bha an Cruinne-cé an còmhnuidh 'n a aobhar-iongnaidh, 'n a aobhar-uamhainn, agus 'n a aobhar ard thoil-inntinn do anam an duine o shean, air dhòigh nach bi e gu bràth tuilleadh dhuinne. Gheibh sinn dearbhadh follaiseach air so an saothair nan seann Bhàrd. Gun a bhi dol seachad air priòmh-Bhàrd ar dùthcha féin, c'àite am faigh sinn bàrdachd anns a' Ghàidhlig a tha air a lìonadh le mórachd is le maise a' chruthachaidh mar a tha a' bhàrdachd a tha air a h-ainmeachadh air Oisein ? Agus co-ionann tha Bàrdachd nan Iudhach, nan Greugach, agus nan Ròmanach. Tha cumhachdan an t-saoghail fhaicsinnich agus neo-

fhaicsinnich an dà chuid 'g am brosnachadh agus 'g an claoidh. Is ann uapa a tha am beatha spioradail a' teachd, ach tha a' bheatha ro neartmhor air an son ; agus chì sinn iad 'g an sleuchdadh féin sios an làthair nan cumhachdan so. Tha gun teagamh an aineolas ag cuideachadh an t-sàsachaidh anma a tha iad a' mealtainn. Tha dìomhaireachd a' chruthachaidh cho math r'a mhórachd 'g an lìonadh, agus a' dùsgadh suas an Spioraid gu h-urram agus gu h-umhlachd. Ach tarruing a thaobh am brat a tha ag còmhdach na dìomhaireachd, thoir lòchran an eòlais a steach do'n ionad naomha so, agus ruaigidh tu tuilleadh agus aineolas : ruaigidh tu Spiorad na h-irisleachd, na h-umhlachd, agus móran de Spiorad an fhìor ghliocais.

Chan ann le anam lìonta le h-urram agus le h-eagal a sheallas Feallsanach an latha an diugh mun cuairt da, no os a chionn. Chan ann le bhròg an bharr a chos, no le bhoineid 'n a dhòrn a sheasas esan aig dorus an tighe so " nach do thogadh le làmhaibh." Chan ann ; ach sgeadaichte, uidheamaichte, tha e ag éigheach an dorus fhosgladh a chum 's gun rannsaich e an tigh, gach cùil is oisinn deth. Bha an t-eòlas so " ro-iongantach " le Daibhidh agus cho àrd agus nach ruigeadh e air ; ach chan 'eil a' chùis mar so dhàsan air an do thaomadh gu pailt solus an eòlais agus a' ghliocais an ar latha-ne. Chan 'eil, gun teagamh, fios aige có leag clach-oisinn an talmhainn ; ach dearbhaidh e dhuit nach 'eil clach-oisinn idir ann. Chuir e a shnàthainntomhais, chan ann a mhàin thar an talaimh ach thar an iarmailt mar an ceudna. Chaidh e steach gu tobraichibh na fairge ; chunnaic e ionmhasan an t-sneachda. Dh' fhosgail e doimhneachd a' chuain ; lean e slighe an dealanaich ; cheasnaich e a' ghrian. Thug e air oibre

Nàduir gu léir an ionmhasan a thoirt am follais, agus am fàgail aig a chosan, a chum a bhi frithealadh do chomhfhurtachd an duine. Is mór agus is urramach an dearbhadh so air cumhachd buaidhean an duine an uair a tha iad air an deagh chleachdadh ; agus is luachmhor a' chreach a thug iad dhachaidh dha á tìr an aineolais. Ach an lorg so, chaill sinn, saoilidh mi, faireachdainnean a bheireadh toil-inntinn is sòlas do'n anam. Ma dh'fhairich esan a dhearbh gur iarann a' ghrian an t-àrdachadh inntinn a tha dligheach dhàsan a bheir buaidh a mach, nach éiginn gun do mhothaich e mar an ceudna nach ionann faireachdainn a dhùisgeas " ard-lòchran na speur " an cridhe an t-sluaigh gu bràth tuilleadh, an uair a chithear i " mar fhear-nuadhpòsda a' teachd a mach as a sheòmar ? " Anns na h-inntinnean as àirde, chan 'eil gun teagamh Spiorad an urraim no na h-irisleachd air a lughdachadh ach air a mheudachadh mar a tha eòlas a' dol am farsaingeachd. Tha e eu-comasach dhàsan anns nach 'eil Spiorad an aoraidh marbh, a tha beachdachadh air glòir na h-iarmailt, is a tha creidsinn gu bheil gach reul is reannag a chi an t-sùil, agus na miltean do-aireamh nach faic, 'n an gréin a' soillseachadh saoghail gun chrìch am farsaingeachd na cruitheachd, gun a bhi ag altrum beachdan na's airde agus na's sòluimte mu thimchioll a' Chruinne-ché agus an Ti a chruthaich e. Chan fhaic a leithid so de fhear anns gach fearann a théid a cheannsachadh ach crìoch na tìre neo-chrìochnaich air nach do chuir duine fathast a chas. Ach chan ann mar so a chi an saoghal. " Millidh dànadas modh " ; agus faodar a ràdh mu mhóran gun lughdaich eòlas urram.

Ach a rìs, dh'atharraich ar n-eòlas, agus na h-inn-

leachdan a fhuair eòlas a mach, gu tur ar beachd mu thimchioll mórachd agus greadhnachas na talmhainn. Chan ionann beachd dhuinne agus d' ar n-aithrichean air Astar, no eadhon air Tìm. Thug innleachdan taobh eile an t-saoghail na's dlùithe dhuinne na bha an ath sgìreachd d' ar n-aithrichean. Siubhlaidh tu troimh an tìr leth-cheud mìle 's an uair. Bidh tu an Albainn an diugh agus anns an Fhraing am màireach. Gheibh thu litir á America na's luaithe agus na's saoire na gheibheadh do sheanair á Glaschu i. Gheibh thu fios air ais á Austràlia na's luaithe na gheibheadh t'athair as an ath bhaile. Chan 'eil e duilich dhuit-sa snàthainn-tomhais a shìneadh air an talamh ; nach 'eil cearcaill de shnàthainnean iarainn thairis is thairis air, ag giùlan le luathas an dealanaich teachdaireachd o dhuine gu duine, o bhaile gu baile, is o rìoghachd gu rìoghachd ; agus nach 'eil so a' tabhairt aobhair-dòchais do mhóran gur goirid an ùine gus am bi luchd-àiteachaidh an t-saoghail 'n am bràithrean mar tha iad cheana 'n an coimhearsnaich ; gus " am buail iad an claidhean gu coltairean, agus an sleaghan gu corranaibh-sgathaidh, agus nach fòghlum iad cogadh na's mò." Ach tha so uile ag àrdachadh ar meas air cumhachd an duine agus ag ìsleachadh greadhnachas na talmhainn 'n ar sùilean. Chan 'eil eagal, saoilidh mi, gun dèan an duine aoradh do fhiodh no do chloich gu bràth tuilleadh ; tha mór eagal gun dèan e aoradh dha féin.

Ach chan e a mhàin gu bheil sinn air call faireachd-ainnean a bheireadh fìor shòlas do'n anam an lorg an eòlais agus nan innleachdan a fhuaradh a mach ; tha sinn ag call móran de fhìor shonas leis a' chabhaig leis a bheil sinn a' siubhal troimh an t-saoghal. Chan ann le foidhidinn a tha sinne ruith réis na beatha. Chan ann

a mhàin 'n ar n-obair lathail a tha an dian strì so ri bhi air thoiseach air ar coimhearsnaich. Cha leòr gu bheil ciocras do-shàsaichte air a ghintinn 'n ar cridheachan air son a bhi dèanamh stòrais, agus sinn féin a chuart-achadh leis gach comhfhurtachd a bhuannaicheas stòras dhuinn. Eadhon 'n ar dachaidhean, 'n ar n-uaigneas cha ghabh sinn socair. Chan fheith sinn ri bhi sona. Tha sinn a' feuchainn ri sonas fhaotainn ann a bhi an còmhnuidh air ghluasad, ag atharrachadh o àite gu h-àite is o thoil-inntinn gu toil-inntinn ; agus tha mi a' meas gu bheil sinn a' dèanamh clì. Gun teagamh cha bhi aon chuid an inntinn no an corp fallain gun ghluasad, no làidir gun obair ; ach feudar an inntinn a shàrachadh cho math ris a' chorp, agus is e mo bheachd gu bheilear 'n ar latha-ne anns a' mhór chuid de'n t-saoghal a' ruigheachd na h-inntinne agus a' chuirp tuilleadh 's a' chòir. A réir barail mhórain chan 'eil sinn cho treun ri ar n-aithrichean an corp no an inntinn. Chan 'eil iongantas ged nach 'eil. Cha lean an sgoilear na's mò na an sionnach air sìor ruith.

Ach eadar co dhiùbh thà no nach 'eil sinn a' sàrachadh na h-inntinne le obair ghoirt, tha sinn, gun amharus, 'g a milleadh le bhi sìor chur innte. Chan 'eil, gun teagamh, so cho fìor an Gàidhealtachd na h-Alba, no a measg an t-sluaigh nach labhair ach Gàidhlig, agus a tha e anns a' chuid eile de'n rìoghachd ; ach is ann a' dol na's fìrinniche tha e gach latha. Ged nach léir do'n t-sùil an gad a tha ceangal na h-inntinne agus a' chuirp, tha fios againn gu bheil an ceangal dlù ; agus ceart mar a tha slàinte is neart a' chuirp air am milleadh ma dhinneas tu de bhiadh ann barrachd na's urrainn da a chnàmh, tha buadhan na h-inntinne air an lagach-adh ma bheir thu m'a coinne barrachd na's urrainn di

chnuasachadh. Gabhaidh goile a' chuirp milleadh le a' bhi sìor chur ann. Bheir geòcaireachd cho mhaith ri ocras do bhàs ort ; tha gais cho cunnartach ri gort. Mu do lòn spioradail cho math ri mu t' aran lathail tha an ràdh fìor : " Is feàrr sgur na sgàineadh."

An òige an t-saoghail, matà, an uair a bha an inntinn ag gleidheadh ceum ris a' chorp, is a bha iad le chéile a' siubhal troimh an t-saoghal air an socair ; an uair a bha an t-sùil a' fuireach ri faicinn, is an inntinn ri breithneachadh ; an uair a bha daoine a' sealltainn na b' athaisiche na tha iad a nis mun cuairt doibh is an taobh stigh dhiùbh ; an uair nach robh biadh cho blasda, tighean cho blàth, aodach cho rìomhach, eòlas cho farsaing, no leabhraichean cho pailt ; bha, tha mi a' meas, daoine a' mealtainn anns a' bheagan thoil-inntinnean a bha aca sonas cho fìor agus, maith dh-fhaoidte, cho làn 's a tha sinne leis na cothroman do-àireamh a tha againn féin. Anns na linntean so bha móran de theagasg an t-sluaigh air a thoirt seachad an seanfhocail no an gnàthfhocail. Bha a' chleachdain coitchionn a measg gach cinneach air a bheil eachdraidh againn. Tha gach aon againn eòlach air Gnàthfhocail Sholaimh. A measg nan Greugach agus nan Ròmanach bha móran de'n eòlas agus móran de'n creidimh air aiseag o ghinealach gu ginealach air an dòigh so. Agus a measg nan rioghachdan Eòrpach eile bha a' chleachdain cheudna. Ach tha mi ag creidsinn nach robh sluagh air a bheil iomradh againn a measg an robh agus a bheil uiread cumhachd aig seanfhocail ri Gàidheil na h-Albann anns gach àite an robh no a bheil iad. Tha fios againn gu robh a' mhór chuid de fhòghlum nan Druidhean, ar luchd-teagaisg o shean, air a thoirt seachad an seanfhocail a bha gu tric air an cur an rann a chum a'

mheamhair a chuideachadh gu bhi 'g an gleidheadh air chuimhne ; agus gus an latha an diugh chithear gu minig 'n ar glinn is 'n ar n-eileanan an oidhche gheamhraidh air a cur seachad ri taobh an teine le rann, sgeul, toimhseachan, is seanfhocal. Gu ma buan gach cleachdain o'm faigh an òigridh tuigse is toil-inntinn o bheul an aosda !

Is ann, mar bu trice, leis na daoine a bu ghlice agus a bu ghéire a chaidh na seanfhocail a chur ri chéile ; agus a measg nan daoine a b' fhòghluimte anns gach linn is anns gach àite bha iad air an altrum le mór-urram. Air Gnàthfhocail Sholaimh, an duine bu ghlice a chunnaic an saoghal riamh, rinn sinn cheana iomradh. Rinn an Greugach a b' ainmeile 'n a rìoghachd féin air son eòlais is gliocais cruinneachadh de sheanfhocail a dhùthcha. Tha dearbhadh againn am bàrdachd an ùghdair as àirde cliù a sheinn anns a' Bheurla air a' mheas a bha aige-san air seanfhocail Shasuinn ; agus rinn sgrìobhadairean ainmeil uair is uair cruinneachaidh dhiùbh so. An saothair nam Bàrd Gàidhealach chì sinn an cumhachd a bh' aig seanfhocail thairis air na h-inntinnean a b' urramaiche de ar cinneadh féin. Rinneadh cruinneachadh de na Seanfhocail Ghàidhealach o chionn móran bhliadhnachan le deagh sgoileir, Mac-an-Tòisich, ach chan 'eil an leabhar a nis ach tearc. Chuala sinn le mór-aoibhneas gu bheil Gàidheal foghluimte, an Siorramh Mac-Neacail, a' deas-achadh clò-bhualaidh ùir de'n leabhar luachmhor so. An duilleagan a' *Ghàidheil* chunnacas o ám gu ám, agus tha sinn an dòchas gu faicear fathast, cuid de na seanfhocail a tha siubhlach a measg an t-sluaigh. Cha bhi e neo-fhreagarrach, matà, saoilidh mi, a bhi feòraich mu dhòigh-chainnt a bha agus a tha cho cumh-

achdach is cho coitchionn a measg dhaoine, is gu h-àraid a measg Ghàidheal, ciod iad, ciod e an luach, agus ciod e an cunnart mar ghnè-theagaisg ?

Ciod e sean-fhocal ? Aithnichidh gach aon againn e an uair a chi no chluinneas sinn e ; ach chan 'eil e cho farasda a mhìneachadh do neach eile ciod iad na feartan a tha dèanamh suas na dòigh-chainnt so. Thuirt Sasunnach ainmeil a tha fathast maireann gur e sean-fhocal " gliocas mórain, ach géiread aoin " ; agus thuirt sean ùghdar Ròmanach gu bheil an seanfhocal mar an seillean, " gu faighear a' mhil 's an gath an coluinn bhig." Gheibhear an so, tha mi a' meas, an dà chuid mìneachadh agus eisimpleir air seanfhocal ; ach cha ruigear a leas fiughair a bhi gun seas am mìneachadh an còmhnuidh fìor. Chan fhaighear sean-fhocal, tha mi ag creidsinn, as eugmhais nan trì nithean so, gliocas, géiread, giorrad ; ach chan 'eil mi cho dearbhta gun dèanar suas e leis an trì a mhàin. Mum fàs e 'n a sheanfhocal is éiginn gun gabh an saoghal ris mar aon ; agus cha bhiodh e duilich iomadh ràdh fhaotainn a tha glic, geur, is gearr, nach d' fhuair fàrdach a measg an t-sluaigh. Ach ma théid agad air fìrinn a thilgeadh am beagan de fhocail shnasmhor a ni gréim air inntinnean dhaoine, air chor is gu bheil an fhìrinn air a h-aiseag a beul gu beul ad chainnt féin, 's e mo bharail gu faodar a ràdh gur seanfhocal an fhìrinn so. Ma bhios an ràdh air a thoirt seachad fo shamhladh, no an rann, no am focail a ni fuaim thaitneach do 'n chluais, bidh e na's dòcha gun gabh an sluagh ris, ach ma nithear a bheatha as eugmhais nan innleachdan so is seanfhocal e.

Chunnaic sinn cheana am meas a bha aig na daoine treuna a dh' fhalbh air a' mhodh-theagaisg so ; agus

chan aobhar iongantais ged a bhà. Air an cur ri chéile leis na daoine a bu ghlice agus a b' fharsainge fiosrachadh anns gach linn ; air an tilgeadh an cumadh taitneach do'n t-sùil is do'n chluais ; chaidh an giùlan air meamhair an t-sluaigh o dhùthaich gu dùthaich, is o ghinealach gu ginealach, ged chaidh, mar bu tric, na blàir a chuir iad, na fearainn a cheannsaich iad, is na h-ealaidhean a dh'ionnsaich iad, gu tur a dhi-chuimhneachadh. Dhuinne tha na seanfhocail ro luachmhor. Gheibh sinn annta gu tric am fiosrachadh as earbsaiche air gliocas, gleusdachd, beachdan, is creidimh ar sinnsearachd. Chan 'eil cearn de thìr an eòlais, no ach beag de rìoghachd a' chreidimh, nach 'eil iad ag còmhdachadh. Eòlas mu'n chruthachadh is mu chuibhrionn an duine ann ; eòlas mu laghannan na h-inntinne is a' chuirp ; riaghailtean-stiùraidh air son a' ghluasaid anns gach dleasnas dha féin, do a choimhearsnach, do a Chruithear ; agus so uile an cainnt shnasmhor, farasda thogail is a chuimhneachadh, a bheir toil-inntinn cho math ri fòghlum seachad. Cuid de na sean-fhocail gheibhear anns gach cànain is anns gach dùthaich, fìor luchd-àiteachaidh an domhain, a' ruigheachd air ais gu tùs ar n-eòlais, is air falbh gu crìch ar n-aithne, a' toirt dearbhaidh làidir air fìrinn an Abstoil Phòil gun do " rinn Dia de aon fhuil uile chinnich dhaoine " ; cuid eile dhiùbh gheibhear dùthchasach do'n tìr so no do'n tìr ud eile, a' tarruing an cruth is an dreach o'n t-sluagh is o'n tìr o'n d'fhuair iad am beatha ; ach gu léir roluachmhor dhuinne mar na tinneachan as treise anns an t-slabhraidh shiorruidh a tha ag ceangal dhùthchannan is inntinnean an t-saoghail am bannaibh teann an eòlais, a' ghliocais, agus a' ghràidh.

Ach luachmhor 's mar tha na seanfhocail, agus

measail 's mar is còir dhuinn an còmhnuidh an gleidheadh air chuimhne, chan 'eil iad gun chunnart 'n an lorg. Tha an seanfhocal mar an teine, 'n a dheagh sheirbhiseach ach 'n a dhroch mhaighistir. Ma ghleidhear 'n a àite féin e, tha e fiachail is goireasach, beathaichidh is geuraichidh e an inntinn ; ach ma bheirear an lamh-an-uachdair dha, cha dèan e ach a claoidh. Mar tha eòlas a' dol am farsaingeachd, is mar tha laghannan is cleachdainean ùra a' faotainn àite a measg an t-sluaigh, tha dleasnais ùra ag éirigh suas. An seanfhocal a bha fìor mìle bliadhna roimhe so, faodaidh e a bhi nach 'eil e fìor an diugh. An seanfhocal a bha fìor anns an àird-an-ear, faodaidh e gun bhi fìor anns an àird-an-iar. Agus gu h-àraid an ràdh a tha fìor an aon seadh, is tric nach 'eil e fìor an seadh eile. A thuilleadh air so, tha mi a' meas gu bheil sinn anns a' Ghàidhealtachd buailteach do bhi toirt barrachd uachdaranachd do na seanfhocail na tha ar coimhearsnaich na Goill. Chan 'eil againne an cothrom a tha aca-san air foghlum fhaotainn á leabhraichean. Bha sinn riamh a' faotainn na bu mhò d' ar n-eòlas leis a' chluais na leis an t-sùil, agus bha móran de'n eòlas air a thoirt seachad an seanfhocail. A rìs, tha a leithid de thlachd aig Gàidheil de gach ni a tha deas, cuimir, agus gu bheil cunnart ro mhór gun gabh sinn ri ràdh a thaitneas ruinn anns an rathad so, gun móran rannsachaidh a dhèanamh mu a fhìrinn. Chuir sinn an seanfhocal ar n-earbsa á fìrinn nan seanfhocal thar cheann—" Ged dh'éignichear an seanfhocal, cha bhreugnaichear e." Tha a leithid de bhuaidh aca thairis oirnn, is a leithid de earbsa againn 'n am fìrinn, agus nach 'eil ni cho feumail dhàsan leis am bu mhiann beachd ùr a thoirt fa chomhair Ghàidheal ri càirdeas nan seanfhocal a dhèanamh. Tha

e air aithris mu bhàrd ainmeil Sasunnach gun do mharbh òraid e anns an robh breith chruaidh air a thoirt air a shaothair. Chan 'eil neach a leugh an *Teachdaire Gàidhealach* nach faca am mort a dhèanadh an t-Ollamh Mac Leoid leis na seanfhocail. Mar shlachdan-druidheachd nan sgeulachdan, bha iad an còmhnuidh aig a uilinn a chum cur as do gach nàmhaid a thigeadh 'n a charaibh. Agus chan 'eil aon againn nach faca, uair is uair, deasbair éiginn, leis an fhìrinn maith dh'fhaoidte 'n a bheul, air a thilgeadh le aon de na saighdean cuimseach bàsmhor so. Is claidhean dà fhaobhair air an deagh lìomhadh na seanfhocail. Gearraidh iad dlù, agus gearraidh iad glan. Ach is ann mun chuid as lugha dhiùbh a mhàin is urrainn a ràdh, mar theirte mu chlaidheamh Fhinn, " nach d' fhàg e riamh fuidheall beuma."

Feuchaidh sinn o am gu h-am ri aon no a dha de na seanfhocail Ghàidhealach a chur fo ghloine-amhairc dùbailte an Sgrùdaire, a bheir am fada am fagus, agus a ni am beag mór, agus ri rannsachadh a mach, a réir ar comais, an solus ar latha féin ciod e an fhìrinn a gheibhear fillte annta.

FIANUIS HUISDEIN MHIC DHOMHNAILL

[Air do Chomunn Gàidhealach Lunnuinn bhi rannsachadh agus a' dèanamh iomraidh mu bhàrdachd Oisein agus am b'ì no nach b'ì fìor obair Oisein a chuireadh a mach fo làimh Sheumais Mhic Mhuirich, chunnaic iad iomchuidh fianuis a ghabhail bho HUISDEAN MAC DHOMHNAILL Chill Pheadair an Ceann Deas Uibhist, agus bho LACHLUNN MAC MHUIRICH de shliochd bhàrd Chlann Raghnaill, agus chuir an Comunn a mach an fhianuis sin anns an leabhar a sgrìobh iad. An so sìos tha an teisteanas.]

THA uiread agus uiread eile is ata iad ag ràdh thionndaidh Mac a' Phearsain ri faotainn an diugh de shaothair Oisein, aig daoine nach faca riamh Mac a' Phearsain, agus cuid eile nach cuala iomradh air ainm, agus aig nach 'eil focal Beurla.

Tha na laoidhean air an cur sìos anns a' chainnt a bha aig an t-sluagh anns an am, far a bheil móran fhocal nach 'eil gnàthaichte anns an aimsir-sa, agus nach tuigeamaid, agus a leigte air dìochuimhne buileach, mur a biodh laoidhean Oisein againn gus an cumail an ar cuimhne le cuideachadh bhàrd agus sheann daoine bhios 'gam mìneachadh.

Ged nach faighear na h-aon laoidhean cho iomlan aig a h-uile dhuine, gidheadh gheibhear an aon seadh annta anns a h-uile àite ; agus chan fhaighear an cearn air bith gu bheil aon laoidh tha air chuimhne a breugnachadh a h-aon eile no an aghaidh a chéile.

Ged chuirte deuchainn air a h-uile dhuine thuigeas na laoidhean-sa, cho fòghluimte is gum bì e, cha b' urrainn e an tionndadh gu Beurla no gu cànail air bith eile air chor is gu freagradh iad cho math is a tha iad anns a chànail an d' rinneadh an toiseach iad ; idir cha

b'urrainn e an dèanamh am Beurla agus a rìs an tionndadh gu Gàidhlig anns am biodh cnàimh agus smior na fìor chànail.

Ge b'e air bith ata sgrìobhadh an aghaidh Oisein, agus ag ràdh nach do fhàg e bàrdachd air an Fhéinn agus air an dèantanas, feuchadh e am faigh e aon bhàrd an àite air bith, no an cànail air bith, as urrainn bàrdachd a dhèanamh co math 's a rinn Oisein. Is e mo bharail nach feàrr a shealladh a shaothair an comhairde ri laoidhean Oisein na ged theannainn-sa ri labhairt Beurla, cànail nach d' ionnsaich mi riamh. Ata so co firinneach is, ged thug cuid de na seann bhàird an déidh Oisein oidhirp air a leantainn, nach bheil duine air bith aig a bheil eòlas air bàrdachd nach aithnich air a' cheud éisdeachd saothair Oisein bho shaothair neach air bith eile.

Ata Oisein ag ràdh gu robh bàird ann roimhe féin, a bha ag seinn gaisge nan laoch a bha ann ri'n linn. Ata Oisein ag seinn gaisge na Féinne mar a chuala agus mar a chunnaic e, mun do fhàs e aosda, agus bho 'n aimsir sin bha filidhe an teaghlaichean air Ghàidhealtachd bha gleidheadh cuimhne bho linn gu linn air seanchas agus air bàrdachd. Bha na tighearnan agus na h-uachdarain ag tabhairt duais do na bàrdaibh-sa, agus fad 's a bhiodh iad a dèanamh so bha a h-uile bàrd, a bharrachd air a bhàrdachd féin, gleidheadh cuimhne air saothair Oisein, mar a' bhàrdachd a b' urramaiche, 'g a cumail air chuimhne ; ach bho na chaidh an rìgh do Shaghsan, agus a sguir na h-uachdarain mean air mhean de ghleidheadh meas agus thabhairt duais do na bàird, chaidh na bàird as, ar chor is gun deachaidh móran de 'n t-seann bhàrdachd mu làr, ged ata cuid mhath dhith fathast r'a fhaotainn ; agus mur a bhiodh Mac a'

Phearsain air cus saothrach a ghabhail ri cuid dhith chur cruinn anns an am an d'rinn e, bhiodh laoidhean Oisein air chall na bu mhò.

Ata còmhdach na's leòir gu robh teaghlaichean Gàidhealach ag cumail bhàrd. Ata daoine beò, agus mi féin a h-aon diubh, chunnaic cuid de na bàird-sa 'nan comhnuidh anns na fearainn a bha aca bho na h-uachdarain mar dhuais agus mar oighreachd ar son a' ghnothaich-sa, agus feudaidh sinn ainm nam bàrd agus nam bailtean a bha aca innseadh an diugh. Aig teaghlach MhicDhomhnaill b'e Iain MacCodrum am bàrd mu dheireadh, agus bha duais aige bho Shir Seumas agus bho'n Mhoirear a bhràthair; roimhe sin Donnchadh MacRuairidh aig a robh Achadh nam Bàrd an Tròndairnis mar fhearann oighreachd, agus tha a shliochd féin agus sliochd a shinnsear air sloinneadh Clann a' Bhàird; agus ged thachradh do h-aon diùbh gun e féin bhi 'na bhàrd, bha e mar fhiachaibh air cuimhne chumail air seanchas agus ar bàrdachd nan aos-dàn a bha ann roimhe. Gus a dhearbhadh a' mheas a bha aig na h-uachdarain air na bàird: An uair a chuir MacLeòid bhuaith Mac Ghille Riabhaich agus a ghabh e fear eile 'na àite, thug MacDhomhnaill, ged a bha bàrd aige féin, fearann dha an Cill Mhoire an Tròndairnis, ris an can iad baile Mhic Ghille Riabhaich gus an diugh.

Aig teaghlach Mhic Mhic Ailein bha clann Mhuirich feadh iomadh linn 'nam bàird, agus bha mar fhiachaibh air a h-uile h-aon diùbh foghlum thabhairt dha mhac no dha oighre air chor is gu leughadh agus gu sgrìobhadh e seanchas. Ata làthair fathast am Brosnachadh Catha rinn Niall mór Mac Mhuirich do Chlann Domhnaill an Cath Gairbheach, mun cuairt do cheithir cheud bliadhna roimhe so.

Ata daoine mearachd tha air bharail nach robh coibhneas no fialachd, deagh rùn no mórdhalachd inntinn, fosgaireachd cridhe no carthannachd ann, an ám na Féinne, agus nach robh eòlas no cleachdadh aca air beusaibh matha air bith ; ach gur h-ann bho chionn ghoirid thàinig na subhailcean-sa ann ar measg. 'Na aghaidh so, feudaidh sinn a dhèanamh soilleir gur h-ann a chaidh na subhailcean-sa a mhilleadh agus a chur air fògradh bho'n a thòisich daoine ri gaol a ghabhail air airgiod, air saoghaltachd, agus air fhiarachd thràilleil, a thug cealgaireachd ann ar measg. Ach roimhe sin bha daoine ag àrach duinealachd, bha iad blàth-chridheach cunbhalach agus seasmhach do an càirdean, 'nan sgiath agus 'nan dìon do an duine lagchuiseach, ardaigneach ceannspreidheil agus cruadalach gus an naimhdean a smachdachadh.

Ata ainm nan ceudan àiteachan anns a' Ghàidhealtachd anns an robh iad 'nan comhnuidh agus ag tathaich ; tha na comharran agus an tuairisgeul a' freagairt do sheanchas Oisein, a thàinig a nìos bho linn gu linn, air faotainn fathasd ; tha ainmean nan daoine bha ann ri linn-san agus roimhe, agus na fineachan a thàinig bhuath, ag dearbhadh gum b' Albannaich an Fhéinn, agus ge b'e theireadh 'na aghaidh, ata daoine ri fhaotainn a shloinneas liansgaraidh fineachan àraid air an ais d'an ionnsaigh.

Ata seadh an ainm nan àiteachan agus nan daoine nach fheudar a mhìneachadh an cànail air bith eile ach anns a' Ghàidhlig ; agus ata bàrdachd Oisein co anbharr fhlathoclach is nach b' urrainn neach anns an t-saoghal a tionndadh co ealanta bhrìgheil bhinnfhoclach thaitneach an cànail air bith eile agus ata i anns an fhìor Ghàidhlig ; ata so ag taisbeanadh agus

ag dearbhadh nach h-ann bho chionn ghoirid ach bho shean a rinneadh i.

Bharrachd air sin gheibhear anns a h-uile cearn de 'n Ghàidhealtachd iomadh dearbhadh ar tuigse agus gliocas agus deagh bheus nan seann laoch air a bheil Oisein ag iomradh. Is lìonmhor cuimhneachan air an gnìomharaibh r'a fhaicinn ata dearbhadh gu robh aca innleachdan agus teómachd gus iomadh ni a dhèanamh nach bheil daoine anns an aimsir-sa 'nan urrainn a dhealbh cia mar a rinneadh iad.

A measg nan cumhachdan ris am b' éiginn do'n Fhéinn a bhi ag cogadh, gus an riaghladh agus an crìochan féin a dhìon, no gu cuideachadh le cumhachdan càirdeil, ata iomradh againn air Rìgh an Domhain Mhóir ; agus cha robh duine ann ris an coslaichear an t-ainm sin ach ri uachdaran na Ròimhe, a cheannsaich barrachd de'n t-saoghail air aon neach air a bheil seanchas.

Cho mór is gum bi cliù neach air bith air son foghluim eile, tha cur teagamh an saothair Oisein, agus ag ràdh gur rud ùr ata ann, shaoilinn gu bheil na's leoir an aghaidh amharuis dhaoine ata an aineolas agus an dorchadas mu dhéidhinn na cànail air a bheil iad aig tabhairt baraile nach bheil agus nach robh Gàidheal riamh a chuir teagamh air bith, agus nach robh creideachdain an saothair Oisein, agus nach cual iomradh bichionta air na daoine air an do thug e seanchas. Mar is faide air an ais a lorgaichear iad, is ann is treasa dhearbhar an còmhdach.

Cha chòmhdach an aghaidh bàrdachd Oisein a bhi ann bho shean, a ràdh nach bheil a bheag de dhaoine ann as urrainn a meomhrachadh gu h-iomlan ; is ainneamh duine, ged a leughas agus ged a chluinneas e bàrdachd, a ghleidheas móran air cuimhne dhith, mach

bho dhuine ghabhas mar uallach air e air son teachd-an-tìr ; is leoir a ràdh an aghaidh so gu bheil na mìltean gus an diugh anns a' Ghàidhealtachd as urrainn bloighean de shaothair Oisein a mheomhrachadh do réir is mar a ghabhadh iad tlachd dhiùbh, no thaitneadh iad ri an iomadh aignidhean fa leth ; agus mur do rinn Oisein bàrdachd, cia mar a fheudadh i bhi air marthain agus ri a faotainn anns na h-eileanaibh, anns na cearnaibh iomallach-sa, agus feadh a' chuid eile de 'n Ghàidhealtachd ?

Ata fios aig a h-uile dhuine gu robh luchd foghluim iomadh ceud bliadhna an I Choluim Chille ; 'na lorg sin bha foghlum coitcheanta feadh na Gàidhealtachd, agus chan 'eil teagamh nach robh laoidhean Oisein aca sgrìobhta a measg a h-uile foghluim eile ; ach an uair a threug iad I Choluim Chille agus a chaidh iad do Ghlascho thug iad leo an cuid leabhraichean far an robh daoine aig nach robh uiread mheas air Gàidhlig.

Ach is e buille as truime fhuair a' chànail-sa riamh gun deachaidh an teaghlach rìoghail do Shaghsan, agus gu robh mór uaislean na Gàidhealtachd 'g an leantainn ; bha iad sin aig tabhairt cleachdaidh agus cànail Shaghsan air an ais.

Bha barrach coimeasgadh bho 'n aimsir sin eadar Gàidheil agus Gaill, agus bha riaghladh na rìoghachd uile ag oidhirpeachadh gus a' chànail-sa chur as, gus an robh na Gàidheil, lion beag is beag, ag call an tlachd de ghnàthachadh agus de mhearsalachd cànail neart-mhoir an sinnsre, air chor is nach mór nach deachaidh iad air chall gu léir. Cha b' ionann so is do na Gàidheil Eireannach aig nach robh uiread choicheangail ri cànail air bith eile, agus air an aobhar sin a ghleidh an t-seann làmh sgrìobhaidh Ghàidhealach gun truailleadh an

déidh dhi dol á cleachdadh anns a' Ghàidhealtachd. Bu chleachdach le uaislean na Gàidhealtachd sgrìobhadh an Laidinn agus an Gàidhlig mun tàinig Beurla 'nam measg. B'e Ruairidh mór, ceannard shìl Leoid, an t-uachdaran mu dheireadh anns na duthchannan-sa a lean ris a' chleachdadh-sa.

Thàinig e gu ar n-ionnsaigh an seanchas gach cearn de'n dùthaich bho shean gu robh Oisein ro-aosda, agus gu robh e ré tamail gun fhradharc an deireadh a laithean ; an lorg so ata e bho chian 'na ghnàthfhocal anns a' Ghàidhealtachd a ràdh ri duine aosda a chaill a chàirdean agus a luchd eòlais gu bheil e " mar Oisein an déidh na Féinne."

Ata so uile agus móran a bharrachd a dh'fhaodar a ràdh ag dearbhadh gu soilleir gu robh Oisein ann, agus gur cinnteach fìrinneach nach robh riamh a choimeas ann.

Chaidh so a sgrìobhadh an Tigh-Gheàrraidh an dala là deug de 'n cheud mhìos de an fhoghar, a' bhliadhna ochd-ceud-deug bho Chrìosd, le Maighistir Edhmund MacCuinn, Ministeir Bharraigh, bharr labhairt Hùisdein MhicDhomhnaill.

Chaidh so a leughadh an làthair Mhàidseir Alasdair MhicDhomhnaill Bhàlaigh, Chaiptein Iain Mhic Ghilleòin Bhoraraigh, Eòghain Mhic Dhomhnaill Ghrìminis, Mhaighistir Seumas MhicCuinn Ministeir am beanntanan na Hearadh, agus Ruairidh Mhic Néill, fear òg Hirt, a thubhairt far làimh mar aon ged a bha na labhair Hùisdean MacDhomhnaill ro mhath mar dhearbhadh air saothair Oisein, gum b' fhurasda móran a bharrachd a ràdh gus a dhèanamh a mach agus a dhaingneachadh gu robh an t-ard fhilidh Oisein ann bho chian, agus nach cualas riamh iomradh air a shamhailte.

COMHDACH LACHLAINN MHIC MHUIRICH.

An tigh Phàdraig mhic Neacail an Torlum goirid o Chaisteal Bhuirgh an siorramachd Inbhir-Nis, an naoitheamh là de an cheud mhìos de an fhoghar, anns an dà fhichead bliadhna agus naoi deug d'a aois thàinig Lachlann mac Néill, mhic Lachlainn, mhic Néill, mhic Dhomhnaill, mhic Lachlainn, mhic Néill mhóir, mhic Lachlainn, mhic Dhomhnaill, de shloinneadh Chlann Mhuirich, an làthair Ruairidh Mhic Néill tighearna Bharraigh, thabhairt a chòmhdaich, mar is fiosrach eisean, gur e féin an t-ochdamh glùn deug o Mhuireach a bha leanmhainn teaghlaich Mhic Mhic Ailein, ceannard Chlann Raghnaill, mar bhàrdaibh, agus o an am sin gu robh fearann Staoiligearraidh agus ceithir peighinnean de Dhrìomasdal aca mar dhuais bàrdachd o linn gu linn feadh chóig ghlùn deug ; Gu do chaill an seathamh glùn deug ceithir peighinnean Dhrìomasdail, ach gun do ghléidh an seachdamh glùn deug fearann Staoiligearraidh fad naoi bliadhna deug do aimsir, agus gu robh am fearann sin air a cheangal dhoibh an còir fhad 's a bhiodh fear de Chlann Mhuirich ann a chumadh suas sloinneadh agus seanchas Chlann Domhnaill ; agus bha e mar fhiachaibh orra, an uair nach biodh mac aig a' bhàrd gu tugadh e foghlum do mhac a bhràthar, no d'a oighre, chum an còir air an fhearann a ghleidheadh, agus is ann a réir a' chleachdaidh so fhuair Niall, athair féin, ionnsachadh gu leughadh agus sgrìobhadh eachdraidh agus bàrdachd o Dhomhnall mac Néill mhic Dhomhnaill, bràthair athar.

Tha cuimhne mhath aig gu robh saothair Oisein sgrìobhta air craicinn an glèatanas athar o shinnsearaibh ; gu robh cuid de na craicinn air an dèanamh suas mar leabhraichean, agus cuid eile fuasgailte o chéile, anns an robh cuid de shaothair bhàrd eile, a bharrachd air saothair Oisein.

Tha cuimhne aig gu robh leabhar aig athair ris an canadh iad an Leabhar Dearg, de phaipeir, a thàinig o shinnsearaibh, anns an robh móran de shean eachdraidh na fineachan Gaidhealach, agus cuid de shaothair Oisein, mar bha athair ag innseadh dha. Chan 'eil a h-aon de na leabhraichean-sa air fhaotainn an diugh, thaobh is an uair a chaill iad am fearann, gu do chaill iad am misneach agus an dùrachd. Chan 'eil e cinnteach ciod e a thàinig ris na craicinn, ach gu bheil barail aige gu tug Alasdair Mac Mhaighistir Alasdair Mhic Dhomhnaill air falbh cuid diùbh, agus Raghnall a mhac cuid eile dhiùbh ; agus gu faca e dha no trì dhiubh aig tàillearan 'gan gearradh sios gu criosaibh tomhais : Agus tha cuimhne mhath aige gu tug Mac Mhic Ailein air athair an Leabhar Dearg a thabhairt seachad do Sheumas Mac Mhuirich a Bàideanach ; gu robh e goirid o bhi cho tiugh ri Bìobull, ach gu robh e na b' fhaide agus na bu leatha, agus nach robh uiread thiughaid 'sa chòmhdach ; gu robh na craicinn agus an Leabhar Dearg air an sgrìobhadh anns an làimh an robh an Ghàidhlig air a sgrìobhadh o shean an Albainn agus an Eirinn, mun do ghabh daoine cleachdadh air sgrìobhadh Gàidhlige anns an làimh Shaghsanaich ; gum b' aithne d'a athair an t-seann làmh a leughadh gu math ; gu robh cuid de na craicinn aige féin an déidh bàis athar, ach thaobh is nach do ionnsaich e iad, agus nach robh aobhar meas aige orra, gu deachaidh iad air chall. Tha e ag ràdh

nach robh a h-aon de shinnsearaibh air an robh Paul mar ainm, ach gu robh dithis dhiùbh ris an canadh iad Cathal.

Tha e ag ràdh nach ann le h-aon duine sgrìobhadh an Leabhar Dearg, ach gu robh e air a sgrìobhadh o linn gu linn le teaghlach Chlann Mhuirich, a bha ag cumail suas seanchais Chlainn Domhnaill, agus cheannard na fineachan Gaidhealach eile.

An déidh so a sgrìobhadh, chaidh a leughadh dha, agus dh' aidich e gu robh e ceart, an làthair Dhomhnaill mhic Dhomhnaill, fear Bhaile Ràill ; Eòghain mhic Dhomhnaill, fear Ghearra-sheilich ; Eòghain mhic Dhomhnaill fear Ghrìminis ; Alasdair mhic Ghill-eain, fear Hoster ; Alasdair mhic Neacail, ministeir Bheinn Bhaoghla ; agus Ailein mhic Cuinn, ministeir Uibhist Chinn a tuath, am fear a sgrìobh an seanchas so.

comhar
LACHLAN X MAC MHUIRICH
a làimhe
RUAIRIE MACHD NEALL, J.P.

DO'N LEAGHTHORA, SITH AGUS SLAINTE.

[Anns a' bhliadhna 1684 chuir an t-Urramach RAIBEART KIRK, M.A., ministeir Bhoth-chuidir, a mach Sailm Dhaibhidh an Gàidhlig, agus b'e sin a' cheud uair a chuireadh iad gu h-iomlan an clò an cainnt nan Gàidheal Albannach. An so sios gheibhear an sanas do an leughadair a chuir an duine diadhaidh sin aig toiseach an leabhair.]

ATAID na Psalma taitneamhach, tarbhach : beag nach mion-fhlaitheas lán d'ainglibh Cill fhonnmhar le ceól naomhtha. Mar abholghort Eden, líonta de chrann-uibh bríoghmhuire na beatha, agus de luibhennibh

íoc-shláinteamhail ; amhluidh an leabhar Psalm-so Dhaibhioth, atá na liaghais air uile anshocair na n-anma. Atá an saoghal agus gach beó-chréatuir da bfuil ann, na chlársigh : an duine, 'se as cláirseoir agus duanaire, chum moladh an mór-Dhia mírbhuileach do sheinm ; agus atá Daibhidh do ghná mar fhear de'n chuideachd bhias mar so ag caoin-chaint gu ceólmhor mu n-ard-Rí.

Achd cheana, chum nach tuisleóchadh t'inntinn ag léaghadh an 109. Salm, no codcha d'a leithéid eile, tuig nach cáineadh no aoire na n-daoine as ciall spioradalta dhoibh súd, achd guidheacha a mháin an aghaidh eascairde na n-anma, bhias d'ar brosnughadh agus d'ar breugnughadh chum lagh Dé chur a neimh-shuim. Níor ghabh fós achd an ainbfhiosach faighidheacht ar Iudas no a chosmhuil eile, a riocht guidheacha coitchionda. Is ceaduighteach ge tá, a iarraidh mar aithchoinnidh ar Dhia gun mírun agus mí-ghniomh luchd uilc a leigmhail ar bhuil an aghaidh na h-Eagluisi agus na n-gcreidmheacha : agus tar éis sin a fhuraileadh, smachd séimh aimsiordha theachd ar an trú, d'a cheartughadh, agus los gabhail roimh a sgriosadh siorraidh ; amhuil do ní deagh-Ieremias air féin C. 10. R. 24. Is dual fadheoigh do na fírenibh na h-innil ciuil atá ainmight 'sna salmoibh a thuigsinn ar gleus bhruideadh neamhdha, de chumhachtaibh spioradadha an anam, chum Dia do ghlórughadh.

Do chuir sinn an t-saothair-se an uaim, a m-briathraibh scagtha, athchumair ; ar chomh-bheag corrachas is a bféidir linn. Gabhsa de t-uaisle phrionnsamhail, mar dheagh-fhlaith ghrianda, leith-sgeul ar n-uireasbhuidh, gun bheith codarsna, contrardha. Ni caire ar neach Dia dh'onórughadh mar is feárr thig leis. Do ghabhas mar congnamh do'n obair-si díoghlom ugh-

dairidh an uile cháil, ar shean-nós phríomh-chreideamh agus eachdardha na n-Gaoidheal, sgríobhta agus cló-bhuailte : achd gu ba reula iuil agus soluis dhamh brígh na nSalm féin. Anois ma-seadh, a Chomharbadha ro chaomh, atá mar phlanéidi dhealroidh ag sdiúrughadh na n-gcorp iochdardha gun mhonmhar, is deagh-mhaise dhaoibh an t-saothair-se a sgrúdadh agus a ghnáthughadh gu neimh-fhiat, gun ghuth ar bheig-inbhe agus neimhnitheachd an t-saothairigh. Gríosam oirbhse, a Uaisle, agus a Thuatha charthanacha araon, gun bheith mar thácharain ar luaidrean a nunn agus a nall go sbailpe bréigi ; achd le gcroidhibh daingne dosgartha deagh-fhreumhaighte druididh ri fírinn ceart agus ceannsachd, mar fhuraileas na psalma. Atá cliú agus tarbha a n-sdríocadh do'n chóir, call agus masla a n-tuitim le h-eugcoir.

Imthigh, a Dhuilleacháin, gu dán,
Le Dán [glan] diagha dùisg iad thall ;
Cuir failte ar fonn fial na bFionn,
Ar Gharbhchriocha, 's Indseadh Gall.

CLANN DOMHNAILL NAN EILEAN.

[Thugadh an eachdraidh a leanas as na leabhraichean ainmeil *an Leabhar Dubh* agus *an Leabhar Dearg* chaidh a sgrìobhadh le Seanchaidhean Chloinn Mhuirich, a bha fad iomadh linn 'nan seanchaidhean agus 'nam bàrdaibh an teaghlach Mhic Mhic Ailein, ceannard chlann Raghnaill.]

Gille-Bride agus Somhuirle.

O do chonnuirc Gille-Bríde sluagh mór de dhaoinibh óga urrannta sa n-oirechtas agus iad fábharach dhó féin, así chomha do iarr sé ar a cháirdibh, an tuillfedh

san lios do bhí a bhfogas sa n-àite de dhaoinibh do léigenn leis d'Alban, mar dhúil go ttugadh sé sealbh a dhúthcha agus a choda féin dí.

Do ghluais Gille-Bríde d'ionnsaighe na h-Alban agus an chuideachta sin leis, agus tángadar ar tír ; tugsad sgathaidh agus ionnsaighthe mionca ar an eascairdibh ar feadh aimsire na trioblóide, or do bhí a náimhde láidir líonmhur sa n-aimsir sin. Do bhí an roibh ó Mhanainn go h-Arcaibh d'oilénaibh ag Lochlannachaibh, agus an raibh o Dhún Bretan go Cataibh a túath de h-oirire, agus ar mhair de Ghaoidhealaibh na bhferann soin a ccoilltibh agus an sléibhtibh do n-díden féin ; agus an deiredh na h-aimsire sin do bhí mac maith ag Gille-Bríde ar techt go h-iomlán agus go hoirrdhercas.

Tarrla don chuidecht bhig sin do bhí ag leanmhuin Gille-Bríde agus Somhuirle go rabhadar ar sléibhtibh agus a ccoilltibh Aird-gobhar agus na Morbhairne. Agus tángas orrtha an soin slúagh mór do Lochlannachaibh agus d'Fhionnghallaibh. Cruinnighid an tiomchall Shomhuirle an rabha de shoighdeóraibh aige, agus muinntir na caoraigheacht, agus cuiridh tús agus deireadh orrtha. Targes Somhuirle a n-órdughadh bláir iad, agus tug taisbenadh mór do námhuid íonta, ionnas go ttug trí h-uaire na bfhíadhnuis an én chuidecht, gur shaoileadar gurab trí chuidechta do bhí ann. Do ionnsaigh íar sin íad, agus brisder orrtha le Somhuirle agus le n-a mhuinntir, ionnas nár phill ón rúaig gur chuir a túath tar abhann tSheile íad, agus an chuid fhuair artraigh dhíobh dona hoilénaibh. Níor sguir de n-obair sin nó gur ghlan se an taobh síar d'Albain o Lochlannachaibh, acht oilein Fionn Lochlann, ré n-abarthar Innsi Gall, agus buaidh ar náimhdibh sgach aonláthair aig. Do chaith aimsir seal ré cogadh agus seal oile ré

síothcháin, go n-dechaidh sé ré shluagh a bhfogus do Ghlaschú, gur mhurt *a pheidsi* féin é, tug chenn d'ionnsaigh an ríogh anno Domini 1164. Adeir a dhaoine féin nach do dhénamh cogaidh an aghaidh an ríogh do chúaidh sé ar an siubhal sin, acht d'fhagháil síothchána, óir is mó do cheannsaigh d' escardibh an ríogh ná an derna sé do chogadh air.

Do bhí clann mhaith ag Somhuirle .i. Dubhghall agus Raghnall agus an Gall mac Sgillin, mar ainm ar an fher sin ó bhfuil clann an Ghoill sna Glinnibh. Beathóg inghen Shomhuirle do bhí na mnaoi riaghalta agus na cailligh dhuibh ; ası́ do thógaibh teampall Cháirinis an Uibhist. Do ghabh Dubhghall mac Shomhuirle cennas Earr-Ghaoidheal agus Ladharna ; gabhais Raghnall agus a shliochd go h-innsibh Gall agus Cinn-tíre, agus a shliochd na dhíaidh.

Clann Shomhuirle.

